



**CROFTING COMMISSION
COIMISEAN NA CROITEARACHD**



Coimisean na Croitearachd

Aithisg Bhliadhnail agus Cunntasan Bliadhnail

2017/18

Aithisg Bhliadhnail Choimisean na Croitearachd 2017/18

Air a cur fa chomhair Pàrlamaid na h-Alba a rèir Earrann 28 agus Pàipear-taice 1, paragraf 19 de dh'Àchd nan Croitearan (Alba) 1933 mar a chaidh atharrachadh le Àchd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2007 agus Àchd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) agus Àchd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2013.

Don Fhìor Urramach Nicola Sturgeon
Prìomh Mhinistear A Mòrachd

A Phrìomh Mhinisteir Chòir

Tha e na urram dhuinn an siathamh Aithisg Bhliadhnail le Cunntasan aig Coimisean na Croitearachd don bhliadhna 2017/18 a chur an làthair.

Is sinne, le meas



Ruairidh MacCoinnich, Neach-gairm



Uilleam Barron, Ceannard

SG/2018/122



Coimisean na Croitearachd
Taigh a' Ghlinne Mhòir, Rathad na Leacainn, Inbhir Nis, IV3 8NW
F:01463 663439

Clàr-innse

3 AITHISG AIR DÈANADAS

Sùil air ais air obair Choimisean na Croitearachd ann an 2017/18, le sgrùdadh air libhrigeadh is dèanadas agus air an t-suidheachadh againn aig deireadh na bliadhna.

4 Foir-shealladh

Giorrachadh air cò a tha annainn, dè tha sinn a' dèanamh, na gàbhaidhean as motha a thig oirnn agus mar a chaidh dhuinn thairis air a' bhliadhna a chaidh.

- 4 Facal-toisich an Neach-ghairm
- 6 Foir-shealladh a' Cheannaird
- 8 Cò Sinn agus Na Nì Sinn
- 9 Modal Gnìomhachais
- 10 Cruth na Buidhne
- 11 Amasan agus Ro-innleachdan
- 12 Ceistean agus Gàbhaidhean a Thig Oirnn
- 14 Gnothach Leantainneach agus Giorrachadh Ionmhasail
- 15 Comharraidhean Dèanadais
- 16 Giorrachadh air Dèanadas agus Amasan Ro-innleachdail

18 Sgrùdadh air Dèanadas

Measadh air an ìre dham bheillear air na h-Amasan sa Phlana Bhliadhnail againn, ceangailte ri Toraidhean a' Phlana Chorporra 5 bliadhna againn, a thoirt gu buil.

- 19 Dèanadas Obrachail
- 23 Sgrùdadh-cùise
- 24 Riaghladair Ceart, Tàbhachdach is Èifeachdach
- 32 Conaltradh
- 32 Corporra
- 33 Daoine
- 33 Gnothaichean Sòisealta
- 34 Còraichean Daonna
- 35 Gnothaichean na h-Àrainneachd
- 36 Dèanadas Ionmhasail
- 36 Gnothaichean an Aghaidh Truailidheachd is Brìbearachd
- 37 Sgrùdadh-cùise

39 AITHISG CUNNTALACHD

Aithrisean is aithisgean bunaiteach a chuireas air chomas dhuinn feumalachdan a thaobh cunntalachd a thoirt a-mach agus a nochdas gèilleadh do dheagh-riaghladh corporra.

40 Aithisg mu Riaghladh Corporra

Mìneachadh air co-chur is eagrachadh nan structaran riaghlaidh againn agus mar a chuireas iad taic ri toirt nan amasan is nan ceann-crìche againn gu buil.

- 40 Aithisg Luchd-stiùiridh
- 43 Aithris mu dhleastanasan an Oifigeir Chunntachail
- 44 Aithisg mu riaghladh

49 Aithisg air Tuarastal is Luchd-obrach

Sa phoileasaidh mu thuarastal againn, tha fiosrachadh air pàigheadh is cùisean peinnsein Buill a' Bhùird againn, an Sgioba-stiùiridh, nochdadh mu chothrom na Fèinne agus aithisg air luchd-obrach.

- 49 Aithisg air tuarastal
- 55 Aithisg air luchd-obrach
- 58 Nochdadh fo Chunntalachd Phàrlamaideach

59 Aithisg an Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeilich

62 AITHRISÈAN IONMHASAIL

Aithrisean ionmhasail Choimisean na Croitearachd, le notaichean taice is mìneachaidh.

- 63 Aithris mu Chaiteachas Lom lom-chuimseach
- 64 Aithris mu Shuidheachadh Ionmhasail
- 65 Aithris mu Shruthan-airgid
- 66 Aithris mu Atharrachaidhean air Cothromas Luchd-pàighidh Cìse
- 67 Notaichean an cois nan Aithrisean Ionmhasail
- 75 Stiùireadh le Ministearan na h-Alba
- 76 Faclair Ionmhais





CROFTING COMMISSION
COIMISEAN NA CROITEARACHD

Aithisg air Dèanadas

Sùil air ais air obair Choimisean na Croitearachd ann an 2017/18, le sgrùdadh air libhrigeadh is dèanadas agus air an t-suidheachadh againn aig deireadh na bliadhna.

Facal-toisich an Neach-ghairm

Tha e na thoileachas dhomh Aithisg Bhliadhnail Choimisean na Croitearachd a tha ann an-dràsta airson bliadhna ionmhasail 2017/18 a chur an làthair.

Tha seo a' comharrachadh na crìche air a' chiad bhliadhna iomlan agam leis a' Choimisean, bliadhna a bha trang ach a chòrd rium gu mòr.



Ruairidh MacCoinnich

Tron bhliadhna a chaidh seachad, tha Bòrd ùr nan Coimiseanairean againn, an Luchd-stiùiridh agus an luchd-obrach againn air a bhith ag obair gu dlùth gus a dhearbhadh gu bheil na prìomhachasan is na h-amasan againn airson na buidhne soilleir ach fhathast nan dùbhlanan agus, seach nì sam bith eile, gun obraich iad gu leas na croitearachd agus nan croitearan. Is e prìomh uallach a' Choimisein siostam na croitearachd agus na croitearan a tha an sàs ann a chuideachadh agus fios a chumail riutha. Tha e cudromach cuideachd gun cuidich is gun dìon sinn sluagh nan coimhearsnachdan iomallach air an dùthaich, ris an do chuir a' chroitearachd gu mòr thar nam bliadhnaichean.

Aonan de na dleastanasan a thàinig oirnn an toiseach am-bliadhna b' e Plana Poileasaidh airson na buidhne a chruthachadh is a thoirt gu buil, a' sealltainn gu sònraichte air a' chòig bliadhna a tha romhainn. Tha am Plana a' gabhail beachd air raointean bunaiteach airson na croitearachd, mar an cothrom a tha air fearann-croitearachd agus a bhith ga chleachdadh, a' gleidheadh fearainn ann an còir na croitearachd agus cleachdadh nan cùl-cinn.

Is e adhbhar a' Phlana fios a chumail ri luchd-gabhaltais croitearachd, croitearan nan sealbhadairean-còmhnaidh, uachdarain,

eagrachaidhean agus buidhnean-gnìomha a thaobh mar a nì Coimisean na Croitearachd co-dhùnidhean a rèir an reachdais a tha ann agus cuideachd carson a dh'fheumar croitearachd a riaghladh gu rianail, gus buannachdan a thoirt gu h-èifeachdach do choimhearsnachdan na croitearachd.

Mar bhuidheann, tha sinn a' dèanamh a h-uile h-oidhirp fàs nas ceangailte ris an luchd-ùidhe gu lèir againn. Shiubhail Buill a' Bhùird timcheall thairis air a' bhliadhna, a' frithealadh air caochladh thaisbeanaidhean àiteachail agus a' cumail coinneimh den Bhòrd ann an Uibhist. Chuir sinn pannal ùr de 23 Measadairean an dreuchd cuideachd an dèidh iomairt gus am fastadh far an robh 11 de choinneamhan poblach thar nan siorrachdan-croitearachd far an do choinnich Coimiseanairean is luchd-obrach ri croitearan agus daoine eile.

Bu mhath leam an cothrom seo a ghabhail cuideachd taing a thoirt don phannal Mheasadairean a bha againn airson na nochd iad de dh'ùine is de dhealas thar nam bliadhnaichean – tha sinn a' guidhe gach soirbheachaidh orra san àm ri teachd.

Ceum cudromach sa bhliadhna, b' e an co-chomhairleachadh poblach mu Bhile ùr Croitearachd



Riaghaltas na h-Alba, a dh'iarr beachdan chroitèaran, agus feadhainn eile le ùidh, mu na h-atharrachaidhean a tha a dhìth do reachdas na croitearachd gus am freagair e air an 21mh linn.

Shònraich freagairt a' Choimisein cho cudromach agus a tha e cur air chomas do chroitèaran agus do choimhearsnachdan na croitearachd na chuireas iad ris an eaconamaidh dhùthchail a ghleidheadh is a mheudachadh; coimhearsnachdan iomallach a dhìon bho chrìonadh agus bho chall an t-sluaigh, agus a' lùghdachadh nam bacaidhean a nì cùisean doirbh do dhaoine ùra dol an lùib na croitearachd.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri bhith ag obair le Riaghaltas na h-Alba air an reachdas ùr seo agus tha sinn a' cur ar taice ri co-dhùnadh Rùnaire a' Chaibineit dà ìre a ghabhail gus reachdas na croitearachd a cheartachadh is a leasachadh, le ìre a h-aon gus a bhith ga dèanamh san t-Seisean Phàrlamaideach. Tha a' chiad ìre a' sealltainn ri libhrigeadh atharrachaidhean às an tig mar thoradh ann an leasachaidhean làitheil practaigeach air beatha chroitèaran agus/no modhan-obrach nach fhuilear do chroitèaran leantainn a dhèanamh nas èifeachdaiche. Tha an dara h-ìre nas fhaide agus i na pìos obrach gus fuasglaidhean a thoirt air feadhainn de na ceistean as toinnte is as dorra mu choinneamh croitearachd, agus na dh'fhaodadh sin fhàgail a thaobh mar a thèid reachdas a leasachadh anns an àm ri teachd. Bidh an Coimisean an sàs gu h-iomlan anns an dà ìre agus bidh e ag iarraidh gu sònraichte beachd a ghabhail le feadhainn eile de na leasachaidhean a ghabhas toirt air an lagh mu chlàradh is mu na cùiltean-cinn, am measg chùisean mòra eile, gus am bi a' chroitèarachd air bonn seasmhach anns an ùine ri teachd.

A' sealltainn ris a' bhliadhna air thoiseach, cuiridh an Coimisean cuideam air a bhith ag obair le Riaghaltas na h-Alba agus a' dèanamh cinnteach gun toir an reachdas ùr seo leasachadh air croitearachd. Tha am Bòrd an geall cuideachd air libhrigeadh nan dòighean-conaltraidh againn agus bu mhath leinn dòighean ùra a stèidheachadh san dèan sinn ceangal ri chroitèaran agus ri coimhearsnachdan na croitearachd air feadh na h-Alba. Tha mi an dòchas gu mòr gun cùm croitearachd oirre a' fàs agus, gu sònraichte, gun cuidich an reachdas ùr mu chroitèarachd gus an dòigh-beatha air leth prìseil a tha seo a dhìon is àrach airson nan ginealach ri teachd.

Às leth a' Bhùird, bu mhath leam taing a thoirt do luchd-obrach is luchd-stiùiridh a' Choimisein airson a bhith ag obair cho cruaidh is cho dealasach thairis air a' bhliadhna a chaidh. Tha luchd-obrach le iomadh tàlant mar a tha againn na bhuannachd luachmhor dha-rìribh do dh'eagrachadh sam bith.

Tha sinn cuideachd fada an comain Rùnaire a' Chaibineit airson na h-Eaconomaidh Dùthchail is Cheanglaichean, Fearghas Ewing BPA, buill eile de Phàrlamaid na h-Alba agus Riaghaltas na h-Alba airson taic a chur rinn gu leanmhainneach.

Anns an dealachadh, bu mhath leam taing a thoirt do Bhuill eile a' Bhùird airson an cuid obrach is dealais. Is e bliadhna gu math soirbheachail a tha air a bhith ann don Choimisean agus bha pàirt nach bu bheag aig càirdeas obrach làidir a' Bhùird an seo.



Ruairidh MacCoinnich, Neach-gairm

Foir-shealladh a' Cheannaird

Is e bliadhna shoirbheachail is thorach a bha ann an 2017/18 uair a-rithist do Choimisean na Croitearachd. Coltach ri Ruairidh, b' e seo cuideachd a' chiad bhliadhna shlàn dhomh fhìn bho chaidh mo chur an dreuchd gu seasmhach aig Coimisean na Croitearachd.



Uilleam Barron

Rè na h-ùine seo, tha an Coimisean air a bhith ag amas air deagh-sheirbheis a libhrigeadh do chroitearan, a' cur leas na croitearachd air adhart is ga dhìon, agus a' toirt seachad riaghladh èifeachdach a chuidicheas ri barrachd fàis is soirbheachaidh air feadh nan coimhearsnachdan croitearachd. Ach is e cnag na cùise gu bheil sinn an seo gus croitearachd a riaghladh.

Anns a' Ghiblean, chùm sinn co-chomhairleachadh air riaghailtean nan cùl-cinn agus an dèidh dhuinn a bhith ag obair gu dlùth le luchd-ùidhe, dh'ullaich sinn teamplaid mu riaghailtean nan cùl-cinn, a thathar air a dhèanamh na bu shìmplidhe agus air atharrachadh a rèir na tha a dhìth ann an Achd nan Croitearan (Alba) 1993. Tha seo ri fhaotainn a-nis do chomataidhean-feuraich ri gabhail ris ma thogras iad.

Anns an Lùnastal, chuir sinn Clàr nan Croitean air-loidhne, rud a thug cothrom dìreach don phoball air a' Chlàr a' chiad turas.

Ged a bu chòir gum biodh cothrom poblach don Chlàr gu math luachmhor do chroitearan, do dh'uachdarain is do luchd-lagha, feumaidh sinn cuimhneachadh nach eil am fiosrachadh anns a' Chlàr ach cho math ris an fhiosrachadh a gheibh sinn bho na croitearan. Nochd cur air ais nam bileagan-cunntais am-bliadhna mòran dhaoine ag innse dhuinn gun robh iad air fearann na croite aca a reic agus uime sin nach robh ùidh aca sa chroit a thuilleadh. Ach cha deach innse dhuinn roimhe mun atharrachadh ann an sealbh, a dh'aindeoin is gu bheil seo na fheumalachd laghail. Tha sinn a' cumail oirnn mar sin a dh'innse don fheadhainn ris a bheil croitean an urra cho cudromach agus a tha e gun tèid am fiosrachadh ceart a chumail san in-trinn aca sa Chlàr.

Mu dheireadh na bliadhna, dh'iarr sinn beagan rannsachaidh a thaobh mar a thathar a' cur taic-ionmhais ri àiteachas na croitearachd an-dràsta. Nì an rannsachadh sgrùdadh air an taic a thaobh àiteachais is àrainneachd do chroitearachd a tha ann an-dràsta agus cuiridh e air chomas don Choimisean



cur ann an seagh nas fhiosraichte ris an deasbad air a stiùireadh le Riaghaltas na h-Alba agus Comhairle Nàiseanta nan Comhairlichean Dùthchail aige, mu structaran mu thaic an dèidh Brexit. Tha sinn mothachail air cho cudromach agus a tha taic àiteachail do chor na croitearachd san àm air thoiseach agus tha sinn den bheachd gu bheil e deatamach gum bi an deasbad mu thaic san àm ri teachd mothachail air na dùbhlanan sònraichte a thig air croitearan. Thèid toradh an rannsachaidh seo fhoillseachadh thairis air na mìosan a tha romhainn.

Tha conaltradh an dà rud air an taobh a-staigh is air an taobh a-muigh air a bhith na phrìomhachas àrd don Choimisean am-bliadhna. Tha Buill a' Bhùird agus Luchd-stiùiridh air crìoch a chur air trèanadh anns na meadhanan a-nis agus chosg sinn airgead gus bhideothan corporra a chruthachadh a chuireas croitearachd agus obair a' Choimisein air adhart. Tha sinn mothachail gum faod e bhith doirbh aig amannan conaltradh a dhèanamh gu h-èifeachdach ris a h-uile duine mar as iomchaidh ach tro chaochladh iomairtean leithid bhideothan, barrachd cheanglaichean ris na meadhanan sòisealta agus an Ro-innleachd againn mu Chonaltradh a chaidh ùrachadh o chionn ghoirid, tha sinn an dòchas an raon seo den obair againn a mheudachadh.

Tha sinn air a bhith cho toilichte am-bliadhna 6 gabhaltasan croite falamh a bhuileachadh air luchd-gabhaltais ùr, a nì cinnteach gun gèill iad do na dleastanasan air croitearan agus air fearann-croite.

Feumaidh coimhearsnachdan na croitearachd barrachd luchd-gabhaltais ùir fhaighinn, agus tha mòran dhaoine san roinn ag amas mar as còir air mar a ghabhas cur air chomas dhaibh soirbheachadh anns an àm ri teachd.

Tha sinn a' cumail chòmhradh fathast ri uachdarain gus barrachd croitearan a tha falamh an-dràsta no gun rèiteach a thaobh còir-sheilbh o chionn fhada a leigeil a-mach. Ged a tha raon nach beag de dhùbhlanan mu choinneamh croitearan, tha mi air mo mhisneachadh le lùth is dealas nan daoine a tha air a bhith ri croitearachd fad iomadh bliadhna agus barrachd fiù leis an luchd-gabhaltais spreagail ùr a tha dìreach air tòiseachadh.

Tha na h-earrann a leanas nan dealbh grad air dìreach beagan den obair a ghabh an Coimisean os làimh thar na bliadhna, le fiosrachadh slàn mun ionmhas againn. Bu mhath leam an cothrom seo a ghabhail taing a thoirt don luchd-obrach, do Bhuill a' Bhùird againn, do Riaghaltas na h-Alba agus do na com-pàirtichean againn airson na thug iad de thaic sa bhliadhna a chaidh agus a' coimhead air adhart ris a' bhliadhna ri teachd.

Bill Barron

Uilleam Barron, Ceannard



Coimisean na Croitearachd: Cò Sinn agus Na Nì Sinn

An Sealladh Againn

“Cor seasmhach don chroitearachd ann an Alba fharsaing an latha an-diugh.”

An Raon-ùghdarrais againn

Tha Coimisean na Croitearachd na Bhuidheann Phoblach Neo-roinneil, ga mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba agus ris a bheil Ministearan na h-Alba an urra air a' cheann thall. Is iad obraichean coitcheann a' Choimisein, mar a nochdar ann an Earrann 1(2) de dh'Achd nan Croitearan (Alba) 1993:

- Riaghladh croitearachd
- Ath-eagrachadh croitearachd
- Cur leas na croitearachd air adhart
- Cumail sùil air cùisean ceangailte ri croitearachd; agus
- Feuman eile a bhuilicheadh orra le no fon Achd seo no achd sam bith eile.

Amasan Ro-innleachdail

Tha Coimisean na Croitearachd ag amas air an t-adhbhar aige a thoirt gu buil tro cheithir amasan mòra ro-innleachdail:

- riaghladh den chiad ìre air croitearachd
- cur leas na croitearachd air adhart
- cumail sùil fad na tìde air cùisean ceangailte ri croitearachd, gu sònraichte fo Achd nan Croitearan (Alba) 1993
- cur ri mothachadh air croitearachd mar mhaoin eaconamach a' cur ri eaconamaidh na h-Alb


Luachan Eagrachaidh

Tha na luachan eagrachaidh againn nam pàirt chudromach den dòigh-dhèiligidh againn gus na cinn-chrìche againn a thoirt gu buil, a' nochdadh mar a bhios sinn ag obair le co-obraichean is com-pàirtichean. Is iad seo:

- Gu bheil sinn dealasach mun obair againn
- Gu bheil sinn a' gabhail cùraim ris na coimhearsnachdan is an àrainneachd againn
- Gu bheil sinn a' cur obair-sgioba air adhart gu gnìomhach
- Gu bheil sinn an geall feabhas a thoirt air gnè agus rudan a dhèanamh nas fheàrr
- Gu bheil sinn an geall air ionnsachadh, foghlam is nuadhachas leanmhainneach

Modal Gnìomhachais

Is e a' phrìomh obair a tha aig Coimisean na Croitearachd riaghladh croitearachd, ath-eagrachadh croitearachd, cur leas na croitearachd air adhart, cumail sùil air cùisean ceangailte ri croitearachd agus na feuman eile a bhuilicheadh orra le no fo Achd nan Croitearan (Alba) 1993. Tha na leanas a' sealltainn plana airson obrachadh soirbheachail a' Choimisein agus nam mìrean a bheir buaidh air prìomh obrachaidhean na buidhne.



Bidh Ministearan na h-Alba a' socrachadh amasan agus a' dèanamh rianachd air caidreabh



A' toirt Riaghaltas na h-Alba agus Reachdas na Croitearachd gu dìoladh



Riaghladairean Lagh na Croitearachd



Structar na Buidhne

Faicibh Aithisg an Luchd-stiùiridh air duilleagan 40 is 41

**Bòrd air a dhèanamh suas le 9 Coimiseanairean,
Neach-gairm nam measg**



Uilleam Barron
Ceannard



Neach-cuideachaidh
Pearsanta



Dàibhidh MacFhionnlaigh
Neach-lagha



Donna Nic a' Ghobhainn
Iar-cheannard is Ceann-
conaltraidh



Riaghladh
Sistam Fiosrachaidh
Cruinn-eòlach
Clàradh Chroitean
Ionmhas
Sistaman
Fiosrachaidh
Conaltradh



Iain Toal
Ceann-poileasaidh



Poileasaidh
Cùltean-cinn



Eòsaph MacIlleChiar
Ceannard,
Taic-riaghlaidh



Taic-riaghlaidh
Còmhnaidh is
Cleachdadh an
Fhearainn



Sìne NicThòmais
Ceannard
Sheirbheisean Corporra
is Luchd-cleachdaidh



Seirbheisean Corporra
is Luchd-cleachdaidh
Gèilleadh, le Gearanan/
FOI/EIR/DPA
Oifigeir nan Inbhean

Amasan agus Ro-innleachdan

Tha Plana Corporra is toraidhean Choimisean na Croitearachd gan cur ri chèile gus cuideachadh gus libhrigeadh Toraidhean e Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba ann an Ro-innleachd Eaconamach na h-Alba a thoirt gu buil. Tha sinn a' cuideachadh an-dràsta ri 5 de na toraidhean seo a tha gan toirt seachad anns a' chlàr gu h-iseal. Tha na h-amasan sa Phlana Chorporra ceangailte ri Toraidhean Nàiseanta. Tha iad seo a' cur air chomas dhan Choimisean dèanadas a riaghladh is a rianachd, gus an tèid amasan na buidhne a thoirt gu buil agus iad nam pàirt bunasach de dhealbhadh gnìomhachais aig an aon àm. Tha copaidh den Phlana Chorporra iomlan ri fhaotainn air an làrach-lìn againn www.crofting.scotland.gov.uk/about-us

(Thoir fa-near: Ann an 2018, rinn Riaghaltas na h-Alba ath-sgrùdadh air na Toraidhean Nàiseanta, ach tha an aithisg seo a' toirt tarraing air na Toraidhean Nàiseanta ro 2018)

Toraidhean Nàiseanta	Mar a chuidicheas sinn
Tha sinn a' fuireach ann an àiteachan a tha air an deagh-dhealbhadh agus seasmhach far am faigh sinn cothrom air na goireasan is na seirbheisean a tha a dhìth oirnn	Tha sinn mothachail air na cothroman an lùib nan croitean is nan cùl-cinn nach eilear a' cleachdadh gu h-iomlan agus tha sinn den bheachd le bhith a' dearbhadh gu bheil croitean gan rianachd is gan gleidheadh gu math gun cuidich sinn ri leasachadh san raon seo. Tro mhodh nan co-dhùnaidhean againn, cruthaichidh sinn leudachadh air cleachdadh torach fearann-croite ann an seagh farsaing.
Tha coimhearsnachdan làidir is taiceil againn far an gabh daoine uallach airson na nì iad agus mar a thathar a' bualadh air daoine eile	Tha sinn a' tuigsinn gum bi croitean a tha falamh a' bualadh gu mòr air iomadh coimhearsnachd. Le bhith a' cleachdadh fiosrachaidh bho Chunntas-sluaigh na Croitearachd, gabhaidh sinn gnìomh practaigeach mu chòmhnaidh agus cuidichidh sinn gus coimhearsnachdan seasmhach a ghleidheadh. Cuideachd, obraichidh sinn le coimhearsnachdan a chuideachadh riutha luach fearann-croite mar mhaoin a thuigsinn agus cruthachadh barrachd chomataidhean chùl-cinn a bhrosnachadh a chuireas ri cothroman an fhearainn tro rianachd nas fheàrr air maoin choitcheann.
Tha meas againn air an àrainneachd againn, air a togail is nàdarra, agus bidh sinn ga gleidheadh airson nan ginealach romhainn	Tha sinn mothachail air an droch-bhuaidh a bheir croitean gun chleachdadh gu slàn air fallaine is toradh nan coimhearsnachdan croitearachd agus an fhearainn air a bheil iad. Le bhith ag obair le croitearan gus a dhearbhadh gu bheil iad a' coileanadh nan dleastanasan aca a thaobh àrach is gleidheadh an fhearainn agus ag obair gus cur ri àireamh chomataidhean nan cùl-cinn, cuidichidh sinn ri rianachd nas fheàrr air an fhearann sna siorrachdan croitearachd.
Lùghdaichidh sinn a' bhuidhne air an àrainneachd ionadail is chruinneil a bheir sinn nar caitheamh is toradh	Tha sinn mothachail air a' chomas a tha aig fearann-croite cuideachadh ri dèanamh bidh is deoch gu h-ionadail, agus aig cùiltean-cinn cur ri cruthachadh lùth ath-nuadhachaidh is carbon, agus bidh sinn mothachail air seo sna co-dhùnaidhean againn, a' cur air chomas gun cleachdar maoin croitearachd gus na gnìomhachasan seo a chuideachadh. Sa bhuidhinn, dearbhaidh sinn gu bheil na modhan-obrach againn mothachail air cruthachadh carbon agus caitheamh lùtha agus nì sinn ar dìcheall seo a lùghdachadh.
Tha na seirbheisean poblach againn aig àrd-ìre, èifeachdach agus a' freagairt air feumalachdan muinntir an àite	Le bhith a' toirt fios a rèir fianaise do Mhinistearan na h-Alba agus ag obair le luchd-ùidhe eile an sàs ann an croitearachd, tha àite deatamach aig a' Choimisean ann an dearbhadh gu bheil reachdas is poileasaidhean na croitearachd freagarrach an-dràsta agus san àm ri teachd. Cuideachd, le bhith a' dearbhadh gu bheil an luchd-obrach againn dèanadach agus a' bhuidheann againn ag obair gu rianail is gu fosgailte tro ath-sgrùdadh is atharrachadh air modhan, bheir sinn leasachadh mòr air seirbheisean do mhuinntir na h-Alba.

Ceistean agus Gàbhaidhean a Thig Oirnn

Tha cho soirbheachail is a bhios sinn mar Bhuidheann Phoblach an crochadh air a' chomas croitearan is croitearachd a riaghladh is a chuideachadh gu h-èifeachdach. Mar thoradh, tha rianachd air gàbhadh gu math cudromach do Choimisean na Croitearachd agus tha sinn a' cur measadh air gàbhadh is cothrom air thoiseach san dealbhadh ro-innleachdail againn.

Tha clàr ghàbhaidhean corporra aig a' Choimisean a shònraicheas na gàbhaidhean mòra air feadh na buidhne, le cuideam air na gnìomhan maothachaidh a tha a dhìth gus an coltas gun tachradh na gàbhaidhean sin agus a' bhuidhne a bheir iad air obrachadh is cliù a' Choimisein a lùghdachadh.

Tha an clàr thall a' nochdadh nan gàbhaidhean mòra a thathar a' meas an-dràsta mar an fheadhainn as cudromaiche a thaobh dèanadas a' Choimisein.

Tha na gnìomhan againn a rèir caochladh ghàbhaidhean is mì-chinnt.



Toradh a' Phlana Chorporra	Risk Description	Gnìomh san Amharc
Tha na sgilean is an dealas iomchaidh aig an luchd-obrach againn gus dèanamh gu math, tha na modhan againn mu riaghladh nan deagh-chleachdadh.	RIANACHD AIR CLÀRAN: Fairtleachadh aontachadh ri modhan no gu leòr ghoireasan a chur ri Achd nan Clàran Poblach, às an tig mar thoradh bacaidhean laghail agus call misneachd/taice bho Riaghaltas na h-Alba. Gun buidseat gu leòr gus seo a libhrigeadh. Gun ghoireasan luchd-obrach gu leòr gus gnìomhan a dhèanamh.	Plana Gnìomha lomlan ri libhrigeadh, ullach luchd-obrach agus cuir aonta ri clàran-ama gleidhidh/sgrìos. Fastaich luchd-obrach a tha nan eòlaichean car tamail. Gàbhadh ann fhathast gum bi gnìomhan air deireadh sna clàran-ama gus an crìochnachadh.
Tha croitearachd ga riaghladh ann an dòigh a tha ceart, èifeachdach agus èifeachdail.	TÈARAINTÈACHD-LÌN: Tha Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte a' meas gu bheil àireamh is ìre nan tachartasan air an Lìon a' bualadh air buidhnean poblach is buidhnean san treas roinn orra a' dol am meud. Tha na bagraidhean seo a' tighinn à caochladh àiteachan, gnìomhairean stàite nàimhdeil, eucoraich Lìn, gnìomhairean poiliteach agus eile nam measg. Mura tèid aghaidh a chur air a' bhagairt seo bidh siostaman, fiosrachadh is obrachadh a' Choimisein fosgailte do bhriseadh.	Faigh an t-uidheamachadh a tha dhìth mu mhodhan bunaiteach a thaobh tèarainteachd air an Lìon a rèir clàran-ama an Riaghaltais. Cumail oirnn ag obair gus deagh-chleachdadh a chur an gnìomh.
Tha croitearachd ga riaghladh ann an dòigh a tha ceart, èifeachdach agus èifeachdail.	SGRÙDADH CHÙISEAN RIAGHLACHAIL: Cunnart gum bi iarrtas bho sgrùdaidhean a' dol thar dùil a thaobh àireamhan no toinnteachd. Cunnart gun dèan cuid de chùisean doirbh cron air cliù a' Choimisein.	Dèan ath-sgrùdadh agus thoir prìomhachas do shruthan-obrach gun chrìochnachadh gus am bi na modhan-riaghlaidh air fad air Siostam Fiosrachaidh na Croitearachd. Buidheann-obrach shealach a stèidheachadh a' sealltainn air dì-chroiteadh gus barrachd chothroman air tiomnadh a shònrachadh agus na crìochan a tha ann an-dràsta mu obraichean a thiomnaichear an-dràsta ath-sgrùdadh.
Cùiltean-cinn gan riaghladh agus dòighean rianachd coitcheann mar an àbhaist.	CLÀRADH AN FHEURAICH: Cha tèid aig a' Choimisean air amasan luchd-ùidhe is chroitearan a choileanadh, airson àireamh nam mapaichean air feurach a thathar a' cruthachadh is a' clàradh ri linn uallaichean eile aig an aon àm.	Cumail oirnn a' gabhail beachd am faodadh molaidhean mu atharrachaidhean air reachdas cuideachadh anns an raon seo agus seo fhigeadh a-steach sna modhan mun Bhile Croitearachd ùr. Gabh beachd air an dòigh as fheàrr gus goireasan a chleachdadh anns an ùine romhainn a dhearbhadh gun tèid adhartas leantainneach a dhèanamh.

Tha barrachd fiosrachaidh mu Fhrèam Gàbhaidh is Riaghlaidh san Aithris air Riaghladh air duilleag 44.

Gnothach Leantainneach agus Giorrachadh Ionmhasail

Fhuair Coimisean na Croitearachd aithisg-sgrùdaidh dheimhinneach bhon taobh a-muigh cho math ri dearbhadh susbainteach ann an caochladh sgrùdaidhean air an taobh a-staigh tron bhliadhna. Tha iad seo nan dearbhadh gu bheil na cunntasan bliadhnaile nan dealbh cruinn air suidheachadh ionmhasail a' Choimisein. Chaidh na cunntasan ullachadh fon Stiùireadh mu Chunntasan a thug Ministearan na h-Alba air a bheil fiosrachadh air duilleag 75. Chaidh an cur ri chèile mar ghnòthach leantainneach, rud a tha a' ciallachadh gu bheil Bòrd agus Oifigear Cunntachail Choimisean na Croitearachd air beachd a ghabhail air a' bhuidseat is air a' chuibhreann mar Thabhartas-mar-Chobhair airson 2018/19 agus gu bheil iad den bheachd gu bheil goireasan gu leòr ann gus cumail oirnn ag obrachadh an-dràsta. Ann an 2018/19, dh'obraich Coimisean na Croitearachd taobh a-staigh a' bhuidseit aige a bhuilicheadh le Riaghaltas na h-Alba. Tha barrachd fios mu dhèanadas ionmhasail san Sgrùdadh air Dèanadas againn air duilleag 36.



Comharraidhean Dèanadais

Tha a h-uile gin de na comharraidhean a leanas mu dhèanadas aig àrd-ìre bhon Phlana Chorporra againn ga libhrigeadh sa Phlana Ghnìomhachais againn. Tha an clàr gu h-ìseal na ghiorrachadh air na toraidhean ceangailte ri gach puing.

Comharraidhean dèanadais Àrd-ìre	Amas	Soirbheachadh Iomlan
Àireamh nan croitean an seilbh	Meudachadh	Dh'èirich àireamh nan croitearan nan còmhnaidh no an taobh a-staigh 32cm bhon chroit aca bho 85% ann an 2016/17 gu 87% ann an 2017/18*
Àireamh croitean gan rianachd gu gnìomhach	Meudachadh	Dh'èirich croitean gan rianachd gu gnìomhach bho 82% ann an 2016/17 gu 90% ann an 2017/18*
Àireamh nan cùl-ciinn fo riaghladh le comataidh ag obair	Meudachadh	Thuit àireamh nan cùl-ciinn fo riaghladh le comataidh ag obair bho 521 ann an 2016/17 gu 463 ann an 2017/18
Àireamh nan cùl-ciinn air an clàradh air Clàr nan Croitean	Meudachadh	Dh'fhuirich àireamh nan cùl-ciinn air an clàradh air Clàr nan Croitean aig an aon ìre aig 333
Àm gus iarrtasan riaghlachail a dhèanamh (do croitean far nach eil feum air clàradh)	Lùghdachadh	Tha an t-àm àbhaisteach gus iarrtasan riaghlachail a chrìochnachadh air lùghdachadh bho 20.5 seachdain ann an 2016/17 gu 12.3 seachdain ann an 2017/18
Ìrean toileachas an luchd-chleachdaidh	Meudachadh	Gun tomhas fhathast
Measadh air ceanglaichean ri luchd-obrach	Meudachadh	Dh'èirich measadh air ceanglaichean ri luchd-obrach bho
Brùchdadh carbon corporra	Lùghdachadh	46.24% san Ògmhios 2017 gu 53.38% sa Mhàrt 2018 Thuit brùchdadh carbon corporra leis a' Choimisean bho 20 tCO ₂ e gu 12 tCO ₂ e.

* * (stèidhichte air fiosrachadh ann an Cunntas-sluaigh na Croitearachd)

Notaichean:

Tha an lùghdachadh mòr air amannan-crìochnachaidh mar thoradh air na Co-dhùnaidhean Tiomnaichte far a bheil iarrtasan àbhaisteach gun duilgheadasan gan socrachadh le luchd-obrach seach le Coimiseanairean. Bheir iarrtasan a tha toinnte no far a bheil duilgheadasan ùine nas fhaide.

Tha an lùghdachadh air brùchdadh carbon mar thoradh air lùghdachadh air siubhal ann an 2017/18. Is coltach gun èirigh an ìre a-rithist seach gu bheil siubhal iomchaidh cudromach don Choimisean

Seòladh



Air a Choileanadh



Air a Choileanadh gu Ìre



Gun Choileanadh

Sa Phlana Ghnìomhachais againn airson 2018/19 tha sùil air ais air na targaidean gu lèir againn mu dhèanadas airson 2017/18. Gheibhear fiosrachadh slàn air an làrach-lìn againn www.crofting.scotland.gov.uk/about-us

Giorrachadh Dèanadais 2017/18

Airson na bliadhna 2017/18 thomhais Coimisean na Croitearachd an dèanadas aige a rèir nan amasan ro-innleachdail ann am Plana Corporra 2017/2022, a' cleachdadh 8 Comharraidhean bunaiteach mu Dhèanadas a tha càileachdail air a' chuid as motha. Chaidh an taghadh gu cùramach gus na toraidhean as cudromaiche a nochdadh agus tha iad a' gabhail gnothaich ris na raointean mòra uile ann an raon-ùghdarrais a' Choimisein.

Amasan Ro-innleachdail

AMAS 1: Toraidhean a libhrigeadh airson na croitearachd

Seilbh chroitean	Rinn sinn ceangal gu for-ghnìomhach ri uachdarain gus croitean falamh, cùisean mu chòir-sheilbh gun rèiteach agus croitean far nach eil an croitear na chòmhnaidh a shònrachadh. Ag obair còmhla, tha sinn a' feuchainn ri croitean a ghabhas leigeil leis an uachdaran no leis a' Choimisean a shònrachadh agus a' tòiseachadh air aghaidh a chur air briseadh dhleastanasan nuair a dh'fheumar.
Riaghladh an fheuraich	Sgaoil sinn teamlaid ùr mu riaghladh an fheuraich san t-Samhain 2017 an dèidh obrachadh le luchd-ùidhe gus dreuchd is raon-ùghdarrais nan comataidhean-feuraich agus nan riaghailtean fhèin a shònrachadh.

AMAS 2: Cumail oirnn a' leasachadh nam modhan againn

Fios mu Rianachd	Thòisich sinn a' cruthachadh aithisgean bho shiostam a' ghnìomhachais againn a chuidicheas sinn gus amannan-crìochnachaidh airson iartasan agus mar a bhios clàradh nan croitean gu sònraichte a' bualadh orra seo a thuigsinn nas fheàrr.
Rianachd air clàran	Chùm sinn oirnn a' leasachadh nam poileasaidhean againn mu Ghleidheadh Corporra.
Co-dhùnaidhean tiomnaichte	Chùm sinn oirnn a' cur ri co-dhùnaidhean tiomnaichte, a cheadaicheas co-dhùnaidhean air raon nas fharsainge de dh'obraichean le oifigearan seach Coimiseanairean far a bheil an t-iartas gun duilgheadasan agus a rèir chrìochan air an sònrachadh.

AMAS 3: Cur ri fianais

Sealladh airson croitearachd	Chùm sinn oirnn ag obair le Fòram Luchd-ùidhe Croitearachd gus pàipear air Sealladh airson Croitearachd a dhèanamh a thèid a chleachdadh mar fhios do Riaghaltas na h-Alba. Tha am pàipear deiseil a-nis agus chaidh a chur gu Riaghaltas na h-Alba gus beachd a ghabhail air.
Cunntas-sluaigh croitearachd	Chùm sinn sgrùdadh co-dhlùthaichte air a' chiad 3 bliadhna de thoraidhean bho Chunntas-sluaigh na Croitearachd a thathar a' cleachdadh a-nis gus obair a dh'fhaodte dèanamh air seilbh is cleachdadh an fhearainn.

AMAS 4: Leasachadh air solar sheirbheisean do luchd-cleachdaidh**Clàr nan Croitean air-loidhne**

Sgaoil sinn an dreach air-loidhne den Chlàr san Lùnastal, na ghoireas do neach sam bith gus am fios a thathar a' gleidheadh a rannsachadh agus cuideachd copaidh a chlò-bhualadh ma thathar ag iarraidh.

Iarrtasan air-loidhne

Thòisich sinn air obair-sgrùdaidh mu ghoireas iarrtasan air-loidhne, ag obair le buidhnean poblach eile car coltach rinn gus na slighean a dh'fhaodadh a bhith ann gus seo a thoirt a-steach a thuigsinn.

AMAS 5: Leasachadh air àrainneachd na h-obrach againn**Ionnsachadh is Leasachadh**

Thug sinn seachad clàr coileanta de dh'ullachadh do na Coimiseanairean ùra againn a chuideachadh riutha gus na dleastanasan aca a choileanadh

Toileachas luchd-obrach

Chruinnich sinn na beachdan bho sgrùdadh an luchd-obrach againn gus sealltainn air ciamar a bheir sinn dòighean-obrach nas fheàrr a-steach agus chùm sinn là luchd-obrach gus bodhaig is inntinn fhallain a chur air adhart.




Sgrùdadh air Dèanadas

Tha am Plana Corporra againn airson 2017 – 2022 a' nochdadh nan raointean air an cuir Coimisean na Croitearachd cuideam anns an obair aige airson nan 5 bliadhna. A bharrachd air a bhith an geall air leasachaidhean leantainneach air mar a bhios sinn a' giullachd is a' làimhseachadh nan gnothaichean riaghlaidh is clàraidh againn, seallaidh sinn cuideachd air a bhith a' cur barrachd ris an riaghladh chorporra againn.

Tha e nar n-amas:

- A bhith ag obair gu for-ghnìomhach le coimhearsnachdan na croitearachd gus a dhearbhadh gum bithear a' còmhnaidh air croitearan agus gan rianachd mar as iomchaidh.
- A bhith ag obair leis an luchd-ùidhe againn gus stiùireadh a thoirt mu dheagh-chleachdadh mu rianachd chùl-cinn.
- Cur ri clàr-obrach didseatach Riaghaltas na h-Alba le bhith a' toirt seachad nan seirbheisean againn air-loidhne a chum buannachd chroitearan.

Tha 6 toraidhean againn sa Phlana Chorporra againn an-dràsta, a chuidicheas ri amasan a' Choimisein thar nam bliadhnaichean ri teachd agus a chuireas ris an taic ri siostam air leth na croitearachd is ris na daoine is na coimhearsnachdan a bhios i a' comharrachadh. Gus na toraidhean corporra seo a libhrigeadh, tha Plana Gnìomhachais a' Choimisein 2017/18 a' sònrachadh 6 Amasan bunaiteach mu Ghnìomhachas airson nam bliadhnaichean ri teachd agus a' mìneachadh mar a bhios sinn a' tomhas soirbheachadh a rèir nan Toraidhean Corporra.



Dèanadas Obrachail airson 2017/18

Plana Corporra, Amas 1: Gum bithear a' còmhnaidh air croitean agus gan rianachd

Plana Gnìomhachais, Amas 1: Toraidhean a libhrigeadh do chroitearachd

Amas sa Phlana Gnìomhachais	Ciamar a tha a' dol dhuinn?
Ceangal ri uachdarain phrìobhaideach	 Thòisich sin ag obair le uachdarain chroitearachd gus ceistean mu chroitean falamh fo earrann 23 de dh'Achd nan Croitearan (Alba) 1993, còir-sheilbh gun rèiteach fo earrann 11 de dh'Achd 1993 agus Briseadh Dhleastanasan fo earrannan 26A gu 26L a shònrachadh is fhuasgladh.
Crìoch a chur air a' cho-chomhairleachadh mun teamlaid ùr mu Riaghailtean Feuraich	 Thathar air crìoch a chur air seo a-nis.
Teamlaid is stiùireadh ùr mu Riaghailtean Feuraich a chur an gnìomh	 Chaidh riaghailtean na teamlaid luchdachadh suas air làrach-lìn a' Choimisein san t-Samhain agus thathar ag obair air an stiùireadh fhathast.
Leasachadh a thoirt air còmhnaidh is seilbh air croitean le gach oighreachd phrìobhaideach a bhios ag obair leis a' Choimisean	 Tha sinn air a bhith ag obair gu sònraichte le Oighreachdan Uibhist a Deas, Oighreachd Àird Fhinn, Diùra, leis a' Chorpach, le Bainbhidh, agus Fearann Eilean Iarmain san Eilean Sgitheanach gus leasachadh a thoirt air còmhnaidh is seilbh air na croitean sna sgìrean sin.
Lùghdachadh air an ùine a tha e a' toirt croit fhalamh a leigeil far an do chuir an Coimisean crìoch air a' ghabhaltas	 Chùm an Coimisean coinneamhan ann an coimhearsnachdan na chroitearachd far an d'fhuair sianar chroitearan eadar-dhealaichte croitean tro roghainnean: chaidh 2 croit a leigeil ann an Leòdhas; tè ann am Barraigh, tè ann am Beàrnaraigh, tè ann an Sanna, Earra Ghàidheal agus 1 air tìr-mòr na Gàidhealtachd.
Lùghdachadh air àireamhan nan croitean falamh air Oighreachdan Ministearan na h-Alba	 An dèidh dhan Choimisean coinneachadh ri oifigearan bho Stiùireadh Pàighidhean is Sgrùdaidhean Dùthchail Riaghaltas na h-Alba, thathar air aon croit fhalamh a leigeil, thathar air trì cùisean mu chòir-sheilbh a tha air a bhith ann o chionn fhada fhuasgladh agus bha 1 chùis far a bheil an Coimisean gus crìoch a chur air gabhaltas seach nach robh còir-sheilbh reachdail ann.

Seòladh

 **Air a Choileanadh**

 **Air a Choileanadh gu Ìre**

 **Gun Choileanadh**

Plana Corporra, Amas 2: Cùltean-cinn gan rianachd agus dòighean-rianachd coitcheann mar an àbhaist
Plana Gnìomhachais, Amas 2: Cumail oirnn a' cur ris na modhan againn

Amas sa Phlana Gnìomhachais

Ciamar a tha a' dol dhuinn?

Tòiseachadh air cur nam poileasaidhean Corporra mu ghleidheadh an gnìomh



Cha deach seo a thoirt gu buil ri linn gainnead ghoireasan ach thèid e air adhart ann an 2018/19.

Structar ùr mu Cho-dhùnaidhean Tiomnaichte a chur an gnìomh



Chùm sinn oirnn a' cur nan co-dhùnaidhean tiomnaichte an gnìomh le bhith a' leasachadh barrachd obraichean gus am bi a' chuid as motha de dh'iarntasan gun duilgheadasan gam tiomnachadh don luchd-obrach a-nis. Dh'atharraich sinn pròiseas nan co-dhùnaidhean againn cuideachd gus nach eil co-dhùnaidhean gan gabhail dìreach le aon Choimiseanair ach, seach sin, gum bi co-dhùnaidhean air cùisean toinnte gan gabhail le buidheann de thrìuir Choimiseanair no leis a' Bhòrd iomlan ma dh'fheumar.

Ath-bhreithneachadh slàn air Dì-chroiteadh Croite gu ìre no gu h-iomlan, Iarrtasan 50B agus Cur Pròiseas nan Dleastanasan an Gnìomh



Chaidh buidheann-obrach shealach a stèidheachadh agus coinneamh a chumail gus dì-chroiteadh ath-bhreithneachadh. Rinn sinn ath-bhreithneachadh air na bileagan-iarrtais is notaichean-stiùiridh air fad an lùib an dì-chroitidh. Chaidh seisean trèanaidh a chumail san t-Sultain le luchd-obrach Riaghlachail agus SGRPID a' Choimisein a sheall air roinneadh is dì-chroiteadh.

Lùghdachadh air an ùine gus a' chiad chlàradh den chroit a chrìochnachadh



B' e an àbhaist airson nan cùisean gu lèir againn a chrìochnaichadh ann an 2017/18 13.7 seachdainean, a ghabh a-steach grunn chùisean dìleib a chuireadh a-steach ann an 2016. A' sealltainn air iarrtasan a fhuair an Coimisean ann an 2017/18, b' e an àbhaist 10.8 seachdainean, rud a bha ris an targaid againn.

Lùghdachadh air tasgadh nam faidhlichean-pàipeir againn



Chaidh 725 faidhlichean a sgrìobh sa bhliadhna, rud a tha aig ìre 2.5%.

Lùghdachadh air caitheamh an stuth-chaitheimh againn le bhith a' cleachdadh conaltradh didseatach barrachd



Bha lùghdachadh 20% againn air cosgaisean a' phuist againn sa bhliadhna.

Plana Corporra, Amas 3: Croitearachd ga riaghladh ann an dòigh a tha ceart, èifeachdach is èifeachdail
Plana Gnìomhachais, Amas 3: Leasachadh air fianais

Amas sa Phlana Gnìomhachais

Ciamar a tha a' dol dhuinn?

Sgrùdadh iomlan air Aithisg an Luchd-mheasaidh



Chaidh suirbhidh a thoirt do mheasadairean a chaidh a lìonadh is a chur ais dhan Choimisean.

Pàipear Co-dhlùthaichte airson Fòram Luchd-ùidhe na Croitearachd a chur ri chèile



Chaidh dreach deireannach den phàipear a thoirt do na Buill sa Mhàrt 2018.

Crìoch a chur air an sgrùdadh 3 bliadhna air Cunntas-sluaigh na Croitearachd



Chaidh toraidhean an sgrùdaidh 3 bliadhna a chrìochnachadh.

Cunntas-sluaigh Croitearachd bliadhna a chur a-mach



Chaidh seo a chrìochnachadh san Fhaoilleach 2018.

Plana Corporra, Amas 4: Gum bi sinn ag obair le luchd-ùidhe gus cuideachadh ri cruth na croitearachd beò san àm ri teachd

Plana Gnìomhachais, Amas 4: Solar nan seirbheisean don luchd-chleachdaidh a leasachadh

**Amas sa Phlana
Gnìomhachais**

Ciamar a tha a' dol dhuinn?

Clàr nan Croitean a chur air bhog Air-loidhne		Chaidh an Clàr a chur air bhog Air-loidhne air 28 Lùnastal 2017.
Seirbheis Beachdan an Luchd-chleachdaidh a chur air bhog		Cha deach seo a thoirt gu buil ri linn gainnead ghoireasan.
Aonta ri Plana Cur-an-Gnìomh airson Iarrtasan Air-loidhne		Tha sinn a' gabhail beachd an-dràsta air seirbheis air a roinneadh le SEPA is SNH gus seo a thoirt air adhart.
Lùghdachadh air an ìre de cheistean coitcheann		B' e àireamh iomlan nan ceist coitcheann a fhuair ann an 2017/18 3,387, a bha na lùghdachadh de 17.5% air àireamh nan ceist ann an 2016/17.
Ìre nan iarrtasan fo Shaoradh an Fhiosrachaidh a chumail a rèir a' chlàir-ama reachdail		B' e àireamh iomlan nan iarrtasan FOI/EIR is DPA airson na bliadhna 65 agus bha 1 fhreagairt fhadalach, a' ciallachadh ceudachd a rèir a' chlàir-ama reachdail aig 98%, agus gun deach an targaid a thoirt gu buil.
Meudachadh air ìre nan gearan don Choimisean ris nach deach aonta a chur		Fhuair sinn 14 gearanan aig ìre 2 am-bliadhna, agus bha 5 dhiubh ann ris nach deach aonta a chur, 5 ris an deach aonta a chur, aonan ris an deach aonta a chur gu ìre agus bha 3 dhiubh a bha gun tàbhachd. Tha seo a' ciallachadh gu bheil a' cheudachd ris an deach aonta a chur gu ìre aig 65%, ach tha na h-àireamhan iomlan ìseal. Thathar air beachd a ghabhail air na còig ris an deach aonta a chur mar leasan agus gus leasachaidhean sam bith a dh'fhaodte dèanamh a shònrachadh.
Meudachadh air àireamh nan Ath-bhreithneachaidhean fo Shaorsa an Fhiosrachaidh a chuireas aonta ris a' cho-dhùnadh a bha ann an toiseach		Cha deach ach 1 Ath-bhreithneachadh a chrìochnaich ann an C1 agus chaidh barrachd fiosrachaidh a sgaoileadh. Cha deach ach 1 Ath-bhreithneachadh iarraidh ann an C3 is C4 a chuir aonta ris a' cho-dhùnadh a bha ann an toiseach agus mar sin tha an coileanadh iomlan againn aig 75% ach tha na h-àireamhan cho ìseal nach leig e leas gu bheil seo a' nochdadh suidheachadh daingeann sam bith
Meudachadh air àireamh nan tagraidhean-gearain don SPSO ris nach eilear a' cur aonta		Bha aon tagradh gu SPSO san t-Samhain 2017. Cha deach aonta a chur ri seo. Chaidh tagradh eile a dhèanamh do SPSO leis an tagraiche agus an dèidh Ath-bhreithneachadh a dhèanamh, ghlèidh an t-Ombudsman an co-dhùnadh a bha ann an toiseach agus cha do chuir e aonta ris a' ghearan.

Seòladh

 **Air a Choileanadh**

 **Air a Choileanadh gu Ìre**

 **Gun Choileanadh**

Plana Corporra, Amas 5: Gum bi na sgilean is an dealas iomchaidh aig an luchd-obrach againn gus dèanamh gu math, tha na modhan againn mu riaghladh nan deagh-chleachdadh

Plana Gnìomhachais, Amas 5: Leasachadh a thoirt air àrainneachd na h-obrach againn

Amas sa Phlana Gnìomhachais	Ciamar a tha a' dol dhuinn?
Dreuchd Oifigear Ceanglaichean Trèanaidh air a Leudachadh a chur air bhog	 Tha oifigear ùr an dreuchd a-nis agus thathar e air conaltradh a dhèanamh ris an luchd-obrach.
Pròiseas Inntigeadh a' Bhùird	 Chaidh pasgain-inntrigidh choileanta a chur ri chèile gus na Coimiseanairean ùra a thoirt a-steach, na chois seo bha trèanadh buntainneach.
Toraidhean suirbhìdh deireannach an luchd-obrach fhoillseachadh	 Chaidh toraidhean suirbhìdh an luchd-obrach fhoillseachadh air eadra-lìon a' Choimisein.
Là air Falbh don Luchd-obrach	 Chùm an Coimisean là luchd-obrach ris an deach gabhail gu math.
Meudachadh air ìre toileachas an luchd-obrach againn	 Tro shuirbhìdh an luchd-obrach againn, tha toileachas luchd-obrach ga thomhas tro cheistean sònraichte a thathar a' cur. Nochd an suirbhìdh as ùire againn gun do dh'èirich toileachas luchd-obrach 7.14%.

Plana Corporra, Amas 6: Gun lùghdaich sinn a' bhuaidh a bheir sinn air an àrainneachd

Business Plan Objective 6: A' bhuaidh a bheir sinn air an àrainneachd a lùghdachadh

Amas sa Phlana Gnìomhachais	Ciamar a tha a' dol dhuinn?
Lùghdachadh air brùchdadh a' charboin againn bho shiubhal	 Dh'fhuirich cosgaisean-siubhail do Choimiseanairean aig car an aon ìre ri 2016/17 ach bha meudachadh air siubhal le luchd-obrach, air adhbharan gnìomhachais tàbhachdaich. Nochd an Aithisg againn mu Atharrachadh na Gnàth-shìde san t-Samhain 2017 ìsleachadh mòr air brùchdadh Co2 seach an aithisg roimhe le 33% ach math dh'fhaodte gun toir an leudachadh air siubhal am-bliadhna buaidh air an ath thoradh.

Seòladh



Air a Choileanadh



Air a Choileanadh gu Ìre



Gun Choileanadh



Sgrùdadh-cùise: Daoine a' Tighinn A-steach ann an croitearachd

Bha na gabhaltasan air croit 113 Plocaig ann an Earra Ghàidheal agus 24 Grabhair, Eilean Leòdhais, am measg nan gabhaltas-croite air an do chuir an Coimisean crìoch, seach nach do ghèill an luchd-gabhaltais don dleastanas aca a bhith nan còmhnaidh air a' chroit no an taobh 32cm air falbh bhuaipe, agus nach do leig na h-uachdarain na croitean a-mach air a rèir a' chlàir-ama a tha a dhìth.

Chaidh gabhaltasan nan croitean seo a shanasachadh gu h-ionadail agus chaidh cuireadh a thoirt do phàrtaidhean aig an robh ùidh iarrtas a chur a-steach air an gabhadh an Coimisean beachd. Chaidh na h-iarrtasan seo a mheasadh is a chomharrachadh an uair sin, leis an fheadhainn air fad a bha soirbheachail a' dol air adhart le bhith gan taghadh 'dall' le Coimiseanair.

B' e an neach-inntrigidh soirbheachail air croit 113 ann am Plocaig Ceitidh Chamshron, a tha a-nis mar neach-gabhaltais clàraichte na croite.

B' e an neach-inntrigidh soirbheachail air croit 24 ann an Grabhair Dennis McGonnell a tha a-nis mar neach-gabhaltais clàraichte na croite.

Thuirte Dennis, "Bha mi cho toilichte gun deach mo thaghadh mar an neach-gabhaltais ùr air



An Coimiseanair Uilleam MacNèill a' cur meal-a-naidheachd air Ceitidh Chamshron

croit 24 ann an Grabhair. Tha mi air a bhith a' fuireach ann an Leòdhas fad dà bhliadhna deug agus bha mi riamh ag iarraidh gu mòr dol an sàs ann an croitearachd, gu sònraichte ag obair le beathaichean. Tha e san

amharc agam mucan fhaighinn gus an gnothach a dhèanamh air an rainich is air na luibhean mus dèan mi siolachadh ùr agus an uair sin leigeil leis na caoraich ionaltradh air an dòigh, aon uair is gu bheil mi air feansa a chur mun chrìch. Tha togail agam ri bhith a' tòiseachadh."



An Coimiseanair Iain MacIomhair a' cur meal-a-naidheachd air Dennis McGonnell

“Tha mi air a bhith a' fuireach ann an Leòdhas fad dà bhliadhna deug agus bha mi riamh ag iarraidh gu mòr dol an sàs ann an croitearachd, gu sònraichte ag obair le beathaichean.”

Riaghladair Ceart, Tàbhachdach is Èifeachdach

Is e prìomh obair Choimisean na Croitearachd croitearachd a riaghladh gu ceart is gu reusanta air mhodh a bhios a' gèilleadh gu h-iomlan do reachdas na croitearachd. Mar thoradh, tha a' chuid as motha den obair a bhios a' dol aig a' Choimisean a' bualadh air gabhail ri iarrtasan riaghlachail agus a' clàradh bhrath.

Seòrsa Iarrtais/Bratha	Fhuair	Cheadaich	Dh'ùltadh	Gun Tàbhachd	Air an Tarrainn air ais
Roinneadh	55	17	0	7	5
Sònrachadh	361	236	0	35	8
Dìleab (brathan)	113	98	0	6	0
Cead a bhith às an làthair	30	9	7	9	0
Dì-chroiteadh – Làrach-taighe is Gàrradh	153	116	0	15	3
Dì-chroiteadh – Pàirt den Croit	311	206	3	33	5
Dì-chroiteadh – Croit Iomlan	16	8	8	3	0
Sgaradh	49	34	0	6	5
Còir-sheilbh gun Tiomnadh (brathan)	95	63	0	7	1
Leigeil	69	48	0	4	1
Croit ùr air a cruthachadh*	10	11	0	2	2
Gabhail le Teirm Ghoirid	19	9	0	3	0
Fo-leigeil	85	70	1	2	6
IOMLAN	1,366	925	21	132	36
IOMLAN 2016/17	1,297	891	8		

*Fo earrann 3(A) de dh'Achd nan Croitearan (Alba) 1993

Bidh àireamh nan iarrtasan a gheibhear diofraichte bho àireamh nan iarrtasan a shocraichear ri linn nan iarrtasan a thugadh air adhart bhon 2017 agus an fheadhainn a bheirear air adhart gu 2018.

Rè na bliadhna, chùm an Coimisean 3 coinneamhan-èisteachd mu iarrtasan riaghlachail thairis air a' bhliadhna agus dhèilig e ri còrr is 3,000 de cheistean coitcheann air cùisean croitean is chùiltean-cinn.



Co-dhùnaidhean Tiomnaichte (DDM)

Dh'aontaich an Coimisean gluasad gu modal cho-dhùnaidhean tiomnaichte dà bhliadhna air ais, le cumhachd aig oifigearan iarrtasan gun duilgheadas a cheadachadh a bheir a-mach na feumalachdan reachdail is poileasaidh gu lèir, a' cur iarrtasan gu ìre nas àirde nuair nach toir iad na slatan-tomhais seo a-mach. Chaidh barrachd is an dara cuid de na h-iarrtasan a fhuair a' lèimhseachadh fo phròiseas DMM. Tha an clàr a leanas a' sealltainn ìrean nan co-dhùnaidhean a bhios an Coimisean a' cleachdadh agus àireamh nan iarrtasan air an deach beachd a ghabhail aig gach ìre.


Ìrean Cho-dhùnaidhean Àireamh Iarrtasan

Ìre 1 (Oifigear-iarrtasan)	678
Ìre 2 (Àrd-oifigearan)	186
Ìre 3 (3 Coimiseanairean)	57
Co-dhùnadh le Bòrd nan Coimiseanairean gu h-iomlan	5

Clàr nan Croitean

A bharrachd air na h-iarrtasan riaghlachail a bhios sinn a' làimhseachadh, tha sinn cuideachd a' meas tàbhachd iarrtasan gus croitean a chlàradh agus a' togail cìsean nan iarrtasan uile agus gam pàigheadh ri Neach-gleidhidh Chlàran na h-Alba (Ros).

Iarrtasan gus Croitean a Chlàradh 2017/18




Chaidh 1,068 de croitean a chlàradh le Neach-gleidhidh Chlàran na h-Alba tron bhliadhna, a rinn iomlan de 4,927 de croitean air an cur ri Clàr nan Croitean.



Tagraidhean gu Cùirt an Fhearainn

Tagraidhean

Bha 5 tagraidhean gu Cùirt an Fhearainn an aghaidh cho-dhùnaidhean a rinn an Coimisean. Bha 6 dhiubh ann an 2016/17.




- 2 Chaidh aonta a chur ri 2 cho-dhùnadh leis a' Choimisean
- 3 Chaidh 3 dhiubh a dhiùltadh leis a' Chùirt

Tha 42 là aig tagraichean gus tagradh a chur dhan Chùirt an aghaidh co-dhùnaidh leis a' Choimisean air iarrtas thuca fo Achd nan Croitearan (Alba) 1993.



Dùbhlanan

Bha dùbhlanan an aghaidh ciad chlàradh 9 cùiltean-cinn. Cha bhi an Coimisean an sàs gu dìreach annta seo mar as trice, ach 's urrainn dha beachdan a chur a-steach mar phàrtaidh le ùidh.



- 2 Bha a dhà dhiubh ris nach deach aonta a chur
- 4 Chaidh aonta a chur ri 4 dhiubh
- 1 Chaidh stad a chur air aonan
- 1 Chaidh aonan a dhiùltadh leis an tagraiche
- 1 Chaidh aonan dhiubh fhuasgladh*

* Tro sgaoileadh òrdan-roinnidh, gus nach robh feum air barrachd gnìomha leis a' Chùirt

Dleastanasan Croitearan

Tha dleastanas reachdail air croitearan an dà chuid nan luchd-gabhaltais agus nan sealbhadairean nan còmhnaidh:



A bhith a' fuireach mar as trice air a' chroit aca no an taobh a-staigh 32cm air falbh bhuaipe.



Gun a' chroit a mhì-ghnàthachadh no dearmad a dhèanamh oirre.



A' chroit àrach agus a ghleidheadh no a cur gu feum torach eile.

Tron bhliadhna, chaidh 10 suidheachaidhean de theagamh mu amharas mu bhriseadh dhleastanasan a chur fa chomhair a' Choimisein. Dh'èirich an àireamh seo bho 5 suidheachaidhean amharais a chuireadh an cèill ann an 2016/17. Ma dh'fhairtlicheas air croitear na neach-gabhaltais no na neach-seilbh na còmhnaidh gèilleadh do ghin de na dleastanasan seo agus gun tèid seo innse don Choimisean le cuideigin ann an coimhearsnachd na croitearachd, comataidh-feuraich no Neach-measaidh, tha dleastanas oirnn sgrùdadh.



Inbhe Chùisean

5 a' dol air adhart



1 bhriseadh air fhuasgladh leis a' chroitear



1 chroit air a reic, chan urrainnear cumail a' dol leis an sgrùdadh



1 air a chur an cèill le cuideigin nach eil ann an rang aig a bheil cead briseadh a chur an cèill



1 far nach b' e croit a bha ann



1 nach eil an taobh a-staigh raon-ùghdarrais a' Choimisein (feansadh)



Leig an Coimisean 6 croitean cuideachd far nach robh an luchd-gabhaltais a' gèilleadh don dleastanas a bha orra a bhith nan còmhnaidh agus nuair nach do leig na h-uachdarain na croitean a-mach a rèir nan clàran-ama a tha a dhith.



Bho 2018, tha an Coimisean a' cur barrachd cuideim air briseadh dhleastanasan fhuasgladh.

Cunntas-sluaigh na Croitearachd

Tha dleastanas laghail air croitearan a' bhileag aca fo Chunntas-sluaigh na Croitearachd a lìonadh agus a chur air ais dhan Choimisean.

Ann an Cunntas-sluaigh Croitearachd 2017, chaidh 19,211 de bhileagan-cunntais a chur a-mach gu 18,040 de chroitean. B' e adhbhar a' mheudachaidh gun deach aon bhileag a chur gu gach croit sna bliadhnaichean roimhe agus am-bliadhna chaidh bileag a chur gu gach croitear (faodaidh gum bi barrachd air aon chroitear na s(h)ealbhadair na c(h)òmhnaidh nuair a tha a' chroit gu h-iomlan ann an co-sheilbh).



Chaidh 11,960 bileagan Cunntas Croitearachd a chur air ais chun a' Choimisein airson 11,243 croitean fa leth, mar ìre 62%. Bha seo na mheudachadh de 14% air 2016.



A' fuireach mar as trice air a' chroit no an taobh a-staigh 32cm air falbh bhuaipe: 87%




Gun Mhì-ghnàthachadh /Dearmad: 91%



Croit ga h-Àrach/Gleidheadh/ Cur gu Feum Torach: 90%

Àireamh nan croitearan gun ghèilleadh do na Dleastanasan aca mar a chaidh innse dhan Choimisean ann an cunntas 2017



Clàr nan Croitean

Tha Clàr nan Croitean aig a' Choimisean air a bheil fiosrachadh slàn air ainm, àite, màl agus ìre a h-uile croite, an neach-gabhaltais, mun uachdaran agus mu chòraichean sam bith a thathar a' cumail anns a' chùl-chinn.

Ma cheannaichear croit agus ma bhios roinnean sam bith sa chùl-chinn na lùib fhathast gan gleidheadh ann an gabhaltas, thathar a' meas gu bheil na roinnean nan croit annta fhèin agus bidh inntrinn fa leth aca sa Chlàr. Mar thoradh air toraidhean cunntas na croitearachd ann an 2017, chaidh còrr is 2,700 ùrachaidhean a chur ris a' chlàr.




Àireamh nan croitean air an clàradh air Clàr a' Choimisein

Comhairle nan Eilean Siar	
Fo Ghabhail	6,072
An Seilbh	234

Earra Ghàidheal is Bòd	
Fo Ghabhail	458
An Seilbh	351

Siorrachd Àir a Tuath	
Fo Ghabhail	0
An Seilbh	1



Sealtainn	
Fo Ghabhail	2,091
An Seilbh	1,160

Arcaibh	
Fo Ghabhail	64
An Seilbh	393

Gàidhealtachd	
Fo Ghabhail	6,283
An Seilbh	3,670

Croitearan a rèir gnè



65%
nam
fireannaich



35%
nam
boireannaich

Clàr nan Croitean Air-loidhne

Bhon Lùnastal 2017, nuair a chaidh Clàr nan Croitean a chur air-loidhne airson a' phobaill, thathar air 38,289 rannsachaidhean a dhèanamh air, agus air 7,237 copaidhean de dh'intrinnean a chlà-bhualadh bhon làraich.



38,289
Rannsachaidhean



7,237
Copaidhean Intrinnean

Leis an fhiosrachadh seo ri fhaotainn gu dìreach don phoball, thathar air an t-seirbheis a bheir sinn do luchd-cleachdaidh a leasachadh agus àireamh nan ceist coitcheann a thathar a' cur air a' Choimisean a lùghdachadh.

Tha Clàr nan Croitean Air-loidhne ri fhaotainn tron làrach-lìn againn aig www.crofting.scotland.gov.uk/register-of-crofts-roc

Cùiltean-cinn

Tha comataidhean-feuraich gan cur air bhonn le caochladh uallaichean rianachd mu na cùiltean-cinn. Thathar gan taghadh ann an dreuchd leis na croitearan a roinneas an cùl-cinn agus tha uallach orra riaghailtean mun fheurach a dhèanamh agus a chur dhan Choimisean gus cead fhaighinn.

Tha còrr aig croitearan aig a bheil roinnean sa chùl-chinn iarraidh air a' Choimisean cuid den roinn no an roinn air fad aca a sa chùl-chinn a chur thuige gus nach cleachd ach iad fhèin i.

Tha an cuid riaghailtean fhèin mu fheurach aig a h-uile cùl-cinn. Faodaidh comataidhean riaghailtean ùra atharrachadh no gabhail riutha gus cuideachd ri rianachd is riaradh ceart air a' chùl-chinn aca, an crochadh air cead bhon Choimisean. Gus comataidhean-feuraich a chuideachadh, rinn an Coimisean, an dèidh dha a bhith ag obair gu dlùth le luchd-ùidhe, teaplaid mu riaghailtean nan cùl-cinn a chuideachadh ri comataidhean-feuraich agus iad ag ullachadh an cuid riaghailtean-feuraich fhèin.

Tha cùiltean-cinn nan raoitean de dh'fhearann gan cleachdadh le àireamh chroitearan is dhaoine eile aig a bheil còrr stoc ionaltradh air an fhearann sin.



Tha còrr is 1,000 cùl-cinn thairis air còrr is 500,000 heactair de dh'fhearann

	Iomlan	Comataidhean an Dreuchd
Earra Ghàidheal is Bòd	61	8
Gàidhealtachd	539	237
Comhairle nan Eilean Siar	295	177
Arcaibh	9	1
Sealtainn	168	40
	1,072	463



Cunntas-sluaigh nan Cùl-cinn

Chuir Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 dleastanasan ùra air comataidhean ùra aithisg a thoirt gach 5 bliadhna air cor nan cùl-cinn aca, cor a h-uile croite aig croitearan nan luchd-gabhaltais agus nan sealbhadairean nan còmhnaidh no air cùis sam bith eile a' bualadh air a' chùl-chinn no air croitearachd ann am baile sam bith ceangailte ris an fheurach.

Thar na bliadhna chaidh **101 de bhileagan-cunntais** a chur air ais don Choimisean le comataidhean-feuraich.



Clàradh nan Cùl-cinn agus Fearainn mar Roinn-ruithe

Fo Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010, tha aig **Neach-ghleidhidh Chlàran na h-Alba** ri clàr poblach chroitean, chùl-cinn agus fearainn mar roinn-ruithe a stèidheachadh is a chumail suas.




Gu ruige seo, thathar air còrr is **300 de chùiltean-cinn** a chlàradh leis an Neach-ghleidhidh agus tron bhliadhna, rinn sinn ceangal ri àireamh chomataidhean-feuraich an dreuchd agus ris na h-uachdarain bhuntainneach gus clàradh nan cùl-cinn aca a thoirt air adhart.

Iarrtasan airson Fiosrachaidh

Tha an Coimisean an geall air gèilleadh do reachdas a bheir a' chòir don phoball fiosrachadh iarraidh agus gun tèid am fiosrachadh sin a thoirt a-mach nas lugha na tha saoradh ann. Tha an fheumalachd laghail seo fo Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002, Achd Dìon Dàta 2018, Riaghladh Coitcheann mu Dhìon Dàta agus Riaghailtean Fiosrachadh Àrainneachd (Alba) 2004. Thairis air a' bhliadhna, fhuair sinn is fhreagair sinn 65 iarrtasan airson fiosrachaidh.

Tha an Coimisean a' leigeil uimhir a dh'fhiosrachadh is a ghabhas mu sgaoil don phoball tron làrach-lìn aige agus air na meadhanan sòisealta.



Saorsa an Fhiosrachaidh	25
Riaghailtean Fiosrachadh Àrainneachd	38
Achd Dìon Dàta	2

IOMLAN 65

Gearanan

Tha Coimisean an geall air seirbheis aig ìre àrd a thoirt do luchd-cleachdaidh. Tha sinn a' gabhail ri gearanan mar rud cudromach agus a' cleachdadh an fhiosrachaidh bhuapa gus cuideachadh rinn gus leasachadh a thoirt air na seirbheisean againn. B' e àireamh iomlan nan gearan a fhuair ann an 2017/18 **34**. B' e an àireamh iomlan airson 2016/17 **27**.




Àireamh nan gearan a bheachdaicheadh aig sreath-toisich an fhuasglaidh



Aontachadh is fuasgladh	10
Aontachadh is àrdachadh	1
Aontachadh gu ìre	2
Gun aontachadh	7
Meudachadh	0

IOMLAN 20

Àireamh nan gearan a bheachdaicheadh aig ìre Sgrùdaidh



Aontachadh is fuasgladh	2
Aontachadh gu ìre	4
Gun aontachadh	5
Gun tàbhachd	3

IOMLAN 14

Conaltradh

Chùm sinn oirnn a' cur ri conaltradh a' Choimisein air an taobh a-staigh is an taobh a-muigh tro lìbhrigeadh Ro-innleachd Conaltraidh na buidhne a chaidh ùrachadh am-bliadhna. Ann an oidhirp gus fiosrachadh nas fheàrr a thoirt don luchd-èisteachd a tha againn an-dràsta agus feadhainn ùra thàladh, thaisg sinn gus 3 bhideothan corporra a chruthachadh airson na buidhne, a mhìnichas àite na croitearachd ann an Alba an-diugh, agus àite a' Choimisein is na bhios e a' dèanamh. Thèid na bhideothan a sgaoileadh ann an 2018 ann am meadhanan didseatach a' Choimisein agus tha sinn an dòchas gun cuir iad air chomas don luchd-amhairc sealltainna-steach ann an cridhe a' Choimisein agus cur

às do bheagan den aineolas mu chroitearachd a agus gu dearbh fhèin mun àite againn fhèin mar bhuidheann.

Tha làraichean mheadhanan sòisealta nan uidheam barraichte gus fiosrachadh a thoirt do luchd-èisteachd mòr gu luath is gu h-èifeachdach, biodh e mar lèirsinn no gus fios coitcheann a sgapadh. Tha an Coimisean air feum math a dhèanamh dhiubh seo, leis na meadhanan sòisealta nan raon cudromach a-nis anns a' Phlana Chorporra agus anns na ro-innleachdan againn.

Corporra

Na bu thràithe am-bliadhna, dh'aontaich is sgaoil am Bòrd Plana Poileasaidh 5 bliadhna airson na buidhne. Tha am Plana seo a' gabhail beachd air cuspairean bunaiteach airson croitearachd, leithid cothrom air fearann-croite is a bhith ga chleachdadh, a' gleidheadh fearainn ann an an gabhaltas croitearachd agus cleachdadh nan cùl-cinn.

Tron bhliadhna, dh'aontaich an Coimisean na poileasaidhean is na planaichean seo cuideachd:

- Poileasaidh Sgaoileadh-rùin airson nan Coimiseanairean
- Plana Co-ionannachd is Eugsamhlachd
- Ro-innleachd Conaltraidh (air a h-ùrachadh)
- Poileasaidh an Aghaidh Foille (air ùrachadh)
- Teamlaid Riaghailtean nan Cùl-cinn (air ùrachadh)

Seach gu bheil e an urra ris a' Choimisean sùil a chumail air cùisean ceangailte ri croitearachd, gabh sinn dà cho-chomhairleachadh poblach ceangailte ri croitearachd os làimh.

- Na tha fa-near do Riaghaltas na h-Alba mu Lagh na Croitearachd
- Na tha air Fàire don Choilltearachd ann an Alba

Daoine

Tha luchd-obrach Choimisean na Croitearachd deatamach gus an libhrig e a chuid amasan ro-innleachdail gu soirbheachail. Tha sinn a' gealltainn luchd-obrach a tha dìcheallach is eòlach a leasachadh is a ghleidheadh. Thathar a' brosnachadh gum bi conaltradh fosgailte eadar am Bòrd, an luchd-stiùiridh agus an luchd-obrach agus mar sin, tha ceangal cunbhalach deatamach gus an soirbhich leis a' bhuidhinn san ùine fhada.

Gus cuideachadh ris an t-sruth-chonaltraidh seo, thathar air Buidheann Ceangal Luchd-obrach a stèidheachadh, tha fiosrachadh ùr ga chumail ris an luchd-obrach gu cunbhalach leis a' Cheannard, tha cruth nas fheàrr air coinneamhan sgiobaidhean, agus tha coinneamhan cunbhalach bus-ri-bus ri luchd-stiùiridh gam brosnachadh.

Tha gealltainn ann am Plana Corporra a' Choimisein èifeachdalachd an luchd-obrach aige a ghleidheadh

is a leasachadh agus, air a' cheann thall, deagh-chleachdaidhean a chruthachadh an taobh a-staigh na buidhne agus aig an aon àm leasachaidhean fheuchainn nuair a ghabhas sin dèanamh. Tha neach-obrach a gheibh an trèanadh a tha dhith nas comasaiche air an obair aige a dhèanamh agus gus cuideachadh ri seo, tha Oifigear-taice Ionnsachaidh is Leasachaidh Ionadail againn gus cuideachadh gus clàr rianail de thrèanadh is de leasachadh a libhrigeadh.

Air na làithean-trèanaidh eadar-dhealaichte, dh'fhritheil feadhainn den luchd-obrach air là-trèanaidh le Cuideam air Slàinte-inntinn, a chaidh a chur air dòigh leis a' mheur ionadail de dh'Aonadh nan Seirbheisean Poblach is Malairteach. Chuidich an cùrsa gus cur ri mothachadh air an fharsaingeachd de thinneas-inntinn a tha ann, agus chuir e cuideam air caochladh dhòighean anns am faodte taic a thoirt do dhaoine.

Gnothaichean Sòisealta

The Comataidh Shòisealta ghnìomhach aig Coimisean na Croitearachd gus leasachadh a thoirt air àrainneachd shòisealta an àite-obrach. Bho stiùireadh thachartanas-carthannais gu cur air dòighean thachartasan don luchd-obrach, tha a' chomataidh seo a' brosnachadh co-obrachaidh agus a' cuideachadh ri co-obrachaidhean a bhith a' faireachdainn ri chèile.

Chuidich sinn cuideachd ri cur air adhart Buidheann-taice Àiteachais Rìoghail na h-Alba a bheir taic-airgid, taic phractaigeach agus càirdeas do chroitèaran, le bhith a' cur fios mun deidhinn air bileagan Cunntas-sluaigh na Croitearachd againn.

Còraicheann Daonna

Co-ionannachd, eugsamhlachd agus ion-ghabhalachd

Tha Coimisean na Croitearachd a' gealltainn co-ionannachd chothroman agus tha poileasaidhean is modhan an sàs aige gus a dhèanamh cinnteach gun tèid seo a thoirt gu buil. Tha e cuideachd làn-mhothachail air na dleastanasan laghail a tha air, gu sònraichte mu dhàimh-chineal, agus leth-bhreith a thaobh aoise, gnè is ciorraim.

Dleastanas Co-ionannachd

Tha Coimisean na Croitearachd fo Riaghailtean Achd Co-ionannachd 2010 (Dleastanasan Coitcheann). Feumaidh a' Chomataidh aithrisean air pàigheadh co-ionann is Buill a' Bhùird fhoillseachadh cuideachd.

Tha Coimisean na Croitearachd a' gealltainn ùrachadh a thoirt mar phàirt de dh'Aithisg Bhliadhnail na buidhne agus thathar air giorrachadh a thoirt gu h-ìseal air an adhbhar sin.

Tha uallach air an fheadhainn a tha fon dleastanas mu cho-ionannachd, tro libhrigeadh nan gnìomhan aca:

- Cur às do leth-bhreith, do shàrachadh agus do dh'fhulaingeachd mhi-laghail agus do ghiùlan eile a tha toirmisgte leis an Achd.
- Co-ionannachd chothroman a chur air adhart eadar daoine air a bheil feart coitcheann agus daoine air nach eil.
- Deagh-dhàimh àrach eadar eadar daoine air a bheil feart coitcheann agus daoine air nach eil.

Gheibhear an aithisg shlàn mu phrògram nan tionnsgnaidhean rianail air a bheil a' bhuidheann air a bhith ag obair gus a libhrigeadh, cho math ri adhartas a dh'ionnsaigh libhrigeadh nan toraidhean co-ionannachd, air làrach-lìn Choimisean na Croitearachd. www.crofting.scotland.gov.uk/about-us



Gnothaichean na h-Àrainneachd

Mar luchd-gabhaltais ann an oifis air an roinneadh, Taigh a' Ghlinne Mhòir, tha uallach air Dualchas Nàdair na h-Alba airson an togalaich, agus chun urrainn don Choimisean aghaidh a chur ach a-mhàin air cùisean air an taobh a-staigh leithid cleachdadh ghoireasan, siubhail agus mothachaidh. Is e fear de na toraidhean air a chlàradh anns a' Phlana Chorporra againn a' bhuaidh a bheir sinn air an àrainneachd a lùghdachadh. Ged nach eil targaidean sam bith a thaobh na h-àrainneachd air an cur le Riaghaltas na h-Alba aig Coimisean na Croitearachd an-dràsta, tha e a' gabhail ri cùisean na h-àrainneachd mar rud cudromach agus bidh e a' gabhail ri cleachdaidhean a bhios a' cur cuideim air an àrainneachd nuair a ghabhas e dèanamh.

Is e an raon as motha sa bheil brùchdadh leis a' Choimisean siubhal agus tha sinn toilichte fios a thoirt gun robh lùghdachadh air brùchdadh bliadhna a' charboin againn. Thuit an ìre den bhrùchdadh chorporra a chuir an Coimisean a-mach bho 20 tCO e gu 12 tCO₂e.

Dh'fhàg sgaoileadh Clàr nan Croitean Air-loidhne againn air an ìre de phàipear a thathar a' cleachdadh air an taobh a-staigh a lùghdachadh, le còrr is 7,000

intrinsic air an toirt air falbh bhuaithe agus tha e san amharc cur ris a' chomas air-loidhne againn, às an tig barrachd caomhnaidh. Tha sinn cuideachd ann an conaltradh barrachd is barrachd tro phost-dealain, a' cuideachadh gus an ìre de phàipear a thathar a' cleachdadh a lùghdachadh tuilleadh.

Le buidhnean-gnìomha ann an com-pàirteachas, bidh an Ceangal a' dol an sàs gus aontaidhean coitcheann mu sheirbheisean a chur ri chèile gus leasachadh a thoirt air toraidhean àrainneachdail, a' lùghdachadh nan droch-bhuaidhean. Bidh sinn ag obair gus brùchdadh carboin a lùghdachadh, rud air a bheilear a' cumail sùil agus air an tèid aithisg a thoirt gach ràithe mar phàirt don aithisg mu Chomharraidhean air Dèanadas gu Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais agus dhan Bhòrd.

Ghabh an Coimisean pàirt uair a-rithist eile ann an Seachdain na Gnàth-shìde a chaidh a chumail anns an t-Sultain agus a-rithist dh'obraich e ann an com-pàirteachas le SNH, luchd-obrach taigh-bidhe Compass Links agus Aonadh-ciùird PCS, Colaiste Cantraybridge agus Com-pàirteachas Ath-ùrachaidh Ghallaibh is Cheann a Tuath Chataibh.



Dèanadas Ionmhasail

Riaraich Riaghaltas na h-Alba buidseat de £2.497M (£2.447M 2016/17) air Coimisean na Croitearachd gus luchd-obrach agus cosgaisean-obrachaidh eile a mhaoineachadh. Chaidh £0.100M den bhuidseat seo a chur an taobh mar chuideachadh ri pròiseactan sònraichte leithid Plana Rianachd nan Clàr aig a' Choimisean. Chaidh riarachadh £0.042M (£0.042M 2016/17) a thoirt seachad cuideachd airson chosgaisean neo-airgid mar ìsleachadh ann an luach agus luach-chrìonadh, rud a thug am buidseat iomlan gu £2.539M (£2.489M 2016/17).

Fhuair an Coimisean 'Teachd A-steach Eile' de £0.281M (£0.229M 2016/17) cuideachd, a tha na mhaoineachadh fo bhrùthadh gus raointean sònraichte eile de chaiteachas a mhaoineachadh, air a thoirt a-steach le Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010, leithid lìbhrigeadh cunntas-sluaigh na croitearachd agus iarrtasan gus croitean a chlàradh a thoirt air adhart às leth Chlàran na h-Alba. Tha an riarachadh na mhaoineachadh fo bhrùthadh mar a' bhliadhna mu dheireadh de dh'aonta ceithir bliadhna le Riaghaltas na h-Alba. Tha maoineachadh 2018/19 de na dleastanasan is gnìomhan a bharrachd air a bhith air a riarachadh le Ministearan na h-Alba am broinn riarachadh Tabhartas-mar-Chobhair Choimisean na Croitearachd don bhliadhna.

Chaidh 73% (76% 2016/17) de riarachadh-airgid iomlan Choimisean na Croitearachd a chaidh a tharraing a-nuas a chosg air goireasan luchd-obrach. Chùm an Coimisean air a' dèanamh deagh-rianachd air na goireasan aige, a' pàigheadh 98% (96.6% 2016/17) den luchd-sholair aige an taobh a-staigh 10 là an dèidh fàirdeal tàbhachdach fhaighinn. Tha lùghdachadh nan cosgaisean againn gus maoineachadh don obair-riaghlaidh againn a chumail aig an ìre as motha air a bhith na phrìomhachas a-rithist cuideachd. Mar eisimpleir, leig sgaoileadh Clàr nan Croitean Air-loidhne san Lùnastal 2017 leis a' phoball rannsachadh dìreach a dhèanamh air a' Chlàr. Tha seo air cur air chomas gun tèid goireasan luchd-obrach a chosg air gnìomhan eile san t-sreath-thoisich. Tha Clàr nan Croitean Air-loidhne, còmhla ri lùghdachadh air ceistean coitcheann agus na cosgaisean-postachd nan lùib air cuideachadh ris a' Choimisean targaidean Riaghaltas na h-Alba mu chaomhnadh ann an èifeachdalachd de 3% air ìre a' bhuidseit againn ann an 2017/18 de £2.539 millean a thoirt a-mach. Uile-gu-lèir, chlàraich sinn 3.2%, no mu £80,000 de chaomhnadh ann an 2017/18.

Tha aithisg nas mionaidiche air sgrùdadh an ionmhais san Aithisg mu Chunntalachd air duilleag 41.

Gnothaichean an Aghaidh Truailidheachd is Brìbearachd

Tha Coimisean na Croitearachd a' gealltainn nan ìrean as àirde mu ghiùlan beusach agus mu ionracas agus an geall air truailidheachd is brìbearachd a chasg oir tha sinn ag aithneachadh gu bheil e cudromach ar cliù agus misneachd an luchd-ùidhe againn a ghleidheadh. San Lùnastal 2017, dh'ùraich sinn am Poileasaidh an Aghaidh na Foille againn agus tha sinn toilichte a ràdh nach robh suidheachaidhean sam bith de thruailidheachd no de bhribearachd ann an 2017/18.



Uilleam Barron
Ceannard agus Oifigear Cunntachail
22 Lùnastal 2018



Sgrùdadh-cùise: Companaidh Coille-choimhearsnachd Chill Fhionain – Cruthachadh croitean ùra san fhearann-choille

Tha Coille-choimhearsnachd Chill Fhionain ann an Earra Ghàidheal a' rianachd an fhearainn aca mar fhearann-coille torach, le raointean chur-seachadan ann, agus buidhnean an sàs ann an cuibhreannan don choimhearsnachd.

Bha e nan amas riamh, croitean ùra a chruthachadh air pàirt de dh'fhearann na coille agus an dèidh iomadh bliadhna bha e comasach dhaibh am pròiseact a thoirt air adhart agus iarrtas a chur dhan Choimisean gus trì croitean ùra a chruthachadh air fearann na coille. Thug na croitean ùra a-steach 3.85 heactairean, 5.97 heactairean is 4.90 heactairean mu seach. Mar phàirt den Phlana-rianachd air a' Choille, leigidh na croitean-coille ùra leis an luchd-ghabhaltais targaidean a thoirt a-mach mu chur fearann-coille dùthchasach às ùr sa choille agus beagan obair-àiteachais is obair-ghàirnealachd a dhèanamh. Cuidichidh cruthachadh nan 3 croitean ùra fo ghabhaltas gus gnìomhan ionadail a ghleidheadh, a' bhun-sgoil, bùithean agus ionad-slàinte ionadail nam measg. Thèid aig na croitearan nan luchd-gabhaltais air fuireach air an làraich mar phàirt den ghabhaltas aca. Tha ceathrar chloinne ùra air dol a-steach sa bhun-sgoil ionadail mar-thà mar thoradh air croitearan a bhith air an tàladh dhan sgìre agus tha seo air cur ri àireamh na cloinne san sgoil le cha mhòr 14%.

Nuair a bha e a' gabhail ris an iarrtas gus croitean ùra a chruthachadh, bha an Coimisean sàsaichte ged a tha croitean-coille air leth bho croitean àbhaisteach an sàs ann an àiteachas gun robh na bhathar a' moladh an dà chuid comasach agus coltach. Tha croitean-coille nan suidheachadh barraichte gus

flùraichean is beathaichean a tha dùthchasach anns an sgìre a leasachadh agus tha am prìomhachas seo gu math àrd air clàr-obrach nan croitean bho fharsaingeachd de chraobhan is de phreasan mar bheatha do sheilleanan is do mheanbh-fhrìdean, agus a' tàladh fheòragan-ruadha is chreutairean eile air an dìon a-steach don sgìre. Shàsaich an t-iarrtas na slatan-tomhais ann am Plana Poileasaidh a' Choimisein seach gum biodh e gu leas na coimhearsnachd le bhith a' cur ris an ìre air a bheil cothrom de dh'fhearann-croite is de chroitearan ùra a bheireadh sgilean ùra a-steach don choimhearsnachd, agus tha cothrom ann dachaighean is gnìomhachasan a chruthachadh, a chuireadh ri seasmhachd na coimhearsnachd, cho math ri leas a' phobail anns an fharsaingeachd.

Thathar air na croitean air a bheil Croit 1, Cill Fhionain, Croit 2, Cill Fhionain agus Croit 3, Cill Fhionain, a cur air Clàr nan Croitean aig a' Choimisean agus an clàradh le Neach-gleidhidh Chlàran na h-Alba. Tha Companaidh Coille-choimhearsnachd Chill Fhionain air iarrtas a chur gu Coimisean na Croitearachd a-nis gus na 3 croitean-coille ùra a leigeil a-mach do chroitearan ùra.

Thuir Mark Bamford, Co-chathraiche, Companaidh Coille-choimhearsnachd Chill Fhionain: "Tha cruthachadh nan ciad trì croitean-coille a' toirt iomadh buannachd do Choille-



choimhearsnachd Chill Fhionain agus don sgìre san fharsaingeachd. Cuidichidh na croitean-coille a' choille ann an bhith ag atharrachadh fearann-fiodha air a rèiteachadh gu malairteach gu fearann-coille dùthchasach le measgachadh de dhuilleagan-leathann. Bheir iad bith-beò gu ìre do na trì teaghlaichean. Thig mar thoradh orra gnìomhachd eaconamach sheasmhach agus taic ri seirbheisean ionadail. Nì iad biadh gu h-ionadail agus cuidichidh iad gus an ìre de bhrùchdadh a' charboin a lùghdachadh mar thoradh.

Ann am beagan fhacal, cuidichidh na croitean rinn gus an t-amas againn a thoirt a-mach, is e sin gum bi coille bheò ag obair ann, a bheir taic don choimhearsnachd, don eaconamachd agus do na seirbheisean deatamach ionadail, mar an sgoil, oifig a' phuist agus an t-ionad-slàinte. Tha sinn a' creidsinn gu làidir ann an croitearachd mar rnodal seasmhach gus cur ri obair eaconamach agus stad a chur air crìonadh àireamhan an t-sluaigh air an dùthaich ann an Alba agus tha sinn an dòchas barrachd chroitean a chruthachadh anns an àm ri teachd."





**CROFTING COMMISSION
COIMISEAN NA CROITEARACHD**

Aithisg Cunntalachd 2017/18

Aithrisean is aithisgean bunaiteach a chuireas air chomas dhuinn feumalachdan mu chunntalachd a thoirt a-mach agus a nochdas gèilleadh do dheagh-raighladh corporra.

Aithisg mu Riaghladh Corporra

Aithisg Luchd-stiùiridh

Coimiseanairean ann an 2017/18

Coimiseanair	Modh Cur an Dreuchd	Frithealadh air Coinneamhan a' Bhùird ann an 2017/18	Frithealadh air Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais ann an 2017/18
 Ruairidh MacCoinnich* ^{1 & 5}	Air a Thaghadh	5/5*	1/1*
 Màiri NicCoinnich* ¹	Air a Thaghadh	5/5*	–
 Anndra Holt* ¹	Air a Thaghadh	5/5*	–
 Cyril Annal* ¹	Air a Thaghadh	5/5*	–
 Iain MacIomhair* ¹	Air a Thaghadh	5/5*	3/3*
 Uilleam MacNèill* ¹	Air a Thaghadh	4/5*	–
 Dàibhidh Caimbeul* ²	Air a Chur an Dreuchd le Rùnaire a' Chaibineit	5/5*	4/4*
 Calum MacMhathain* ³	Air a Chur an Dreuchd le Rùnaire a' Chaibineit	5/5*	4/4*
 Seumas Scott* ⁴	Air a Chur an Dreuchd le Rùnaire a' Chaibineit	5/5*	–

* = Àireamh fhrithealaidh/ Àireamh choinneamhan air an robhar comasach frithealadh.

1 = Air an taghadh fad teirm 5 bliadhna bho 17 Màrt 2017.

2 = Ath-shuidheachadh 3 bliadhna le Riaghaltas na h-Alba bho 1 Giblean 2017.

3 = Ath-shuidheachadh 3 bliadhna le Riaghaltas na h-Alba bho 1 Faoilleach 2017.

4 = Suidheachadh 3 bliadhna le Riaghaltas na h-Alba bho 1 Gearran 2017.

5 = Air a chur an dreuchd mar Neach-gairm Choimisean na Croitearachd bho 20 Ògmhios 2017.

Chùm Coimisean na Croitearachd trì Coinneamhan Ro-innleachd cuideachd, nach do chumadh mar choinneamhan poblach agus dha nach robh geàrr-chunntas a dhèanamh, air 21 Ògmhios 2017, 13 Dùbhlachd 2017 agus 22 Màrt 2018.

Tha làn-fhiosrachadh mu Chlàr nam Com-pàirtean aig na Coimiseanairean ri fhaotainn air an làrach-lìn againn www.crofting.scotland.gov.uk/meet-the-commissioners

Sgioba-stiùiridh 2017/18

Uilleam Barron, Ceannard agus Oifigear Cunntachail – uallach air sa cheann thall airson ro-innleachd, obrachaidhean, ionmhas agus rianachd Choimisean na Croitearachd. A' dèanamh cinnteach gum faigh Bòrd nan Coimiseanairean fiosrachadh cruinn agus comhairle gun chlaonadh.

Donna Nic a' Ghobhainn, Iar-cheannard is Prìomh Oifigear Gnìomha agus Ceannard Obrachaidhean – An ceannas air dèanadas obrachail na buidhne le cuideam air Dealbhadh Corporra, Rianachd air Dèanadas, Leasachadh Corporra agus uallach oirre sa cheann thall airson Ro-innleachd IS is Conaltradh.

Sgrùdadh Ionmhasail

Giorrachadh air Easbaidh/(Còrr) don bhliadhna	2017/18 £000	2016/17 £000
Caiteachas-obrachaidh lomlan	2,780	2,715
Tabhartas-mar-Chobhair air a Tharraing A-nuas	(2,491)	(2,437)
Teachd-a-steach Eile	(281)	(229)
Easbaidh/(Còrr)	8	49
Reconciliation of operational expenditure on an accrual basis to Grant-in-Aid drawn down	2017/18 £000	2016/17 £000
Easbaidh/(Còrr)	8	49
Gun neo-airgead:		
Ìsleachadh is Crìonadh	(45)	(82)
Atharrachaidhean air caiteachas-obrach le:		
Fèichearan	(15)	24
Creideasairean	17	(5)
Glusad ann an solar	3	–
Gnìomhan-tasgaidh	32	21
Caiteachas airgid ullaimh a chòrr/fo-chosg an Tabhartais	0	(4)
Glusad air cunntas-banca Chlàran na h-Alba	(3)	(3)
Airgead-ullamh Lom (Lùghdachadh/Meudachadh)	(3)	(7)

Iain Toal, Ceannard Poileasaidh – A' cuideachadh ris a' Bhòrd gus poileasaidh ro-innleachdail a chur ri chèile air raon chùisean air an taobh a-muigh is an taobh a-staigh a rèir nan amasan ro-innleachdail aige.

Eòsaph MacIlleChiar, Ceannard Taic-riaghlaidh – An urra ris tha rianachd air riaghladh, anns a bheil sgiobaidhean ri còmhnaidh agus cleachdadh an fhearainn an sàs cuideachd.

Sìne NicThòmais, Ceannard Sheirbheisean Corporra is Luchd-cleachdaidh – uallach oirre airson sheirbheisean luchd-cleachdaidh air an taobh a-muigh is an taobh a-staigh, gearanan agus iarrtasan fo Shaorsa an Fhiosrachaidh nam measg. Na ceannard airson Co-ionannachd is Eugsamhlachd, . Mar Oifigearan nan Inbhean do Choimisean na Croitearachd.

Dàibhidh MacFhionnlaigh, Neach-lagha – A' toirt comhairle laghail do Choimisean na Croitearachd agus a' dèiligeadh ri tagraidhean-lagha anns a bheil Coimisean na Croitearachd an sàs.

A' cunntas a rèir an teachd-a-steach is a' chaiteachais, tha toradh ionmhasail air gnìomhachas àbhaisteach na bliadhna na easbhaidh de £8,000 (Easbhaidh £49,000 2016/17). Tha an easbhaidh seo ag èirigh mar thoradh air atharrachaidhean air cunntasachd, mar ìsleachadh agus gluasadan air calpa-obrach sna h-aithrisean-ionmhais far nach eil sruthadh airgid-ullaimh. A' cunntas a rèir an airgid-ullaimh, bha caiteachas Choimisean na Croitearachd aig an aon ìre ris an Tabhartas-mar-Chobhair a chaidh a tharraing a-nuas.

B' e caiteachas-obrachaidh iomlan airson 2017/18 £2.780m an taca ri £2.715m ann an 2016/17. San Dàmhair 2017, cheadaich Riaghaltas na h-Alba riarachadh a bharrachd mar Thabhartas-mar-Chobhair de £100,000, a bha airson adhbharan sònraichte. Bha an meudachadh air caiteachas-obrachaidh de £65,000 ann an 2017/18 air caochladh adhbharan, ach buinidh fear cudromach dhiubh ris an riarachadh a bharrachd de £100,000 agus ris a' chaiteachas na lùib de £92,000 air Plana Rianachd Clàran a' Choimisein. Tha àrdachadh air cosgaisean Shìostaman Fiosrachaidh de £27,000 seach 2016/17 ann seach gun do thòisich an Coimisean a' gluasad gu Office 365 (coimpiutaireachd stèidhichte air neòil amalichte), agus aig an aon àm mothachail air stiùireadh is dleasan bho Riaghaltas na h-Alba gu buidhnean poblach mu ullachaidhean mu thèarainteachd air an Lìon. Chaidh lùghdachaidhean nach bu bheag air airgead-ullamh a chlàradh ann an Cìsean Laghail de £8,000 agus cosgaisean Sanasachd Riaghlachail Reachdail de £6,000.

B' e an caiteachas air cosgaisean luchd-obrach don bhliadhna 2017/18 (£2.023m (£2.034m 2016/17)). Tha an diofar lom de £11,000 na lùghdachadh air tuarastal luchd-obrach is na cosgaisean na lùib de £24,000, na àrdachadh air cùmhnantan do luchd-obrach sealach de £19,000 agus na lùghdachadh air pàigheadh do bhuill a' bhùird de £6,000. Tha an lùghdachadh air cosgaisean luchd-obrach ann air sàilleabh gun robh cuid de dh'àiteachan falamh sa Choimisean tron bhliadhna. Bha seo ann air a' chuid as motha mar cheum faiceallach mu bhuidseat gus an do dhearbhaich Riaghaltas na h-Alba gun rachadh an t-ullachadh a tha ann an-dràsta mu mhaoineachadh fo bhrùthadh, air an robhar gu bhith ath-bhreithneachadh, a chur ri riarachadh Tabhartas-mar-Chobhair a' Choimisein do 2018/19.

Tha an t-eadar-àm mu fhadhadh luchd-obrach air cùmhnantan stèidhichte no fad ùine shònraichte air bualadh cuideachd air lùghdachadh air tuarastal luchd-obrach. Tha an t-àrdachadh sealach de £19,000 air cosgaisean luchd-obrach mar chòmhdach san eadar-àm gus an tèid na dreuchdan seasmhach a lìonadh.

Tha làn-fhiosrachadh mu chaiteachas air luchd-obrach, bòrd is obrachadh leis a' Chompanaidh gu 31 Màrt 2018 ga nochdadh ann an nota 3 (duilleag 70) de na cunntasan seo.

Peinnseanan

Tha buill luchd-obrach Choimisean na Croitearachd ion-tagha air a bhith nam buill de Phrìomh Sgeama Peinnseanan nan Seirbheisean Catharra. Tha fios mun sgeama agus fios mu làn-chòraichean pheinnseanan luchd-stiùiridh Choimisean na Croitearachd san Aithisg air Ìocadh (Duilleag 52) agus nota 1.5 (Duilleag 68) de na cunntasan seo.

Còd Cleachdadh Pàighidh

A rèir poileasaidh Riaghaltas na h-Alba, tha aig Coimisean na Croitearachd ri fàirdealan uile an luchd-sholair far nach eil deasbad a phàigheadh an taobh a-staigh 10 là-obrach an dèidh am faotainn. Tha e mar amas aig Coimisean na Croitearachd 100% de na fàirdealan, an fheadhainn fo dheasbad nam measg, aon uair is gu bheil air an deasbad fhuasgladh, a phàigheadh ann an àm a rèir nan cumhaichean seo. Sa bhliadhna a thàinig gu crìch air 31 Màrt 2018, phàigh Coimisean na Croitearachd 98.0% de na fàirdealan aige a rèir nan cumhaichean seo (96.6% ann an 2016/17).

Cìsean gun Sgrùdadh

Tha Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba air Deloitte LLP a chur an dreuchd mar luchd-sgrùdaidh. Tha fios mu chìsean an sgrùdaidh don bhliadhna gu 31 Màrt 2018 ga nochdadh ann an nota 3 (Duilleag 70) de na cunntasan. Cha deach Deloitte LLP fhadhadh no a phàigheadh airson obair sam bith nach do bhuin ri sgrùdadh tron bhliadhna.

Aithris mu Dhleastanasan an Oifigeir Chunntachail

A rèir earrann 19(4) de dh'Achd an Ionmhais Poblach is Cunntalachd (Alba) 2000 agus pàipear-taice 1 paragraf 19 de dh'Achd nan Croitearan 1993 mar a chaidh atharrachadh, tha Ministearan na h-Alba air stiùireadh a thoirt do Choimisean na Croitearachd aithris mu chunntasan ullachadh airson gach bliadhna ionmhasail sa chruth agus a rèir mar a tha ann an Stiùireadh nan Cunntasan a chuir Ministearan na h-Alba a-mach.

Tha na cunntasan gan ullachadh air bunait tàrmachaidh agus feumaidh iad sealladh fìor is ceart a thoirt air suidheachadh Choimisean na Croitearachd aig an àm agus air na cosgaisean-obrachaidh, air a' chall aithnichte agus air sruthan airgid-ullaimh don ùine ionmhasail.

Agus e ag ullachadh nan cunntasan, feumaidh an t-Oifigeir Cunntachail:

- cumail ri Stiùireadh nan Cunntasan a chuir Ministearan na h-Alba a-mach, agus na feumalachdan buntainneach mu chunntasachd is nochdadh, agus na poileasaidhean iomchaidh mu chunntasachd a chur an sàs air bonn co-chòrdail ;
- breitheanas is measadh a ghabhail air bunait reusanta;
- cur an cèill a bheilear air leantainn ris na h-inbhean iomchaidh mu chunntasachd mar a tha ann an Leabhar-làimhe an Riaghaltais mu Aithisgean Ionmhasail, agus fiaradh sam bith sna cunntasan a nochdadh is a mhìneachadh; agus
- na cunntasan ullachadh mar ghnothach leantainneach.

Tha Rùnaire Seasmhach agus Prìomh Oifigeir Cunntachail Riaghaltas na h-Alba air Ceannard Choimisean na Croitearachd a chur an dreuchd mar Oifigeir Cunntachail.

Aithris leis an Oifigeir Chunntachail

Mar Oifigeir Cunntachail, tha riaghailteachd is ceart an ionmhais phoblach dham bheil uallach orm, gleidheadh chlàran ceart agus dìon maoin Choimisean na Croitearachd, mar a tha sa Mheòrachan gu Oifigearan Cunntachail airson Pàirtean de Rianachas na h-Alba a chuir Ministearan na h-Alba a-mach, an urra rium.

Nochdadh Fios ris an Luchd-sgrùdaidh

Mar Oifigeir Cunntachail, fhad is a tha fios agam, chan eil fiosrachadh buntainneach mu sgrùdadh air nach eil Coimisean na Croitearachd mothachail. Tha mi air a h-uile ceum reusanta a ghabhail gu mi fhìn a dhèanamh mothachail air fiosrachadh buntainneach sam bith mu sgrùdadh agus gu a dhèanamh cinnteach gu bheil luchd-sgrùdaidh Choimisean na Croitearachd mothachail air an fhiosrachadh.

Dearbhadh an Oifigeir Chunntachail air an Aithisg Bhliadhnail agus air na Cunntasan

Mar Oifigeir Cunntachail, tha mi a' dearbhadh gu bheil an aithisg bhliadhnail is na cunntasan còmhla ceart, cothromach is so-thuigsinn agus gu bheil am breitheanas a tha a dhìth gus sin obrachadh a-mach ceart, cothromach is so-thuigsinn.

Aithris mu Riaghladh

Cùl-fhiosrachadh

Tha an Aithris mu Riaghladh Corporra a' clàradh maorsainneachd Choimisean na Croitearachd agus a' cur mar leasachadh ris na cunntasan bliadhna. Tha an aithris seo cuideachd a' toirt còmhla aithrisean mu shuidheachadh is fianais air riaghladh, rianachd is smachd air gàbhadh, gus innleachd-aithris sho-leantainn is cho-chòrdail a thoirt seachad.

Raon Uallaich

Mar Oifigeir Cunntachail, tha e an urra rium rian is smachd air an taobh a-muigh a chumail a chuidicheas gus poileasaidhean, amasan is cinn-chriche na buidhne, air an socrachadh le Ministearan na h-Alba, a thoirt gu buil agus a' mhaoin phoblach a tha an urra rium fhèin a dh'ion, a rèir nan dleastanasan ann am 'Meòrachan an Oifigeir Chunntachail'.

Ann an coileanadh mo chuid dhleastanasan pearsanta, bidh mi a' dèanamh cinnteach gun gèill a' bhuidheann do Leabhar-làimhe an Riaghaltas mu Ionmhas Poblach. Tha an Leabhar-làimhe ga chur a-mach le Ministearan na h-Alba gus stiùireadh a thoirt do Riaghaltas na h-Alba agus do bhuidhnean buntainneach eile mu làimhseachadh maoin phoblach mar as còir. Tha e a' nochdadh nam feumalachdan reachdail, pàrlamaideach is rianachd a tha a' buntainn, a' cur cuideim air an fheum air seaghachas, èifeachd is èifeachdalachd agus a' cur deagh-chleachdaidh agus ìrean àrda de ghiùlan ceart air adhart.

Chaidh an Sgrìobhainn Frèama againn, a tha mar an aonta againn le Riaghaltas na h-Alba, agus a' nochdas an càirdeas againn, ùrachadh anns a' Ghiblean 2018 agus tha i air foillseachadh air an làrach-lìn www.crofting.scotland.gov.uk/the-act-and-policy

Riaghladh/Frèam Am Bòrd

Tha an Neach-gairm an ceann a' Bhùird agus tha an Ceannard an ceannas air rianachd-gnìomha air Coimisean na Croitearachd.

Tha am Bòrd air a dhèanamh suas le 9 Coimiseanairean, às a bheil sianar air an taghadh le croitearan clàraichte, agus triùir air an cur an dreuchd le Riaghaltas na h-Alba. Tha an Neach-gairm ga thaghadh bho thaobh a-staigh a' Bhùird le Rùnaire a' Chaibineit airson na h-Eaconomaidh Dùthchail.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu na Coimiseanairean air duilleagan 40 gu 41.

Is e an obair a tha aig a' Bhòrd ceannas ro-innleachdail a thoirt don bhuidhinn, poileasaidh a threòrachadh agus uallach a ghabhail airson nan co-dhùnaidhean airson nan cùisean as cudromaiche no as connspaidiche. Tha Coimiseanairean a' nochdadh an t-suidheachaidh aca a thaobh poileasaidh le bhith a' cur Plana Poileasaidh gu Ministearan na h-Alba. Tha iad cuideachd a' coimhead thairis air a' bhuidhinn agus tha an Ceannard cunntachail dhaibh airson a dèanadais.

Tron bhliadhna, ghabh am Bòrd caochladh gnìomhan cudromach os làimh:-

- Chuir sinn comhairle agus rinn sinn dreuchd de Phlana Poileasaidh Choimisean na Croitearachd a chaidh a cheadachadh an uair sin le Rùnaire a' Chaibineit airson na h-Eaconomaidh Dùthchail san Dàmhair 2018.
- Chùm sinn oirnn gus an sgeama gus obair-chùisean a thoirt do dh'oifigearan ùrachadh agus a leudachadh, a' socrachadh shlatan-tomhais nuair a dh'fheumar cùisean a chur air adhart gu Coimiseanairean;
- Chuir sinn Pannal ùr Mheasadairean an dreuchd airson na buidhne;
- Dh'aontaich sinn an dòigh-dèiligidh a tha againn mu chonaltradh, a' gabhail a-steach nam meadhanan sòisealta, a mheudachadh;
- Cheadaich sinn sgaoileadh Clàr nan Croitean Air-loidhne, a thug cothrom dìreach don phoball air a' Chlàr a' chiad turas;
- Chuir sinn obair Choimisean na Croitearachd air adhart aig taisbeanaidhean air feadh nan siorrachdan-croitearachd agus aig Fèill an Eilein Dhuibh; agus thadhail sinn air caochladh choimhearsnachdan is bhuidhnean ri croitearachd;
- Chuir sinn a-steach freagairt choileanta air co-chomhairleachadh Riaghaltas na h-Alba mu Lagh na Croitearachd anns an àm ri teachd;
- Choinnich sinn ri Rùnaire a' Chaibineit airson na h-Eaconomaidh Dùthchail gus ceistean mu chroitearachd agus obair a' Choimisein a dheasbad, a ghabhas a-steach co-èigheachadh còmhnaidh agus cleachdadh an fhearainn.

Ann an 2017/18 chaidh dèanadas Buill a' Bhùird ath-bhreithneachadh leis a' Cheannard agus dèanadas a' Cheannard le Riaghaltas na h-Alba. Sa Mhàrt 2018, ghabh am Bòrd ath-bhreithneachadh air èifeachdalachd fhèin os làimh. Bha an t-ath-bhreithneachadh seo stèidhichte air an deagh-chleachdadh ann an *'On Board – A Guide for Board Members of Public Bodies in Scotland'* agus a chaidh a chur a-mach mar cheisteachan fèin-mheasaidh a lìon gach Ball den Bhòrd a-steach gu neo-eisimeileach.

Thèid toraidhean an ath-bhreithneachaidh seo air èifeachdalachd a mheasadh le Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais a' Choimisein na phlana-obrach airson 2018/19 gus fios fhaighinn a bheil raointean den riaghladh far a bheil feum air ath-bhreithneachadh no soilleireachadh.

Is e adhbhar fèin-mheasadh Buill a' Bhùird, a' Cheannard is a' Bhùird cuideachadh ris an leasachadh leantainneach air co-dhùnaidhean, èifeachdalachd is dèanadas a' Choimisein.

Tha am Bòrd a' gealltainn àrd-inbhean de riaghladh corporra agus e den bheachd gun cruthaich cruth daingeann riaghlaidh buidheann shoirbheachail. Tha an gealladh seo ga ghleidheadh le leasachadh is cur-air-bhog prògram mionaideach 5 bliadhna de thrèanadh is de thaic a nochd aig an aon àm ri Taghaidhean na Croitearachd anns a' Mhàrt 2017.

Gheibhear cumhaichean-iomraidh a' Bhùird air làrach-lìn a' Choimisein website **www.crofting.scotland.gov.uk**

Tha am Bòrd ga chuideachadh le Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais.

Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais

Tha trìuir Choimiseanairean air a' char as lugha gan cur an dreuchd leis a' Bhòrd air Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais. Bidh a' Chomataidh a' coinneachadh 4 tursan sa bhliadhna le coinneamhan a bharrachd ma bhios feum orra.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu Bhuill na Comataidh air duilleagan 40 gu 41.

Tha an fheumalachd fo Achd 2010 gun tèid an Neach-gairm sa chathair "ma thathar an làthair" aig na coinneamhan aice an aghaidh an stiùiridh mu dheagh-chleachdadh a thug Riaghaltas na h-Alba san Leabhar-

làimhe mu Ionmhas Poblach, san Leabhar-làimhe mu Chomataidhean Sgrùdaidh agus ann On Board.

Gus gèilleadh an dà chuid do dh'Achd 2010 agus don stiùireadh mu dheagh-chleachdadh, tha an Coimisean air lar-neach-gairm a chur an dreuchd air a' Chomataidh agus cha bhi an Ceannard a' frithealadh air coinneamhan na Comataidh mar as trice. Tha meur urrasairean Riaghaltas na h-Alba a' Choimisein air aonta ris an ullachadh seo a dhearbhadh.

Tha cuireadh ga thoirt do luchd-sgrùdaidh air an taobh a-muigh is an taobh a-staigh frithealadh air na coinneamhan uile aig Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais. Tha an cothrom aca bruidhinn ann an dìomhaireachd ri buill na Comataidh. Is e adhbhar Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais gàbhadh, smachd is riaghladh corporra a dhearcnachadh is ath-bhreithneachadh. Tha i ag obrachadh gu neo-eisimeileach agus a' toirt aithisgean dhan Bhòrd.

Mar phàirt de phlana-trèanaidh Choimisean na Croitearachd agus air adhbharan ath-leumachd na buidhne san àm ri teachd, chaidh cuireadh a thoirt do Choimiseanairean nach do chuireadh an dreuchd air a' Chomataidh frithealadh air coinneamhan ann an ceumannan ann an 2017/18 gus amharc air gnothach na Comataidh.

Tron bhliadhna, fhritheil Ball den Chomataidh air co-labhairt air "The Effective Audit and Risk Committee". Bha seo na cho-thionnsgnadh le Coimisean an Fhearainn, agus cumaidh Coimisean na Croitearachd air fhathast gus buannachdan a lorg bho thrèanadh co-obrachail le buidhnean eile aig an riaghaltas.

Ann an 2017/18 rinn Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais fèin-mheasadh a rèir na tha ann an Leabhar-làimhe Riaghaltas na h-Alba mu Chomataidhean Sgrùdaidh. Leig toraidhean an fhèin-mheasaidh seo fhaicinn gun do chumadh ri prionnsabalan mu dheagh-chleachdadh anns gach raon de dh'obair na Comataidh.

Air an aon rèir ri buidhnean poblach eile, tha Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais bho 19 Giblean 2017 air gnìomhan Comataidh Dearbhadh Càileachd Ghearanan a' Choimisein a chur an sàs.

Gheibhear cumhaichean-iomraidh Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais bho làrach-lìn Choimisean na Croitearachd **www.crofting.scotland.gov.uk**

Neach-gairm Choimisean na Croitearachd

Tha an Neach-gairm cunntachail do Mhinistearan na h-Alba às leth Choimisean na Croitearachd gus dearbhadh gun cuidich poileasaidhean is gnìomhan Choimisean na Croitearachd gus gnìomhan reachdail agus na poilisidhean aig Ministearan na h-Alba san fharsaingeachd a libhrigeadh; agus gun tèid gnothach Choimisean na Croitearachd a ghiùlan mar as còir. Tha uallach airson nan cùisean corporra airson a' Bhùird air a bheil iomradh gu h-àrd air an Neach-ghairm agus air na Buill eile den Bhòrd agus gu sònraichte gus dearbhadh gun coilean Coimisean na Croitearachd na h-amasan is na cinn-chrìche a shocraich Ministearan na h-Alba.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mun Neach-ghairm air duilleagan 40 gu 41.

Luchd-stiùiridh

- Uilleam Barron (Ceannard is Oifigear Cunntachail)
- Donna Nic a' Ghobhainn (Iar-cheannard is Ceannard Obrachaidhean)
- Dàibhidh MacFhionnlaigh (Neach-lagha a' Choimisein)
- Sìne NicThòmais (Ceannard Sheirbheisean Corporra is Luchd-cleachdaidh)
- Iain Toal (Ceannard Poileasaidh)
- Eòsaph MacIlleChiar (Ceannard Taic-riaghlaidh)

Bidh an Luchd-stiùiridh a' coinneachadh gu cunbhalach agus tha uallach orra na gnìomhan reachdail agus na h-amasan ro-innleachdail aig Coimisean na Croitearachd a libhrigeadh. Tha an Luchd-stiùiridh air a dhèanamh suas leis a' Cheannard agus ceann gach raon-obrachaidh. Tha an Luchd-stiùiridh a' gealltainn àrd-inbhean de riaghladh corporra agus bidh iad a' feuchainn ris an ceannas, an stiùireadh ro-innleachdail agus an smachd a tha a dhìth gus amasan bunaiteach Choimisean na Croitearachd a libhrigeadh a thoirt seachad.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mun Luchd-stiùiridh air duilleag 41.

Frèam Ghàbhaidhean is Smachd

Feumaidh a h-uile buidheann fo fheumalachdan an Fhrèama ro-innleachd rianachd ghàbhaidhean obrachadh a rèir an stiùiridh bhuntainnich a thug Ministearan na h-Alba seachad.

Tha an innleachd ghàbhaidhean is smachd stèidhichte air a' mhodh-obrach leantainneach aig a bheil e mar amas na prìomh ghàbhaidhean mu

choileanadh poileasaidhean, amasan is cinn-chrìche Choimisean na Croitearachd a shònrachadh; measadh a dhèanamh air gnè is ìre nan gàbhaidhean sin agus rianachd a dhèanamh orra gu h-èifeachdach, gu h-èifeachdail agus gu seaghach.

Tha clàr ghàbhaidhean corporra aig Coimisean na Croitearachd a chlàraicheas gàbhaidhean air an taobh a-staigh is an taobh a-muigh agus a shònraicheas na gnìomhan maothachaidh a tha a dhìth gus an cunnart gun tachair na gàbhaidhean sin agus a' bhuidhean a bheir iad a lùghdachadh. Tha an Ro-innleachd mu Rianachd Ghàbhaidhean agus Clàr nan Gàbhaidhean Corporra gan ùrachadh gu cunbhalach agus gan ath-bhreithneachadh mar ghnàth-mhìr an dà chuid leis an Luchd-stiùiridh agus le Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais. Tha a h-uile gàbhadh fa leth ga thoirt do neach fa leth a nì cinnteach gun gabhar gnìomh maothachaidh. Tha clàr nan gàbhaidhean na ghnàth-mhìr aig coinneamhan a' Bhùird a thig an dèidh coinneimh le Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais.

Tha an dòigh-dèiligidh rianail againn mu rianachd ghàbhaidhean air a cruthachadh gus dearbhadh gu bheil na cothroman is na bagairtean a thig air Coimisean na Croitearachd gan sònrachadh mar as iomchaidh, gam measadh agus gan rianachd gu h-èifeachdail; agus tha am fiosrachadh bunaiteach gu lèir ga chur an cèill do luchd-stiùiridh, do Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais agus dhan Bhòrd. Ann an 2017/18, tha Buill den Bhòrd agus an Luchd-stiùiridh air frithealadh air buidhnean-obrach tràanaidh air an stiùireadh gu dreuchdail mu ghàbhaidhean mar a' chiad cheum gus Ro-innleachd is Poileasaidh Choimisean na Croitearachd mu Rianachd Ghàbhaidhean ùrachadh.

Tha farsaingeachd ghàbhaidhean is mì-chinnt a' bualadh air Coimisean na Croitearachd. Gheibhear na gàbhaidhean as cudromaiche a thathar a' meas buntainneach do dhèanadas a' Choimisein tron bhliadhna gu 31 Màrt 2018 ann an duilleagan 12 gu 13.

Bidh Coimisean na Croitearachd a' leantainn poileasaidh Riaghaltas na h-Alba mu Thèarainteachd Fiosrachaidh agus tha Neach-fiosrachaidh Ghàbhaidhean Àrd-ìre ann an dreuchd aige gus fios mu ghàbhaidhean a rianachd.

Tha na modhan mu ghàbhadh is smachd a chuirear an sàs ann an Coimisean na Croitearachd a rèir an stiùiridh san Fhrèam agus tha iad air a bhith an sàs don bhliadhna a thàinig gu crìch 31 Màrt 2018 agus suas ri àm ceadachadh na h-aithisge is nan cunntasan bliadhna.

Ath-bhreithneachadh air Èifeachdalachd air Smachd air an Taobh A-staigh agus Rianachd air Gàbhadh

Mar Oifigear Cunntachail, tha uallach orm ath-bhreithneachadh air èifeachdalachd air siostam an riaghlaidh air an taobh a-staigh agus ullachaidhean mu rianachd air gàbhadh. Tha an t-ath-bhreithneachadh agam air a bhonntachadh air:

- 1) Litrichean-dearbhadh le liosta de na rudan air an smachd air an taobh a-staigh, air aontachadh le gach ceannard de na rointean-obrachaidh gu bheil a' soirbheachadh leis an smachd agus an fheumar rointean far a bheil teagamh ainmeachadh;
- 2) Obair an luchd-sgrùdaidh air an taobh a-staigh, a bhios a' cur aithisgean cunbhalach a-steach gu Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais Choimisean na Croitearachd (tha seo a' gabhail a-steach nam beachdan gun chlaonadh aca air ìre is èifeachdalachd siostaman a' Choimisein a thaobh smachd air an taobh a-staigh le molaidhean gus feabhas a thoirt);
- 3) Beachdan a nochd luchd-sgrùdaidh air an taobh a-muigh ann an aithisgean nan sgrùdaidhean aca;
- 4) An aithisg bhliadhnail a bheir Iar-chathraiche Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais don Bhòrd, le fios mionaideach air obair na comataidh sin rè na bliadhna;
- 5) Ath-bhreithneachadh gach ràithe le Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais air clàr nan gàbhaidhean aig a' bhuidhinn agus obair an sgrùdaidh air an taobh a-staigh gus èifeachdalachd ullachaidhean rianachd air gàbhadh a mheas; agus
- 6) Litrichean-dearbhadh bho Dhualchas Nàdair na h-Alba agus Riaghaltas na h-Alba a bheir co-mhaoineachadh agus seirbheisean thuarastal/luchd-obrach mu seach do Choimisean na Croitearachd.

Tron bhliadhna agus suas gu ruige soidhnigeadh nan cunntasan, chaidh na h-ullachaidhean a leanas mu riaghladh a chur an sàs:

- Leudachadh air liosta nan gnìomhan ann am prògram nan co-dhùnaidhean tiomnaichte do gnìomhan riaghlachail sònraichte. Thàinig mar thoradh air seo gu bheil a' chuid as motha de na gnìomhan riaghlachail gan tiomnadh gu oifigearan, a' leigeil leis a' Bhòrd gluasad air falbh bho na cùisean riaghlachail àbhaisteach agus cuideam a chur air cùisean ro-innleachd is ceannais;
- Ath-bhreithneachadh bunaiteach air Plana

Leantainneachd Ghnìomhachais ris an deach aonta a chur an toiseach ann an 2013, agus a chaidh ùrachadh gu mòr bhon uair sin an dèidh atharrachaidhean o chionn ghoirid an taobh a-staigh na buidhne;

- San t-Samhain 2017, sgaoil Riaghaltas na h-Alba Plana-gnìomha mu Thèarainteachd air an Lìon aig an robh e mar amas feabhas a thoirt air comasan nam Buidhnean ri Seirbheisean Poblach a thaobh tèarainteachd air an Lìon. Tha Coimisean na Croitearachd air ro-mheasadh a dhèanamh gus suidheachadh na buidhne a thaobh tèarainteachd air an Lìon obrachadh a-mach mus fhaighear Uidheamachadh Lìn;
- Plana-gnìomha a chur ri chèile agus stiùireadh leis a' Choimisean a chruthachadh is ùrachadh gus a dhèanamh cinnteach gu bheil a' bhuidheann a' gèilladh don Riaghailt Choitcheann mu Dhìon Dàta;
- Poileasaidh sònraichte mu Sgaoileadh-rùin airson nan Coimiseanairean;
- A rèir nam feumalachdan mun Luach as Fheàrr aig Riaghaltas na h-Alba, sgrìobh agus dh'aontaich an Coimisean an Aithris mu Sheasmhachd aige;
- Chaidh Plana Choimisean na Croitearachd mu Cho-ionannachd is Eugsamhlachd fhoillseachadh agus chaidh am Plana Gàidhlig ath-bhreithneachadh.

Nì Coimisean na Croitearachd ath-bhreithneachadh air siostam an riaghlaidh air an taobh a-staigh gus a dhearbhadh gun toir seo dearbhadh reusanta fhathast mu na h-uallaichean a tha air fo Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010.

Modhan Strì eadar Com-pàirtean

Tha modhan daingeann is coileanta gan obrachadh le Coimisean na Croitearachd gus dèiligeadh ri strì eadar com-pàirtean a dh'fhaodadh èirigh. Tha clàr chom-pàirtean, a' còmhdach nan Coimiseanairean, ga ghleidheadh is ga ùrachadh gach bliadhna. Tha seo ri fhaotainn ri sgrùdadh le neach sam bith a tha ag iarraidh, agus tha e air fhoillseachadh air làrach-lìn Choimisean na Croitearachd.

Bidh Coimiseanairean a' clàradh strì sam bith eadar com-pàirtean a dh'fhaodadh èirigh aig toiseach gach coinneimh leis a' Choimisean agus gan toirt fhèin às an làthair bho cho-dhùnaidhean anns a bheil ùidh aca. Tha na h-aithrisean seo gan clàradh ann an geàrr-chunntas na coinneimh.

Sgrùdadh air an Taobh A-muigh

Chuir Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba Deloitte LLP an dreuchd mar luchd-sgrùdaidh air an taobh a-muigh don Choimisean fad còig bliadhna bho 1 Giblean 2016.

Sgrùdadh air an Taobh A-staigh

Tha gnìomh an sgrùdaidh air an taobh a-staigh na phàirt deatamach de shiostam an riaghlaidh air an taobh a-staigh. Chaidh seirbheis an sgrùdaidh air an taobh a-staigh aig Coimisean na Croitearachd airson na bliadhna ionmhasail a thoirt seachad le Scott-Moncrieff, a ghabh os làimh obair stèidhichte air sgrùdadh air a' ghàbhadh a thàinig air Coimisean na Croitearachd. Thathar air aithisgean a chur ri chèile a chòmhdach Siostaman-ionmhais Choimisean na Croitearachd, Feum nan Siostaman Ùra, Obrachadh ann an Com-pàirteachas Ro-innleachdail agus Ceanglaichean Luchd-ùidhe.

Tha toraidhean an sgrùdaidh air an taobh a-staigh gan toirt seachad anns na h-aithisgean fa leth a thathar a' cur a-mach tron bhliadhna don Luchd-stiùiridh agus do Chomataidh Sgrùdaidh is Ionmhais. Nam broinn seo tha beachd air ìre is èifeachdalachd siostam an riaghlaidh air an taobh a-staigh, agus molaidhean sam bith gus feabhas a dhèanamh.

Thathar air molaidhean san sgrùdadh air an taobh a-staigh a chur ann an aithisg air adhartas a tha mar dhearcnachadh le Comataidh Sgrùdaidh is Ionmhais mar ghnàth-mhìr aig a cuid choinneamhan ràitheil.

Gach bliadhna bidh an fheadhainn a nì an Luchd-sgrùdaidh air an Taobh A-staigh a' toirt seachad aithisg bhliadhnail anns a bheil beachd air siostam an riaghlaidh air an taobh a-staigh. Is e am beachd a tha ann airson na bliadhna 2017/18 "nar beachd tha frèam smachd an sàs aig Coimisean na Croitearachd a bheir dearbhachd reusanta mu fhrèam-riaghlaidh na buidhne, coileanadh èifeachdach is èifeachdail de na h-amasan agus rianachd air gàbhaidhean mòra, a rèir nan leasachaidhean a shònraicheadh anns an ath-bhreithneachadh air Siostam Fiosrachaidh nan Croitean".

Ùrachadh air Ath-bhreithneachadh air Riaghladh 2016/17

Anns a' Ghearran 2017, chaidh aithisg air toraidhean an ath-bhreithneachaidh air ullachaidhean mu riaghladh fhoillseachadh, rud a dh'iarr Riaghaltas na h-Alba. Chuir an aithisg cuideam air caochladh

mholaidhean mu riaghladh. Chuir an Coimisean plana-gnìomha an altaibh a chèile an uair sin gus feabhas a thoirt, a tha ri fhaotainn air làrach-lìn Choimisean na Croitearachd www.crofting.scotland.gov.uk/the-act-and-policy Tha e na thoileachas dhomh a ràdh gu bheil na rudan gu lèir a shònraicheadh coileanta, gan làimhseachadh air neo stèidhichte mar-thà ann an cleachdaidhean is modhan a' Choimisein bho là gu là.

Ceistean Brìgheil mu Riaghladh

Cha deach ceist bhrìgheil sam bith mu riaghladh a chlàradh ann an 2017/18.

Ceistean mu Riaghladh anns an Ùine air Thoiseach

Buinidh na dùbhlanan mòra mu riaghladh anns an ùine air thoiseach ri lìbhrigeadh nan toraidhean ann an suidheachadh car teann a thaobh ionmhais agus ri:

- Dèanamh cinnteach gum bi Coimisean na Croitearachd, mar bhuidheann aig a bheil smachd air dàta, a' gèillleadh don Riaghaltas Choitcheann mu Dhion Dàta;
- Cumail oirnn a' leasachadh Siostam Fiosrachaidh nan Croitean gus feabhas a thoirt air èifeachdalachd làimhseachadh chùisean riaghlachail;
- Dèanamh cinnteach gun cuir sgeama an tiomnaidh air chomas do luchd-obrach Choimisean na Croitearachd obrachadh ann an dòigh a tha èifeachdach is èifeachdail;
- Leasachadh leantainneach fiosrachadh mu rianachd air dèanadas;
- Rianachd air caochladh chùisean a chuireadh nan aghaidh ann an Cùirt an Fhearainn, àireamh nach beag de dhùbhlanan air ciad chlàradh croite no cùl-cinn nam measg;
- Obrachadh gu h-èifeachdach leis na com-pàirtichean againn ann an Roinn nam Pàighidhean is nan Sgrùdaidhean Dùthchail aig Riaghaltas na h-Alba agus aig Clàran na h-Alba;
- Cleachdadh cumhachdan a' Choimisein a chuideachadh ri dèanamh cinnteach gu bheil croitean ann an seilbh agus gan cur gu feum torach.

Tèarainteachd Dàta Pearsanta

Cha robh suidheachaidhean aithnichte sam bith de bhriseadh air dàta pearsanta ann an 2017/18 (2016/17: Neoni)

Aithisg air Tuarastal is luchd-obrach

Gun Sgrùdadh

Poileasaidh mu Thuarastal

Buill a' Bhùird

Tha Bòrd Choimisean nan Croitearan air a dhèanamh suas le suas ri naoinear Choimiseanairean. Tha pàigheadh nan Coimiseanairean ga cheadachadh le Ministearan na h-Alba a rèir Poileasaidh Pàighidh san Roinn Phoblaich do Dhreuchdan Àrd-ìre (faic www.scotland.gov.uk/publications airson barrachd fiosrachaidh). Chan eil peinnsean an lùib dreuchdan Buill a' Bhùird an-dràsta. Tha dreuchdan Buill a' Bhùird air an Taghadh ann an-dràsta fad 5 bliadhna a' tòiseachadh 17 Màrt 2017. Tha na Buill den Bhòrd a chuireadh an dreuchd le Rùnaire a' Chaibineit airson na h-Eaconomaidh Dùthchail ann fad 3 bliadhna, agus faodar cinn-là nan dreuchdan fhaicinn ann an Aithisg an Luchd-sgrùdaidh air duilleag 40.

Luchd-obrach

Tha an luchd-obrach seasmhach is air cùmhnant stèidhichte air fad nam fastaichean aig Riaghaltas na h-Alba agus tha iad an sàs sa phrìomh aonad cho-bharganachaidh aig Riaghaltas na h-Alba agus tuarastal a shocrachadh. Tha pàigheadh ga shocrachadh le Riaghaltas na h-Alba agus, ann a bhith a' socrachadh poileasaidh, tha am feum gun tèid pàigheadh a stèidheachadh aig ìre a dhearbhas

fastadh, gleidheadh is brosnachadh an luchd-obrach ga chur anns an àireamh. Cuideachd ga chur san àireamh tha poileasaidhean an Riaghaltais air pàigheadh anns an t-Seirbheis Chatharra agus anns an roinn phoblaich agus am feum air smachd a chumail air caiteachas poblach.

Cùmhnantan sheirbheisean

Fo Achd Leasachadh is Riaghladh Bun-reachdail 2010 feumar dreuchdan san t-Seirbheis Chatharra a thoirt a rèir airidheachd ann am farpais a tha fosgailte agus a rèir Cothrom na Fèinne. Tha na prionnsabalan mu fhadhadh a dh'fhoillsich Coimisean na Seirbheise Catharra a' sònrachadh nan suidheachaidhean nuair a dh'fhaodar dreuchdan a thoirt air mhodh eile.

Tha a' chuid as motha de na h-oifigearan air a bheilear a-mach anns an aithisg seo ann an dreuchdan le ceann fosgailte. Thigeadh mar thoradh air crìochnachadh ron mhithich, seach airson droch-ghiùlain, gum faigheadh an neach dìoladh a rèir mar a shònraichear ann an Sgeama Dìolaidh na Seirbheise Catharra.

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu obair Choimisean na Seirbheise Catharra aig www.civilservicecommission.org.uk.

Air a Sgrùdadh

Ìocadh a' Bhùird

Bha na Coimiseanairean rin ìocadh mar a leanas:

	2017/18 £	2016/17 £
Coimiseanairean a bha ann an dreuchd ann an 2017/18		
Ruairidh MacCoinnich (Neach-gairm bho 20 Ògmhios 2017) Cailean Ceannadach* (Neach-gairm gu 17 Màrt 2017) (Co-ionann ri bliadhna shlàn)	18,643 – (20,763)	726 22,275 (20,575)
Cyril Annal	8,789	726
Dàibhidh Caimbeul*	8,789	10,410
Anndra Holt	8,789	726
Iain MacÌomhair	8,789	726
Màiri NicCoinnich	8,789	726
Calum MacMhathain	8,789	2,268
Uilleam MacNèill	8,789	726
Seumas Scott	8,789	1,452
Murchadh MacIllinnein*	–	10,410
Iain Seòras Dòmhnallach*	–	10,410
Caitlin Nic na Ceàrdaich*	–	10,410
Marina Dennis*	–	10,410
Arnie Pirie*	–	9,685
Uilleam Swann	–	1,795
(Co-ionann ri bliadhna shlàn)	(8,789)	(8,710)

* Tha ìocadh ann an 2016/17 nas motha na sùim cho-ionann na bliadhna air fad seach gun deach tuarastal dhreuchdan gun lìonadh a roinneadh eadar Coimiseanairean airson barrachd dhleastanasan a ghabhail os làimh.

Chan eil peinnsean an lùib dreuchdan nan Coimiseanairean. Chaidh sochairean stuthail £36 buailteach do chisean a phàigheadh ri aon Choimiseanaire ann an 2017/18 (£neoni 2016/17).

Ìocadh oifigearan aig àrd-ìre

San earrann a leanas tha fiosrachadh air ìocadh is com-pàirtean pheinnseanan àrd-oifigearan Choimisean na Croitearachd:

	Tuarastal		Sochairean peinnsein (faic nota 1 gu h-ìseal)		Iomlan	
	2017/18	2016/17	2017/18	2016/17	2017/18	2016/17
	£000	£000	£000	£000	£000	£000
Ceannard						
Uilleam Barron	65-70	30-35	3	3	70-75	30-35
Co-ionann ri bliadhna shlàn	65-70	65-70	–	–	65-70	65-70
Sgioba-stiùiridh						
Dàibhidh MacFhionnlaigh	60-65	55-60	24	23	85-90	80-85
Donna Nic a' Ghobhainn	45-50	50-55	0	0	45-50	50-55
Sine NicThòmais	40-45	40-45	8	10	50-55	50-55
Eòsaph MacIlleChiar	40-45	40-45	11	29	50-55	70-75
Iain Toal	40-45	40-45	6	15	45-50	55-60

Tuarastal

Tha tuarastal a' gabhail a-steach tuarastal iomlan, seach-thìim agus cuibhreann sam bith eile chun na h-ìre a tha buailteach do chis anns an Rìoghachd Aonaichte. Tha an aithisg seo air a bonntachadh air pàighidhean a rinneadh sa bhliadhna le Coimisean na Croitearachd.

Sochairean stuthail

Cha robh sochairean stuthail sam bith ann an 2017/18 (2016/17: Neoni).

Bònasan

Cha robh bònasan sam bith ann an 2017/18 (2016/17: Neoni).

Nota 1: *tha luach nan sochairean-peinnsein air an tàrmachadh tron bhliadhna ga mhìneachadh mar (am meudachadh fìor air a' pheinnsean air iomadachadh 20 uair) agus (am meudachadh fìor air sùim sam bith na cnap) agus (na cuibhreannan a rinn neach) air an toirt air falbh. Chan eil am meudachadh fìor a' gabhail a-steach mheudachaidhean ri linn atmhorachd no meudachadh no lùghdachadh sam bith ri linn toirt thairis chòraichean air peinnsean.*

Dìoladh airson dreuchd a chall

B' e an luach seo £neoni airson 2017/18 (£neoni 2016/17)

Nochdadh mu Phàigheadh Cothromach

Tha e mar amas aig Coimisean na Croitearachd a bhith mar aonan de na h-àiteachan-obrach as fheàrr ann an Alba agus tha teisteanas aige Mar Fhastaidhear a rèir an Tuarastail Bheò.



Tha an luchd-obrach seasmhach is air cùmhnant stèidhichte air fad aig Coimisean nan Croitearachd nam fastaichean uime sin aig Riaghaltas na h-Alba agus tha iad an sàs ann am prìomh aonad co-bharganachadh Riaghaltas na h-Alba gus tuarastal a shocrachadh. Tha Tuarastal Beò na h-Alba mar thuarastal iomlan co-ionann ri £16,258, agus b' e an tuarastal a b' ìsle ann an Riaghaltas na h-Alba aig 31 Màrt 2018 £17,642. Tha luchd-obrach air cùmhnant-obrach sealach gam pàigheadh aig an aon ìre de thuarastal iomlan co-ionann ri seirbheisich chatharra a ghabhas car na h-aon dleastanasan os làimh.

Nuair a tha cùmhnant le Coimisean Croitearachd ri ùrachadh no ri chur gu tairgse, thèid com-pàirtichean a bhrosnachadh gu gnìomhach beachd a ghabhail air an Tuarastal Beò a thoirt gu buil mura bheil iad air sin a dhèanamh mar-thà. Gheibh thu barrachd mun Tuarastal Bheò an seo <https://www.livingwage.org.uk>

Pàigheadh mar iomadan

Tha aig buidhnean a bheir aithisgean ris an càirdeas eadar am pàigheadh ann am bannan aig an neach-obrach as àirde pàigheadh sa bhuidhinn aca agus am pàigheadh meadhanail do luchd-obrach na buidhne a nochdadh.

	2017/18	2016/17
Tuarastal ann am bannan an neach-obrach as àirde pàigheadh	£65-£70k	£65k-£70k
Pàigheadh meadhanail an luchd-obrach	£25,682	£24,833
Co-mheas mar mheadhan	2.6	2.7

Ann an 2017/18 Neoni (2016/17 Neoni) fhuair fastaichean pàigheadh a chòrr air a' Cheannard. Bha pàigheadh bho £18,352 gu £62,074 (2016/17 £17,242 gu £58,694).

Sochairean Pheinnseanan

	Peinnsean air a thàrmachadh aig aois a' pheinnsein aig 31/03/18 agus an t-sùm na cnap na lùib		Meudachadh fìor air peinnsean is an t-sùm na cnap na lùib aig aois a' pheinnsein		CETV aig 31/03/18	CETV aig 31/03/17	Meudachadh fìor air CETV air a mhaoineachadh leis an fhaistidhear
	£000		£000		£000	£000	£000
	Peinnsean	Sùm na Cnap	Peinnsean	Sùm na Cnap			
Ceannard							
Uilleam Barron	30-35	90-95	0-2.5	0-2.5	675	631	3
Luchd-obrach eile aig àrd-ìre							
Dàibhidh MacFhionnlaigh	0-5	0	0-2.5	0	39	25	8
Sìne NicThòmais	10-15	0	0-2.5	0	213	199	8
Iain Toal	10-15	30-35	0-2.5	0-2.5	245	224	6
Eòsaph MacIlleChiar	10-15	40-45	0-2.5	0-2.5	328	299	10
Donna Nic a' Ghobhainn	Peinnsean com-pàirteachais. Cuibhreann an fhaistidheir airson na bliadhna 5-10						

Gun Sgrùdadh

Peinnseanan na Seirbheise Catharra

Tha sochairean pheinnseanan gan toirt seachad tro ullachaidhean pheinnseanan na Seirbheise Catharra. Bho 1 Giblean, chaidh sgeama ùr pheinnseanan do sheirbheisich chatharra a thoirt a-steach – Sgeama Phinnseanan Sheirbheiseach Catharra is Eile no *alpha*, a tha a' toirt shochairean air bunait chuibheasach ann an dreuchd le aois àbhaisteach a' pheinnsein co-ionann ri Aois Peinnsean na Stàite (no 65 ma tha i nas àirde). Bhon cheann-là sin chaidh na seirbheisich chatharra uile air an cur an dreuchd o chionn ghoirid agus a' chuid as motha den fheadhainn ann an seirbheis mar-thà a-steach ann an *alpha*. Ron cheann-là sin, ghabh seirbheisich chatharra pàirt ann am Prìomh Sgeama Pheinnseanan na Seirbheise Catharra (PCSPS). Tha 4 earrannan ann am PCSPS: 3 a' toirt shochairean a rèir an tuarastail mu dheireadh (*clasaigeach, tàilleabh* is *clasaigeach a bharrachd*) le aois a' pheinnsein aig 60 mar as trice; agus aonan a' toirt shochairean stèidhichte air an dreuchd iomlan (*nuvos*) le aois a' pheinnsein aig 60 mar as trice.

Tha na h-ullachaidhean reachdail seo gun mhaoineachadh le cosgais nan sochairean ga pàigheadh à airgead air a shocrachadh leis a' Phàrlamaid gach bliadhna. Tha peinnseanan rim pàigheadh fo *chlasaigeach, thàilleabh, chlasaigeach a bharrachd, nuvos* agus *alpha* gam meudachadh gach bliadhna a rèir reachdais mu Mheudachadh Pheinnseanan. Dh'fhuirich buill PCSPS a tha an taobh a-staigh 10 bliadhna bho aois àbhaisteach a' pheinnsein aca air 1 Giblean 2012 ann am PCSPS an dèidh 1 Giblean 2015. Thèid an fheadhainn a bha eadar 10 bliadhna agus 13 bliadhna is 5 mìosan bho aois àbhaisteach a' pheinnsein aca air 1 Giblean 2012 a-steach ann an *alpha* uaireigin eadar 1 Ògmhios 2015 agus 1 Gearran 2022. Thèid sochairean PCSSPS nam ball uile a thèid ann an *alpha* a "bhancadh", leis na sochairean roimhe sin ann an aon de na h-earrannan tuarastail mu dheireadh ann am leis na sochairean stèidhichte air an tuarastal mu dheireadh aca nuair a dh'fhàgas iad. (Tha figearan pheinnseanan oifigearan air a bheil iomradh a' nochdadh a' pheinnsein a fhuairleadh san sgeama no ann an *alpha* – a rèir mar a tha iomchaidh. (Nuair a tha sochairean aig oifigear an

dà chuid san sgeama agus ann an *alpha* is e am figear air a bheil iomradh luach nan sochairean san dà sgeama còmhla.) Faodaidh buill a thig a-steach bhon Dàmhair 2002 an dara cuid an t-sochair chomharraichte iomchaidh no peinnsean com-pàirtiche mar 'cheannach airgid' a thaghadh le cuibhreann bhon fhastaidhear (cunntas-peinnsein *com-pàirtiche*).

Tha cuibhreannan an fhastaidheir ceangailte ri tuarastal agus iad eadar 4.6% is 8.05% do bhuill *clasaigeach, tàilleabh, clasaigeach a bharrachd, nuvos* agus *alpha*. Tha sochairean ann an clasaigeach a' tàrmachadh aig ìre 1/80mh den chosnadh mu dheireadh buailteach do pheinnsean airson gach bliadhna de sheirbheis. Cuideachd, tha sùim na cnap a tha co-ionann ri trì bliadhna den pheinnsean aig an toiseach ri pàigheadh nuair a leigeas iad dreuchdan dhiubh. Airson *tàilleabh*, tha sochairean a' tàrmachadh aig ìre 1/60mh den chosnadh mu dheireadh buailteach do pheinnsean airson gach bliadhna de sheirbheis. Seach clasaigeach, chan eil sùim na cnap fhèin-obrachail, tha *clasaigeach a bharrachd* an ìre mhath na cothlamadh le sochairean airson seirbheis ro 1 Dàmhair 2002 air an obrachadh a-mach mar a tha ann an *tàilleabh*. Ann an nuvos bidh ball a' cur ri peinnsean stèidhichte air a chosnadh buailteach do pheinnsean fhad is a tha e na bhall den sgeama. Aig deireadh bliadhna an sgeama (31 Màrt) tha cunntas a' pheinnsein aig a bhall a' 2.3% mar chreideas den chosnadh a tha buailteach do pheinnsean agus tha am peinnsean air a thàrmachadh ga àrdachadh a rèir an reachdais mu Mheudachadh Pheinnseanan. Tha sochairean ann an *alpha* a' dol am meud ann an car an aon dòigh ri *nuvos*, ach gu bheil ìre an tàrmachaidh aig 2.32%. Anns a h-uile suidheachadh faodaidh buill cur romhpa am peinnsean a thoirt suas agus sùim na cnap fhaotainn a rèir nan crìochan a shocraicheadh ann an Achd an Ionmhais 2004.

Tha cunntas-peinnsein *com-pàirtiche* na ullachadh pheinnseanan luchd-ùidhe. Cuiridh am fastaidhear cuibhreann bunaiteach 8% is 14.75% (a rèir aois a' bhuill) ann am bathar-peinnsein luchd-ùidhe a thaghas am fastaiche bho phannal luchd-solair. Cha

leig am fastaiche leas cur ris ach nuair a chuireas e cuibhreannan a-steach, bheir am fastaidhear an aon sùim seachad gu ìre 3% den tuarastal buailteach do pheinnsean (a bharrachd air (a bharrachd air cuibhreann bunaitheach an fhastaidheir). Tha fastaidhear cuideachd a' cur 0.5% a bharrachd den tuarastal a tha buailteach do pheinnsean a-steach gus cosgais shochair-ean-gàbhaidh air a thoirt seachad bhon mheadhan (bàs ann an dreuchd no cluaineas ri linn droch-shlàinte) a chòmhdach.

Is e am peinnsean air a thàrmachadh air iomradh am peinnsean air a bheil am ball airidh fhaotainn nuair a ruigeas e aois a' pheinnsein, no gu dìreach an dèidh dha gun a bhith na bhall gnìomhach den sgeama ma tha e os cionn aois a' pheinnsein mar-thà. Is e 60 aois a' pheinnsean do bhuill *clasaigeach*, *tàilleabh agus clasaigeach a bharrachd*, 65 do bhuill nuvos, agus ge b' e dè as àirde eadar 65 is Aois Peinnsean na Stàite do bhuill *alpha*. (Tha figearan nam peinnseanan air an iomradh airson oifigearan a' nochdadh nam peinnseanan a fhuair ann am PCSPS no ann an alpha – a rèir mar a tha iomchaidh. Nuair a bhios sochair-ean aig oifigear an dà chuid anns an sgeama agus ann an alpha, is e am figear air iomradh luach nan sochair-ean san dà sgeama còmhla, ach thoir fa-near gur dòcha gum biodh cuid den pheinnsean sin ri phàigheadh aig aoisean eadar-dhealaichte.)

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu ullachaidhean peinnseanan na Seirbheise Catharra air an làrach-lìn www.civilservicepensionscheme.org.uk

Luachan Toir Thairis Co-ionann ri Airgead-ullamh

Is e a th' ann an Luach Toir Thairis Co-ionann ri Airgead-ullamh (CETV) luach mar chalpa air a mheas nan sochair-ean-peinnsein air an tàrmachadh le ball aig àm sònraichte. Is iad na sochair-ean a thathar a' luachadh sochair-ean a' bhuill air an

tàrmachadh agus peinnsean sam bith ceangailte ris airson cèile a tha ri phàigheadh bhon sgeama. Tha CETV na phàigheadh fo sgeama pheinnseanan no na ullachadh gus sochair-ean-peinnsein fhaighinn ann an sgeama pheinnseanan eile nuair a dh'fhàgas ball sgeama agus a chuireas e roimhe na sochair-ean air an tàrmachadh san sgeama roimhe a thoirt thairis. Buinidh figearan a' pheinnsean a thathar a' nochdadh ris na sochair-ean a thàrmaich an neach mar thoradh air ballrachd iomlan de sgeama nam peinnseanan, chan e dìreach an t-seirbheis a thug iad aig àrd-ìre ris a bheil an nochdadh a' buntainn.

Tha na figearan a' gabhail a-steach luach sochair-peinnsein sam bith ann an sgeama no ullachadh eile a thug am ball thairis do dh'ullachaidhean pheinnseanan na Seirbheise Catharra. Tha iad cuideachd a' gabhail a-steach sochair-peinnsean a bharrachd eile a thàrmaich do bhall mar thoradh air sochair-ean-peinnsean a bharrachd a cheannach len cuid airgid fhèin. Tha CETV an obrachadh a-mach a rèir Riaghailtean Sgeamaichean-peinnsein Obrachail (Leasachadh) 2008 agus chan eil iad a' cur san àireamh lùghdachadh a thachair no a dh'fhaodadh tachairt air sochair-ean mar thoradh air Cìs Cuibhreann Beatha a dh'fhaodadh a bhith ri pàigheadh nuair a thathar a' toirt nan sochair-ean-peinnsein.

Meudachadh Fìor air CETV

Tha seo a' nochdadh a' mheudachaidh air CETV a tha ga mhaoineachadh leis an fhastaidhear. Chan eil e a' gabhail a-steach a' mheudachaidh air peinnsean air a thàrmachadh mar thoradh air atmhorachd, cuibhreannan air am pàigheadh leis an fhastaidhear (luach shochair-ean sam bith air an toirt thairis bho sgeama no ullachadh sam bith eile a thaobh pheinnseanan anns an àireamh) agus tha e a' cleachdadh luach cumanta a' mhargaidh airson toiseach is deireadh na h-ùine.

Air an Sgrùdadh

Aithisg air Luchd-obrach

Cosgaisean is Àireamhan Luchd-obrach

	Luchd-obrach air am fastadh gu dìreach £000	Buill a' Bhùird £000	Eile £000	Iomlan 2017/18 £000	Iomlan 2016/17 £000
Tuarastal	1,325	89	–	1,414	1,434
Cosgaisean tèarainteachd sòisealta	127	3	–	130	131
Cosgaisean-pheinnseanan eile	262	–	12*	274	283
Luchd-obrach sealach	–	–	205	205	186
Iomlan	1,714	92	217	2,023	2,034

	2017/18 £000	2016/17 £000
* Peinnsean a phàigheadh ri Coimiseanairean a bha ann roimhe fo “cosgaisean-pheinnseanan eile”	12	12

Cha robh ullachaidhean sam bith far an rola-phàighidh airson luchd-obrach ann an 2017/18 (£neoni 2016/17).

Àireamh chuibheasach den luchd-obrach aig ìre làn-thìde air am fastadh

	2017/18		2016/17	
	Luchd-obrach air am fastadh gu dìreach	Eile	Luchd-obrach air am fastadh gu dìreach	Eile
Air am fastadh gu dìreach: Cùmhnant buan	46.92	–	42.94	–
Air am fastadh gu dìreach: Cùmhnant fad Ùine Stèidhichte	–	–	5.81	–
Cùmhnant sealach Luchd-obrach	–	7.0	–	5.5
Iomlan	46.92	7.0	48.75	5.5

Gun Sgrùdadh

Fios mu Ghnè

	Fireannaich 31 Màrt 2018	Boireannaich 31 Màrt 2018	Fireannaich 31 Màrt 2017	Boireannaich 31 Màrt 2017
Coimiseanairean	8	1	8	1
Ceannard	1	–	1	–
Fastaichean	17	42	18	37

Tha àireamh fhastaichean a' gabhail a-steach luchd-obrach pàirt-thìde

Tha na figearan gu h-àrd mar àireamhan iomlan an luchd-obrach aig 31 Màrt 2018 (a' gabhail a-steach bhuidhnean-gnìomha), chan e ìre làn-thìde

À Làthair ri linn Tinneis

Tha an Coimisean a' cumail rian air a bhith às an làthair ri linn tinneis tro ath-bhreithneachadh cunbhalach air dèanadas aig ìre a' Bhùird is an Luchd-stiùiridh. Tha an ìre às an làthair ri linn tinneis na chomharradh bunaiteach a thaobh dèanadais sna h-ath-bhreithneachaidhean a nì an Coimisean air dèanadas gach ràithe.

Is e adhbhar na h-obrach seo feuch a bheil cleachdaidhean-obrach nas fheàrr, barrachd is cumhachd is barrachd trèanaidh rim faicinn ann an ìrean tinneis nas fheàrr am measg an luchd-obrach mar thoradh air lùghdachadh air strì is iomagain san àite-obrach.

	2017/18 Coimisean na Croitearachd	2016/17 Coimisean na Croitearachd	2017/18 Coimeas ri Riaghaltas na h-Alba	2016/17 Coimeas ri Riaghaltas na h-Alba
Cuibheas làithean-obrach air an call a rèir neach-obrach	10.6	12.4	7.6	7.5
Às an làthair ùine gheàrr	4.8	5.3	4.0	3.9
Às an làthair ùine fhada (ùine nas fhaide na 21 là)	5.8	7.1	3.6	3.6

Tha na h-ìrean de thinneas an luchd-obrach againn air lùghdachadh le cuibheas de 1.8 là an urra ri linn lùghdachadh air an ìre às an làthair ùine gheàrr is ùine fhada.

Poileasaidhean mu Dhaoine air a bheil Ciorram

Mar Bhuidheann Phoblach Neo-roinneil aig Riaghaltas na h-Alba, tha Coimisean na Croitearachd a' cumail ris a' phoileasaidh bhuntainneach mu chiorram agus ris na feumalachdan ann an Achd Co-ionannachd 2010.

Fòcas air Fallaineachd Luchd-obrach: Trèanadh Luchd-obrach

Thathar air oifigear-taice ionnsachaidh ionadail thiomnaichte a chur an dreuchd a-mach às an luchd-obrach mar thaic ri leasachadh ionnsachaidh don luchd-obrach air fad. Tha seo air a bhith soirbheachail mar ghoireas oir tha feumalachdan is cothroman trèanaidh air a bhith air an rianachd anns an dòigh èifeachdach is rianail tron bhliadhna.

Buidheann Ceanglaichean Luchd-obrach

Is e adhbhar na buidhne seo ceistean mu eagrachadh a' bualadh air ceanglaichean luchd-obrach a dheasbad ia fhuasgladh, a' sònrachadh chùisean is fhuasglaidhean a dh'fhaodadh a bhith

ann às an tig àrainneachd dheimhinneach obrach airson a h-uile duine. Tha buill na buidhne nan saor-thoilich bho gach raon den Choimisean agus iad nan dealbh farsaing de dh'ìrean luchd-obrach agus de dh'ùine ann an seirbheis.

Aonan de na rudan a bu shònraichte sa bhliadhna do Bhuidheann Ceanglaichean Luchd-obrach, b' e an Là Fallaineachd Luchd-obrach soirbheachail o chionn ghoirid, ris an do ghabh an luchd-obrach gu math. Chaidh seiseanan-trèanaidh do bhuidhnean



a libhrigeadh le eòlaichean bhon taobh a-muigh is bhon taobh a-staigh le sùil fharsaing air Seirbheis Fastaidh Riaghaltas na h-Alba agus seisean mu Fhallaineachd Inntinne le NHS Alba.

Ceangal le Fastaichean

Tha Coimisean na Croitearachd a' cur fàilte air beachdan is conaltradh bhon luchd-obrach ann an caochladh dhòighean. Chaidh Suirbhidh Luchd-obrach leis a' Choimisean a lìonadh anns a' Ghiblean 2017 nuair a bha an cothrom aig an luchd-obrach na beachdan is na ceistean aca a nochdadh mar fhreagairt air ceistean farsaing. Ann a bhith a' toirt freagairt air an t-suirbhidh, tha an luchd-stiùiridh air a bhith a' beachdachadh às ùr air caochladh chuspairean, modhan-conaltraidh an taobh a-staigh a' Choimisein nam measg.

Gus aghaidh a chur air feadhainn de na ceistean mu chonaltradh a nochd luchd-obrach, tha an Coimisean air Sgioba Rianachd Obrachail a chruthachadh, a tha a' riochdachadh luchd-rianachd ris a bheil ruith a' Choimisein bho là gu là an urra. Is e an t-adhbhar a tha ris crìoch a chur air cion fosgailteachd le bhith a' roinneadh fios le sgiobaidhean eile. Tha an Sgioba na fhòram gus ceistean, duilgheadasan is fiosrachadh ùr a roinneadh. Chaidh a dhealbhadh gus fuasglaidhean a chruthachadh agus cuideachadh practaigeach a thairgse do luchd-obrach.

Chaidh suirbhidh eile den luchd-obrach a chur air bhog anns a' Ghiblean 2018 agus tha an Luchd-stiùiridh ag ath-bhreithneachadh an-dràsta air na freagairtean gus claonaidhean sam bith aithneachadh ri cuideachadh gus cur ri neartan a' Choimisein agus ceistean fuasgladh. Thèid Suirbhidh Luchd-obrach a' Choimisein a chur a-mach gach bliadhna don luchd-obrach a-nis.

Tha Coimisean na Croitearachd ag obair fhathast leis na n-aonaidhean-ciùird aithnichte agus tha an luchd-obrach air an riochdachadh gu math le riochdairean bho Aonadh nan Seirbheisean Poblach Malairteach (PCS) a tha stèidhichte am broinn a' Choimisein. A bharrachd air meur na Gàidhealtachd is nan Eilean, tha Comataidh Àrainn Thaigh Mòr a' Ghlinne air a dhèanamh suas de bhuill PCS aig a' Choimisean ag obair le Dualchas Nàdair na h-Alba, Visit Scotland agus Casaidiche a' Chrùin, a tha ceangailte ri Lìonra PCS na Gàidhealtachd is nan Eilean. Tha Luchd-stiùiridh a' Choimisein a' dèanamh cinnteach gun tèid ùine gu leòr a thoirt do riochdairean an aonaidh a tha ag obair aig a' Choimisean gus dleastanas an aonaidh aca a choileanadh.

Poileasaidhean mu Cho-ionannachd Chothroman is Eugsamhlachd

Tha Coimisean na Croitearachd a' gabhail ri poileasaidhean Riaghaltas na h-Alba mu cho-ionannachd chothroman is eugsamhlachd. Tha am poileasaidh mu cho-ionannachd chothroman ag ràdh gum bu chòir dèiligeadh ris an luchd-obrach air fad mar an ceudna, gun cheist air gnè, inbhe a thaobh pòsaidh no com-pàirteachais shìobhalta, aois, cinneadh, taghadh gnèitheil, ciorram, creideamh, pàtran-obrach, inbhe a thaobh cosnaidh, fèin-aithne a thaobh gnè, inbhe mar phàrant, dleastanas a thaobh cùraim no ballrachd aonaidh-chiùird. A rèir poileasaidh Riaghaltas na h-Alba, feumaidh Coimisean na Croitearachd cur ri eugsamhlachd an luchd-obrach anns a' bhuidhinn. Tha Coimisean na Croitearachd a' gabhail os làimh an luchd-obrach air fad a leasachadh agus tha e a' luachadh nan seallaidhean is sgilean eadar-dhealaichte a chuireas iad uile ris an obair againn. Tha Coimisean na Croitearachd a' gealltainn na gnìomhan aige a libhrigeadh air mhodh a bhrosnaicheas co-ionannachd chothroman agus tha e mar amas aige cur às do leth-bhreith mì-laghail is do ghiùlan eile a tha air a chasg fo reachdas co-ionannachd.

Nochdadh fo Chunntalachd Phàrlamaideach

Gun Sgrùdadh

Call agus pàighidhean sònraichte

Cha deach call no pàighidhean sònraichte sam bith a dhèanamh sa bhliadhna 2017/18 (2016/17: Neoni).

Tìodhlaicean agus Tabhartasan Carthannach

Cha deach tìodhlaicean no tabhartasan carthannach sam bith a dhèanamh sa bhliadhna 2017/18 (2016/17: Neoni).

Air a Sgrùdadh

Do-mhaoinean Tuiteamach Iomallach

Feumaidh Coimisean na Croitearachd aithisg a thoirt mu dho-mhaoin sam bith às an tigeadh sochair eaconamach mar rèiteach tuilleadh is eu-coltach gus mìneachadh air do-mhaoin thuiteamach fo IAS37 a thoirt a-mach. Chan eil do-mhaoinean tuiteamach iomallach sam bith ann an-dràsta.



Uilleam Barron

Ceannard is Oifigear Cunntachail
22 Lùnastal 2018

Aithisg an Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeilich

Aithisg an Neach-sgrùdaidh Neo-eisimeilich do bhuill Choimisean na Croitearachd, do dh'Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba agus do Phàrlamaid na h-Alba

Aithisg air sgrùdadh nan aithrisean ionmhasail

Beachd air aithrisean ionmhasail

Rinn sinn sgrùdadh air na h-aithrisean ionmhasail san aithisg bhliadhnail is sna cunntasan bliadhnail aig Coimisean na Croitearachd don bhliadhna a thàinig gu crìch 31 Màrt 2018 fo Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2007 is Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 is Achd Croitearachd (Atharrachadh) 2013. Tha na h-aithrisean ionmhasail air an dèanamh suas leis an Aithris air Caiteachas Lom lom-chuimseach, an Aithris mu Shuidheachadh Ionmhasail, Aithris nan Sruthan-airgid, an Aithris mu Atharrachadh air Cothromas Phàighearain-cise agus notaichean ris an aithris ionmhasail, le giorrachadh air poileasaidhean cudromach a thaobh cunntasachd. Is e am frèam mu aithisgean ionmhasail a chuireadh an gnìomh an lagh buntainneach agus na h-Inbhean Eadar-nàiseanta mu Aithisgean Ionmhasail

(IFRSs) mar a chaidh gabhail riutha leis an Aonadh Eòrpach, agus mar a chaidh am mìneachadh is an atharrachadh le Leabhar-làimhe an Riaghaltais mu Aithisgean Ionmhasail (FRReM 2017/18).

Nar beachd, tha na h-aithrisean ionmhasail an cois seo:

- nan dealbh fìor is ceart a rèir Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2007 is Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 is Achd Croitearachd (Atharrachadh) 2013 agus stiùiridhean a rinneadh fodhpa le Ministearan na h-Alba mu chor chùisean na buidhne aig 31 Màrt 2018 agus mun chaiteachas lom aice don bhliadhna a thàinig gu crìch an uair sin;
- air a bhith air an ullachadh mar as còir a rèir nan Inbhean mar a chaidh gabhail riutha agus am mìneachadh is an atharrachadh leis an Aonadh Eòrpach ann am Frèam 2017/18; agus

- air a bhith air an ullachadh a rèir nam feumalachdan ann an Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2007 is Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 is Achd Croitearachd (Atharrachadh) 2013 agus stiùiridhean a rinneadh fodhpa le Ministearan na h-Alba.

Bunait ri beachd

Rinn sinn an sgrùdadh againn a rèir an lagha a tha buntainneach agus nan Inbhean Eadar-nàiseanta mu Sgrùdadh (RA) (Inbhean) (RA). Tha na h-uallaichean a thàinig oirnn fo na h-inbhean sin gam mìneachadh barrachd anns an earrann mu uallaichean an luchd-sgrùdaidh airson sgrùdadh nan aithrisean ionmhasail anns an aithisg againn. Tha sinn neo-eisimeileach air a' bhuidhinn a thathar a' sgrùdadh a rèir nam feumalachdan beusach a bhuineas ris an sgrùdadh againn air na h-aithrisean ionmhasail san RA, a ghabhas a-steach Inbhe Bheusan na Comhairle mu Aithisgean Ionmhasail, agus choilean sinn na dleastanasan beusach eile a tha oirnn a rèir nam feumalachdan sin. Tha sinn den bheachd gu bheil fianais an sgrùdaidh a fhuair sin gu leòr is iomchaidh gus bunait ris a' bheachd againn a thoirt seachad. .

Co-dhùnadh ceangailte ri ghnòthach leantainneach mar bhunait ri cunntasachd

Chan eil dad ri aithris againn mu na cùisean a leanas far an fheumar aithisg a thoirt fo Inbhean na Rìoghachd Aonaichte nuair:

- nach eil cleachdadh ghnòthach leantainneach mar bhunait ri cunntasachd ann an ullachadh nan aithrisean ionmhasail iomchaidh; no
- nach do nochd a' bhuidheann sna h-aithrisean ionmhasail mì-chinnt shònraichte sam bith mun chomas aice cumail oirre a' glacadh ri ghnòthach leantainneach mar bhunait ri cunntasachd fad ùine dà mhios deug air a' char as lugha bhon cheann-là air an ceadaichear na h-aithrisean ionmhasail rin cleachdadh.

Uallaichean an Oifigeir Chunntachail airson nan aithrisean ionmhasail

Mar a thathar a' mìneachadh nas mionaidiche san Aithris mu Uallaichean an Oifigeir Chunntachail, tha e an urra ris an Oifigeir Chunntachail aithrisean ionmhasail a bheir dealbh fìor is ceart a rèir an fhrèama mu aithisgean ionmhasail ullachadh, agus an smachd air an taobh a-staigh a tha dhith am beachd an Oifigeir Chunntachail gus am faodar aithrisean ionmhasail a tha saor bho mhi-aithris stuthail, biodh e mar thoradh air foill no mearachd, ullachadh.

Ann a bhith ag ullachadh nan aithrisean ionmhasail, tha e an urra ris an Oifigeir Chunntachail comas na buidhne cumail oirre mar ghnòthach leantainneach a mheas, a' nochdadh, a rèir mar a tha iomchaidh, chùisean ceangailte ri ghnòthach leantainneach agus a' cleachdadh a' ghnòthaich leantainnich mar bhunait ri cunntasachd nas lugha na mheasar sin mì-iomchaidh.

Uallaichean an Luchd-sgrùdaidh airson sgrùdadh nan aithrisean ionmhasail

Is iad na cinn-chrìche a tha againn dearbhachd reusanta fhaighinn a bheil na h-aithrisean ionmhasail anns an fharsaingeachd saor bho mhi-aithris stuthail, biodh e mar thoradh air foill no mearachd, agus aithisg luchd-sgrùdaidh leis a' bheachd againn a chur a-mach. Is e a tha ann an dearbhachd reusanta, ìre àrd de dhearbhadh, ach chan eil i na bharantas gun lorg sgrùdadh a nithear a rèir Inbhean na Rìoghachd Aonaichte mì-aithris stuthail nuair a nochdas i daonnan. Faodaidh mì-aithrisean èirigh à foill no mearachd agus thathar gam meas stuthail mas e , fa leth no còmhla, gum faodte a bhith an dùil gu reusanta gun toireadh iad buaidh air co-dhùnaidhean eaconomach a ghabhas luchd-cleachdaidh a rèir nan aithrisean ionmhasail seo.

Tha tuairisgeul a bharrachd air uallaichean an luchd-sgrùdaidh airson sgrùdadh nan aithrisean ionmhasail air làrach-lìn na Comhairle mu Aithisgean Ionmhasail www.frc.org.uk/auditorsresponsibilities. Tha an tuairisgeul mar phàirt de dh'aithisg an luchd-sgrùdaidh againn.

Fiosrachadh eile san aithisg agus sna cunntasan bliadhna

Tha am fiosrachadh eile san aithisg bhliadhna agus sna cunntasan bliadhna an urra ris an Oifigeir Chunntachail. Is e a tha san fhiosrachadh eile am fiosrachadh seach na h-aithrisean ionmhasail agus aithris an luchd-sgrùdaidh mun deidhinn. Chan eil am beachd againn air na h-aithrisean ionmhasail a' còmhach an fhiosrachaidh eile agus chan eil sinn a' nochdadh seòrsa sam bith de cho-dhùnadh dearbhadh mu dheidhinn seach air cùisean air an òrdachadh le Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba chun na h-ìre a thathar ag ràdh gu follaiseach nas fhaide air adhart anns an aithisg seo.

A thaobh an sgrùdaidh againn air na h-aithrisean ionmhasail, is e an t-uallach a tha oirnn am fiosrachadh eile air fad san aithisg bhliadhna is sna cunntasan bliadhna a leughadh agus, le bhith ga dhèanamh, beachd a ghabhail a bheil am fiosrachadh eile gun a bhith air an aon ràmh gu stuthail ris na h-aithrisean ionmhasail no ris an fhiosrachadh a fhuair sinn sna sgrùdaidhean no a bheil an coltas air a bhith air mì-aithris gu stuthail air mhodh eile. Ma lorgas sinn a leithid de mhì-rèir stuthail, no coltas mhì-aithrisean stuthail, tha againn ri sònrachadh a bheil mì-aithris stuthail sna h-aithrisean ionmhasail no mì-aithris stuthail anns an fhiosrachadh eile. Mas e, stèidhichte air an obair a rinn sinn, gun tig sinn chun a' cho-dhùnaidh gu bheil mì-aithris stuthail san fhiosrachadh eile seo, tha againn ri aithisg a thoirt mun t-suidheachadh seo. Chan eil dad ri aithris againn a thaobh seo.

Aithisg air riaghailteachd caiteachais agus teachd-a-steach

Beachd air riaghailteachd

Nar beachd anns gach cùis stuthail, dh'èirich an caiteachas is an teachd-a-steach anns na h-aithrisean ionmhasail no chaidh an cur an sàs a rèir reachdais sam bith a tha iomchaidh agus an stiùiridh a thug Ministearan na h-Alba.

Uallach airson riaghailteachd

Tha e an urra ris an Oifigeir Chunntachail riaghailteachd a' chaiteachais is an teachd-a-steach a dhearbhadh. Tha e an urra rinn beachd a nochdadh mu riaghailteachd a' chaiteachais is an teachd-a-steach a rèir Achd Ionmhais Phoblach is Cunntachalachd (Alba) 2000.

Aithisg mu fheumalachdan eile

Beachdan air cùisean air an òrdachadh le Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba

Nar beachd, chaidh am pàirt air a sgrùdadh den Aithisg mu Thuarastal is Luchd-obrach ullachadh mar as ceart a rèir Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2007 is Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 is Achd Croitearachd (Atharrachadh) 2013 agus stiùiridhean a rinneadh fodhpa le Ministearan na h-Alba.

Nar beachd, stèidhichte air an obair a rinneadh ri linn an sgrùdaidh

- tha am fiosrachadh san Aithisg air Dèanadas don bhliadhna ionmhasail dhan deach na h-aithrisean ionmhasail ullachadh air an aon rèir ris na h-aithrisean ionmhasail agus gun deach an aithisg sin ullachadh a rèir Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2007 is Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 is Achd Croitearachd (Atharrachadh) 2013 agus stiùiridhean a rinneadh fodhpa le Ministearan na h-Alba; agus
- tha am fiosrachadh san Aithisg mu Riaghladh don bhliadhna ionmhasail dhan deach na h-aithrisean ionmhasail ullachadh air an aon rèir ris na h-aithrisean ionmhasail agus gu bheil an aithisg sin a rèir Achd nan Croitearan (Alba) 1993 mar a chaidh atharrachadh le Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2007 is Achd Ath-leasachadh Croitearachd (Alba) 2010 is Achd Croitearachd (Atharrachadh) 2013 agus stiùiridhean a rinneadh fodhpa le Ministearan na h-Alba

Cùisean mun fheum sinn aithisg a thoirt le fàgail a-mach

Tha Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba a' toirt oirnn aithisg a thoirt dhuibh, mas e, nar beachd:

- nach deach clàran-cunntasachd gu leòr a chumail; no
- nach eil na h-aithrisean ionmhasail agus am pàirt air a sgrùdadh den Aithisg mu Thuarastal is Luchd-obrach air an aon rèir ris na clàran-cunntasachd; no
- nach d'fhuair sinn am fiosrachadh is na mineachaidhean air fad a bhios a dhìth oirnn airson an sgrùdaidh againn.

Chan eil dad ri aithris againn mu na cùisean seo.

Cleachdadh na h-aithisge againn

Chaidh an aithisg seo a dhèanamh gu dìreach do na pàrtaidhean dham bheilear ga seòladh a rèir Achd Ionmhais Phoblaich is Cunntachalachd (Alba) 2000 agus chan ann air adhbhar sam bith eile. A rèir paragraf 120 den Chòd mu Chleachdadh Sgrùdaidh a cheadaich Àrd-neach-sgrùdaidh na h-Alba, chan eil sinn a' gabhail os làimh a bhith cunntachail do bhuill no do dh'oifigearan, fa leth, no do threas buidhnean.



Pàdraig MacCoinnich, CPFA (airson is às leth
Deloitte LLP)
110 Sràid na Banrigh
Glaschu
G1 3BX
Rìoghachd Aonaichte
22 Lùnastal 2018



**CROFTING COMMISSION
COIMISEAN NA CROITEARACHD**

Aithrisean Ionmhasail 2017/18

Aithrisean Ionmhasail Choimisean na Croitearachd, le fiosrachadh mar thaic is mar mhìneachadh.

Aithris mu Chaiteachas Lom Ion-chuimseach

don bhliadhna a thàinig gu crìch 31 Màrt 2018

	Nota	2018 £000	2017 £000
Teachd-a-steach obrachaidh eile	2	(281)	(229)
Teachd-a-steach obrachaidh iomlan		(281)	(229)
Cosgaisean luchd-obrach	3	2,023	2,034
Ìsleachadh is Crìonadh	3,4,5	45	82
Caiteachas-obrachaidh eile	3	712	599
Caiteachas-obrachaidh eile		2,780	2,715
Caiteachas-obrachaidh lom		2,499	2,486

Tha na notaichean air duilleagan 67 gu 74 nam pàirt bunasach de na cunntasan seo

Aithris mu Shuidheachadh Ionmhasail

aig 31 Màrt 2018

	Nota	2018 £000	2017 £000
Maoin Neo-làithreach:			
Stuth Teicneòlais Fhiosrachaidh	4	28	23
Maoin dho-bheantainn (Bathar-bog)	5	108	126
Maoin Neo-làithreach iomlan		136	149
Maoin làithreach			
Malairt is stuth eile ri fhaighinn	6	43	58
Airgead-ullamh agus co-ionann	7	90	93
Maoin làithreach iomlan		133	151
Maoin iomlan		269	300
Fiachanasan làithreach			
Malairt is pàigheadh eile ri fhaighinn	8	94	111
Fiachanasan eile	8	69	72
Ullachaidhean	9	–	3
Fiachanasan làithreach iomlan		163	186
Maoin iomlan gun fhiachanasan làithreach		106	114
Maoin iomlan gun fhiachanasan làithreach		106	114
Taxpayers' equity			
Maoin choitcheann		106	114



Uilleam Barron
Ceannard is Oifigear Cunntachail
Ceann-là 22 Lùnastal 2018

Thug an t-Oifigear Cunntachail cead na h-aithrisean ionmhasail seo a sgaoileadh 22 Lùnastal 2018

Tha na notaichean air duilleagan 67 gu 74 nam pàirt bunasach de na cunntasan seo

Aithris mu Shruthan-airgid

don bhliadhna a thàinig gu crìch 31 Màrt 2018

	Nota	2018 £000	2017 £000
Sruthan-airgid bho obrachaidhean			
Caiteachas-obrachaidh iomlan		(2,499)	(2,486)
Atharrachadh airson tar-ghnìomhan nach eil mar airgead-ullamh			
Ìsleachadh is Crìonadh	3,4,5	45	82
Gluasadan ann an calpa-obrach			
(meudachadh)/lùghdachadh air malairt is stuth eile ri fhaighinn	6	15	(24)
Meudachadh/(lùghdachadh) air malairt agus pàigheadh eile ri fhaighinn is ullachaidhean	8,9	(23)	5
Meudachadh/(lùghdachadh) air malairt agus pàigheadh eile ri fhaighinn is ullachaidhean		(2,462)	(2,423)
Sruthan-airgid bho thasgaidhean			
Ceannach stuth teicneòlais fhiosrachaidh	4	(22)	(15)
Ceannach maoin dho-bheantainn	5	(10)	(6)
Sruthadh a-mach lom mar airgead-ullamh bho thasgaidhean		(32)	(21)
Sruthadh a-mach iomlan mar airgead-ullamh		(2,494)	(2,444)
Sruthadh a-mach mar airgead-ullamh bho mhaoineachadh			
Tabhartas-mar-Chobhair		2,491	2,437
(Lùghdachadh)/meudachadh lom air airgead-ullamh is co-ionann		(3)	(7)
Airgead-ullamh is co-ionann aig toiseach na h-ùine		93	100
Airgead-ullamh is co-ionann aig deireadh na h-ùine		90	93

Tha na notaichean air duilleagan 67 gu 74 nam pàirt bunasach de na cunntasan seo

Aithris mu Atharrachaidhean air Cothromas Phàighearancise

don bhliadhna a thàinig gu crìch 31 Màrt 2018

	Maoin Choitcheann £000
Cothrom aig 1 Giblean 2017	114
Tabhartas-mar-Chobhair	2,491
	2,605
Caiteachas Lom lom-chuimseach don bhliadhna	(2,499)
Cothrom aig 31 Màrt 2018	106
Cothrom aig 1 Giblean 2016	163
Tabhartas-mar-Chobhair	2,437
	2,600
Caiteachas Lom lom-chuimseach don bhliadhna	(2,486)
Cothrom aig 31 Màrt 2017	114

Tha na notaichean air duilleagan 67 gu 74 nam pàirt bunasach de na cunntasan seo

Notaichean an cois nan Aithrisean Ionmhasail

1. Aithris mu phoileasaidhean cunntasachd

Thathar air na h-aithrisean ionmhasail ullachadh a rèir an Leabhair-làimhe mu Aithrisean Ionmhasail (FRem) a chuir Roinn an Ionmhais a-mach agus an Stiùiridh mu Chunntasan (duilleag 75) a thug Ministearan na h-Alba seachad.

Tha FRem a' nochdadh cruth nan cunntasan bliadhnail. Tha Tabhartas-mar-Chobhair ri fhaotainn sa Mhaoin Choitichinn san Aithris mu Atharrachaidhean air Cothromas Phàighearain-cise seach san Aithris mu Chaiteachas Lom lom-chuimseach. Tha gach caiteachas is teachd-a-steach eile san Aithris mu Chaiteachas Lom lom-chuimseach. Tha na poileasaidh cunntasachd san Leabhar-làimhe a' cleachdadh Inbhean Eadar-nàiseanta mu Aithrisean Ionmhasail mar a chaidh an atharrachadh no am mìneachadh airson suidheachadh na roinne poblach.

Nuair a bheir an Leabhar-làimhe taghadh a thaobh poileasaidh cunntasachd, thathar air am poileasaidh cunntasachd air a mheas mar am fear as fhreagarraiche do shuidheachadh sònraichte Choimisean na Croitearachd a thaghadh gus sealladh fìor is ceart a thoirt. Tha na poileasaidhean sònraichte ris an do ghabh Coimisean na Croitearachd air am mìneachadh gu h-iseal. Thathar air an cur an sàs air an aon rèir ann a bhith a' dèiligeadh ri mìrean a mheasar buntainneach do na h-aithrisean ionmhasail.

Thathar air na h-aithrisean ionmhasail anns an aithisg seo ullachadh mar bhunait gnothaich leantainnich oir tha an t-Oifigear Cunntachail den bheachd gu bheil goireasan gu leòr aig Coimisean na Croitearachd gus cumail air ag obrachadh anns an ùine air thoiseach fhad is a chithear air adhart.

1.1 Gnàthas cunntasachd

Thathar air na cunntasan seo ullachadh fo ghnàthas nan cosgaisean eachdraidheil.

1.2 Uidheam Teicneòlais Fhiosrachaidh

Tha uidheam a' ciallachadh mìrean bathar-cruaidh teicneòlais fhiosrachaidh le cosgais os cionn £5, 000. Nuair a tha mìrean fa leth a' cosg nas lugha na £5,000,

ach nuair a tha an seòrsa de mhaoin mar iomlan a' cosg nas motha na £5,000, tha iad ann mar chalpa. Gu sònraichte, buinidh seo ri ceannach choimpiutairean, fhrithealaichean agus a' bhathair-chruaidh nan lùib, a bhios ag ìsleachadh nam beatha fheumail, a thathar a' meas aig ìre 3 bliadhna. Thathar air ìsleachadh a thoirt aig an ìre air a h-obrachadh a-mach gus a' chosgais a ghlanadh ann an cuibhreannan bliadhnail co-ionann thairis air beatha fheumail na maoin.

Tha maoin TF ga giùlan aig cosgais eachdraidheil, a thathar a' cleachdadh gus a bhith an ìre mhath ionann ri luach ceart.

1.3 Maoin dho-bheantainn

Tha maoin dho-bheantainn a' gabhail a-steach cead bathair-bhuig agus bathar-bog air a leasachadh air an taobh a-staigh aig an robh ìre chalpa de £5,000 le chèile. Nuair a tha maoin dho-bheantainn a chruthaichedh air an taobh a-staigh mar bhathar-bog ga cur na calpa, chan eil ach cosgaisean a tha ceangailte gu dìreach, a' gabhail a-steach cosgaisean luchd-obrach is cosgaisean ceangailte ri luchd-obrach, a' nochdadh nuair a mheasar gun cruthaich a' mhaoin buannachd eaconomach a-rithist mar chaomhnadh no leasachadh air na modhan air an taobh a-staigh. Tha maoin dho-bheantainn ga luachadh aig cosgais a thathar a' cleachdadh mar rud ionann ris an luach cheart. Nuair a tha mìrean fa leth a' cosg nas lugha na £5,000, ach nuair a tha an seòrsa de mhaoin mar iomlan a' cosg nas motha na £5,000, tha iad ann mar chalpa. Thathar air crìonadh a thoirt aig an ìre air a h-obrachadh a-mach gus a' chosgais a ghlanadh ann an cuibhreannan bliadhnail co-ionann thairis air beatha fheumail na maoin.

Poileasaidh mu Chrìonadh:

Bathar-bog air a chruthachadh air an taobh a-staigh 7 bliadhna

Sìostam-obrachaidh no prògram-obrachaidh 3 bliadhna.

1.4 Cìs Luach a Bharrachd

Tha CLB nach fhaighear air ais a' nochdadh leis na cosgaisean buntainneach agus mar chis anns an Aithris mu Chaiteachas Lom lom-chuimseach san ùine san do dh'èirich i.

1.5 Sochairean Fhastaichean Sochairean Fhastaichean san Ùine Ghoirid

Tha tuarastalan is pàighidhean ceangailte ri fastadh gan aithneachadh sa bhliadhna san d'fhuaireadh seirbheis bho fhastaichean. Tha a' chosgais ceangailte ri làithean-saora bliadhna agus uairean-obrach sùbailte a chaidh a chosnadh ach nach do ghabhadh le fastaichean aig deireadh na bliadhna ga h-aithneachadh anns na h-aithrisean ionmhasail chun na h-ìre gu bheil e ceadaichte do dh'fhastaichean làithean-saora a thoirt air adhart a-steach sa bhliadhna na dèidh.

Cosgaisean Pheinnseanan

Tha luchd-obrach uile Choimisean na Croitearachd an-dràsta nam fastaichean aig Riaghaltas na h-Alba. Tha cosgaisean thuarastal is pheinnseanan gam pàigheadh gu dìreach le Riaghaltas na h-Alba. Buinidh na cosgaisean seo air a bheil aithisg ann an cunntasan Choimisean na Croitearachd ris an ùine far am faigh e buannachd bho sheirbheisean nam fastaichean. Tha seo a' gabhail a-steach shuimeannan gan còmhdach leis na h-ullachaidhean ann am prìomh Sgeama Pheinnseanan na Seirbheise Catharra, a tha gam pàigheadh le Riaghaltas na h-Alba ri Prìomh Sgeama Pheinnseanan na Seirbheise Catharra (PCSPS) mar thàrmachadh. Tha fiachanas gus buannachdan a phàigheadh san àm ri teachd na cis air an Sgeama.

1.6 Ri Fhaighinn ann am Malairt

Nuair a thathar air teachd-a-steach aithneachadh ach nach do thachair socrachadh ann an airgead-ullamh, tha fèichear ga chlàradh anns an Aithris mu Shuidheachadh Ionmhasail.

1.7 Ri Phàigheadh ann am Malairt

Nuair a thathar air caiteachas aithneachadh ach nach do thachair socrachadh ann an airgead-ullamh, tha creideasair ga chlàradh anns an Aithris mu Shuidheachadh Ionmhasail.

1.8 Airgead-ullamh is Co-ionann ri Airgead-ullamh

Tha airgead-ullamh agus suimeannan co-ionann ri airgead-ullamh anns an aithris mu shuidheachadh ionmhasail air an dèanamh suas le airgead-ullamh leis a' bhanca agus air làimh. Tha airgead-ullamh le seirbheis bancaidh an riaghaltais a' gabhail a-steach cunntas ann an ainm Choimisean na Croitearachd

a-mhàin a' cumail airgead a chruinnicheadh, cho math ri seicichean a fhuair a' tha gun chur a-steach fhathast, às leth Chlàran na h-Alba.

1.9 Tabhartas-mar-Chobhair

Tha Coimisean na Croitearachd a' faighinn Tabhartas-mar-Chobhair bho Riaghaltas na h-Alba gus an caiteachas lom aige a mhaoineachadh. Tha Tabhartas-mar-Chobhair ga chur mar chreideas ris a' Mhaoin Choitchinn san ùine san d'fhuaireadh e. Tha cosgais lom Choimisean na Croitearachd ga cur mar chis air a' mhaoin seo.

1.10 Ullachaidhean

Bheir Coimisean na Croitearachd mar dhleastanasan laghail no cruthachail às nach eil cinnt mu shùim no ùine aig àm na h-aithris mu shuidheachadh ionmhasail am meas as fheàrr air a' chaiteachas a dh'fhaodas a bhith a dhìth gus an dleastanas a shocrachadh.

1.11 Fiachanasan Tuiteamach

Tha fiachanasan tuiteamach gan aithneachadh a thaobh: dleastanasan a dh'fhaodadh èirigh às tachartasan roimhe a thèid an dearbhadh le tachartasan gun chinnt san ùine romhainn air nach eil cothrom aig Coimisean na Croitearachd no dleastanasan an-dràsta ag èirigh à tachartasan far am faodadh e bhith, ach nach eil e coltach, gum bi goireasan a dhìth gus an dleastanas a shocrachadh no nach gabh a thomhas gu h-earbsach.

1.12 Gabhail ri Inbhean Ùra air an Leasachadh

Aig àm ceadachadh nan aithrisean ionmhasail seo, bha an Inbhe is am Mineachadh a leanas nach eilear air cur an sàs anns na h-aithrisean ionmhasail a' dol mun cuairt ach gun a bhith ann an gnìomh fhathast (agus ann an cuid de shuidheachaidhean gun a bhith air gabhail riutha leis an AE):

- IFRS 9, Ionnsramaidean Ionmhasail (2014) (an gnìomh 1 Faoilleach 2018)
- IFRS 16, Gabhalaichean (an gnìomh 1 Faoilleach 2019)

Chan eil Coimisean na Croitearachd an dùil gun toir gabhail ris na h-Inbhean is a' Mhìneachadh air a bheil iomradh gu h-àrd buaidh bhunasach air aithrisean ionmhasail Choimisean na Croitearachd san àm ri teachd.

Tha Coimisean na Croitearachd air beachd a ghabhail agus gabhail ris na h-atharrachaidhean a leanas, a tha an gnìomh sa bhliadhna an-dràsta, air Inbhean, a chuir Bòrd Inbhean Eadar-nàiseanta Cunntasachd a-mach:

- Leasachaidhean Bliadhnail, Cuairt 2014-2016
- Atharrachaidhean air IAS 7 – Tionnsgnadh mu Nochdadh

1.13 Breithneachadh Cunntasachd agus Tùsan Mheasaidhean

Ann a bhith a' cur nam poileasaidhean cunntasachd aig Coimisean na Croitearachd mar a thathar a' mìneachadh ann an Nota 1 an sàs, feumaidh an t-Oifigear Cunntachail breithneachadh is measaidhean a dhèanamh agus gabhail ri rudan mun t-sùim a thathar a' giùlan de mhaoin is de dh'fhianachanasan nach eil follaiseach air a' chiad sealladh bho thùsan eile. Tha na measaidhean agus na beachdan gan rèir stèidhichte air eòlas eachdraidheil agus nithean eile a mheasar buntainneach. Faodaidh gum bi na toraidhean fhèin diofraichte bho na measaidhean seo. Tha na measaidhean agus na beachdan mar bhunait riutha gan ath-bhreithneachadh air bunait leantainneach.

Tha ath-sgrìobhadh air measaidhean cunntasachd gan aithneachadh anns an ùine san ath-sgrìobhar am measadh mas e nach bi am measadh a' bualadh ach air an ùine sin, no ann an ùine a' mheasaidh agus san ùine air thoiseach ma bhios am measadh a' bualadh an dà chuid air an ùine an-dràsta agus air thoiseach.

Seach gum faod pàrtaidh sam bith aig a bheil ùidh tagradh a dhèanamh an aghaidh co-dhùnaidh le Coimisean na Croitearachd ann an Cùirt an Fhearainn, faodaidh gun tèid tagraidhean a chur a-steach san àm ri teachd a bhuineas ri rudan a thachair ro dheireadh na bliadhna. Bho nach gabh coltas nan tagraidhean agus nan suimeannan a thig às fianachasan ga rèir tomhas le cinnt, faodaidh gun èirigh fianachasan às na tagraidhean seo às am faodadh tighinn mar thoradh diofaran stuthail bho na suimeannan dhan deach ullachadh a dhèanamh ann an tagradh anns na h-aithrisean ionmhasail.

A bharrachd air na tha ann gu h-àrd, chan eil an t-Oifigear Cunntachail den bheachd gu bheil breitheanas sam bith no tùsan de mhì-chinnt ann am measadh a tha feumach air nochdadh seach cur nam poileasaidhean gu h-àrd a chur an sàs.

2. Teachd-a-steach Eile

Tha an teachd-a-steach eile air fad a tha ri fhaighinn do Choimisean na Croitearachd nach eil mar phàirt den Tabhartas-mar-Chòir ga aithneachadh anns a' bhliadhna sa bheil e ri fhaighinn.

	2018 £000	2017 £000
Maoineachadh fo Bhrùthadh bho Riaghaltas na h-Alba	281	229
Iomlan	281	229

Chaidh teachd-a-steach eile (maoineachadh fo bhrùthadh) a phàigheadh ri Coimisean na Croitearachd gus barrachd ghoireasan a mhaoineachadh gus caochladh dhleastanasan is gnìomhan a thugadh a-steach ann an Achd 2010 a tharraing a-mach.

3. Cosgaisean Buill a' Bhùird agus Luchd-obrach, Caiteachas-obrachaidh Eile agus Mìrean nach eil mar Airgead-ullamh

	2018 £000	2017 £000
Cosgaisean Buill a' Bhùird agus Luchd-obrach*		
Tuarastalan	1,414	1,434
Cosgaisean Tèarainteachd Shòisealta	130	131
Cosgaisean-pheinnseanan eile	274	283
Luchd-obrach Sealach	205	186
Cosgaisean iomlan an luchd-obrach	2,023	2,034
Caiteachas-obrachaidh eile		
Cosgaisean àiteachan-fuirich	161	163
Sìostaman fiosrachaidh is cian-chonaltraidh	107	80
Trèanadh	47	43
Conaltradh	63	60
Cosgaisean sanasachd riaghlachail	33	39
Cosgaisean-siubhail is cho-labhairtean an luchd-mheasaidh	13	4
Siubhal is bith-beò – luchd-obrach	29	22
Siubhal is bith-beò - Coimiseanairean	29	32
Cìsean laghail	6	14
Pàigheadh Luchd-sgrùdaidh air an taobh a-muigh	16	17
Pàigheadh Luchd-sgrùdaidh air an taobh a-staigh	12	7
Cosgaisean-ruithe eile	196	118
Caiteachas-obrachaidh eile gu h-iomlan	712	599
Mìrean nach eil mar airgead-ullamh		
Ìsleachadh	17	34
Crìonadh	28	48
Mìrean iomlan nach eil mar airgead-ullamh	45	82
Iomlan iomlan	2,780	2,715

* Tha barrachd sgrùdaidh air cosgaisean buill is bhùird is luchd-obrach san Aithisg air Luchd-obrach air duilleag 55.

4. Stuth Teicneòlais Fhiosrachaidh

	£000
Cosgais	
1 Giblean 2016	220
Cur-ris	15
Cur-an taobh	(28)
31 Màrt 2017	207
Ìsleachadh	
1 Giblean 2016	(178)
Air a ghearradh sa bhliadhna	(34)
Cur-an-taobh	28
31 Màrt 2017	(184)
Luach lom a rèir nan leabhraichean aig	
31 Màrt 2016	42
31 Màrt 2017	23
Cosgais	
1 Giblean 2017	207
Cur-ris	22
Cur-an-taobh	(49)
31 Màrt 2018	180
Ìsleachadh	
1 Giblean 2017	(184)
Air a ghearradh sa bhliadhna	(17)
Cur-an-taobh	49
31 Màrt 2018	(152)
Luach lom a rèir nan leabhraichean aig	
31 Màrt 2017	23
31 Màrt 2018	28

5. Maoin Dho-bheantainn – Bathar-bog

	£000
Cosgais	
1 Giblean 2016	847
Cur-ris	6
Cur-an-taobh	(184)
31 Màrt 2017	669
Amortisation	
1 Giblean 2016	(679)
Air a ghearradh sa bhliadhna	(48)
Cur-an-taobh	184
31 Màrt 2017	(543)
Luch lom a rèir nan leabhraichean aig	
31 Màrt 2016	168
31 Màrt 2017	126
Cosgais	
1 Giblean 2017	669
Cur-ris	10
Cur-an-taobh	(519)
31 Màrt 2018	160
Amortisation	
1 Giblean 2017	(543)
Air a ghearradh sa bhliadhna	(28)
Cur-an-taobh	519
31 Màrt 2018	(52)
Luch lom a rèir nan leabhraichean aig	
31 Màrt 2017	126
31 Màrt 2018	108

Tha maoin dho-bheantainn air a dèanamh suas le bathar-bog a chaidh a chleachdadh gus obair Choimisean na Croitearachd a tharraing a-mach

6. Ri fhaighinn ann am malairt agus maoin làithreach eile

Suimeannan rim pàigheadh an taobh a-staigh aon bhliadhna:

	2018 £000	2017 £000
Ri fhaighinn	2	25
Ro-phàighidhean	41	33
Iomlan	43	58

7. Airgead-ullamh agus co-ionann ri airgead-ullamh

	2018 £000	2017 £000
Cothrom aig 1 Giblean	93	100
Atharrachadh lom air airgead-ullamh agus co-ionann ri airgead-ullamh	(3)	(7)
Cothrom aig 31 Màrt	90	93

Chaidh na cothroman a leanas aig 31 Màrt a chumail le Seirbheis Bancaidh an Rìghaltais agus mar airgead-làimhe	90*	93*
Cothrom aig 31 Màrt	90	93

* Tha an £90k air a dhèanamh suas le £21k à tasgadh Choimisean na Croitearachd mar airgead-ullamh agus £69k de mhaoin a chaidh a thogail às leth Chlàran na h-Alba. Bha an £93k air a' bhliadhna roimhe air a dhèanamh suas le £21k bho airgead Choimisean na Croitearachd agus £72k bho airgead Chlàran na h-Alba.

8. Ri phàigheadh ann am malairt agus fiachanasan làithreach eile

Suimeannan rim pàigheadh an taobh a-staigh aon bhliadhna:

	2018 £000	2017 £000
Tàrmachaidhean	94	111
Fiachanasan eile	69	72
Iomlan	163	183

9. Ullachaidhean

	2017/18 £000
Cothrom-fosglaidh 1 Giblean 2017	3
Caiteachas anns a' bhliadhna air a ghearradh an aghaidh an ullachaidh	3
Cothrom-crìochnachaidh aig 31 Màrt 2018	0

Tha an t-ullachadh mar na cosgaisean laghail air am meas a bhuilicheadh an aghaidh Choimisean na Croitearachd.

10. Tar-ghnìomhan le pàrtaidhean ceangailte

Tha Coimisean na Croitearachd na NDPB air a chuideachadh le Riaghaltas na h-Alba. Tha e an urra ri Riaghaltas na h-Alba am frèam reachdail sam bi an Coimisean ag obrachadh a sholar.

Bha tar-ghnìomhan nach bu bheag aig Buidheann-stiùiridh Phàighidhean is Sgrùdaidhean Riaghaltas na h-Alba (a' Bhuidheann-taice) sa bhliadhna. Chaidh tar-ghnìomhan ionmhais leis a' Bhuidhinn a dhèanamh suas le Tabhartas-mar-Chobhair de £2,491,293 mar a thathar a' nochdadh anns an aithris mu Atharrachaidhean air Cothromas Luchd-pàighidh Cise agus teachd-a-steach eile de £280,930 (nota 2, duilleag 69).

Cha robh tar-ghnìomhan sam bith eile aig a' Choimisean le buidhean ceangailte.

11. Ionnsramaidean ionmhasail

Tha maoin ionmhasail agus fiachanasan ionmhasail gan aithneachadh nuair a bhios Coimisean na Croitearachd na phàrtaidh do dh'ullachadh cùmhnantail na h-ionnsramaid. Tha gach maoin is fiachanas ionmhasail gan tomhas an toiseach aig prìs an tar-ghnìomha (cosgaisean tar-ghnìomha san àireamh). Chan eil maoin is fiachanasan ionmhasail aig Coimisean na Croitearachd den t-seòrsa a tha nan ionnsramaidean ionmhasail bunasach. Tha ionnsramaidean ionmhasail bunasach gan aithneachadh an toiseach aig luach an tar-ghnìomha agus gan tomhas an dèidh sin aig luach an t-socrachaidh aca.

Air adhbharan obrachaidh mar as àbhaist, cha bhi cothromachaidhean sam bith mar airgead-ullamh no co-ionann ri airgead-ullamh gan cumail le Coimisean na Croitearachd seach an fheadhainn a bhios a dhìth gus luchd-creideis an-dràsta a phàigheadh – tuarastalan agus luchd-creideis ann am malairt. Tha maoin ionmhasail Choimisean na Croitearachd ga dèanamh suas gu dìreach le airgead-ullamh sa bhanca.

Tha ùghdarras mu airgead-ullamh ga thoirt le Riaghaltas na h-Alba chun na h-ìre gum bi an caiteachas ga chòmhdach le ùghdaras buidseit. Chan eil Coimisean na Croitearachd ann an gàbhadh a thaobh lionntachd mar sin.

Chan eil fèichearan stuthail sam bith aig Coimisean na Croitearachd agus mar sin chan eil e ga nochdadh ri gàbhadh mu chreideas. Anns an aon dòigh, bidh an Coimisean a' tar-ghnìomhadh ann an teirmean stèidhichte ann an Airgead Sasannach agus chan eil e ga nochdadh ri gàbhadh anns a' mhargadh.



**COIMISEAN NA CROITTEARACHD
STIÙIREADH LE MINISTEARAN NA H-ALBA**

1. Tha Ministearan na h-Alba, ann an co-rèir ri paragraf 19 de Sgeideal i ri Achd nan Croitearan (Alba) 1993, mar a chaidh atharrachadh, a' toirt an stiùiridh a leanas le seo.
2. Gèillidh aithris nan cunntasan airson na bliadhna ionmhais a thàinig gu crìch air 31 Màrt 2013, agus nam bliadhnaichean an dèidh sin, do na prionnsapalan mu chunntasachd agus do na feumalachdan mu nochdadh san eagraan den Leabhar-làimhe an Riaghaltais mu Aithisgean Ionmhais nuair a bhios e ann an gnìomh fad na bliadhna dhan tèid an aithris ionmhais ullachadh.
3. Thèid na cunntasan ullachadh gus sealladh a thoirt a tha fìor is ceart den teachd-a-steach is den chaiteachas is den t-sruthadh-airgid airson na bliadhna ionmhais agus air an t-suidheachadh aig deireadh na bliadhna ionmhais.
4. Nochdaidh an stiùireadh seo mar leasachan ris an aithris air cunntasan.

Air a shoighneachadh le Ministearan na h-Alba

Ceann-latha 26/10/12



Facclair Ionmhais

Bunait tàrmachaidh

Tha cunntasan a' Choimisein gan ullachadh air bunait tàrmachaidh. Tha seo a' ciallachadh gun aithnichear caiteachas is teachd-a-steach anns na cunntasan nuair a thathar ga chosg no ga chosnadh – chan ann nuair a gheibhear no a phàighear an t-airgead.

Crìonadh

Coltach ri ìsleachadh ach air a chur an sàs do mhaoin dho-bheantainn, is e sin tomhas luach maoin a chuireadh gu feum tron bhliadhna.

Maoin

Rudeigin a bhuineas do Choimisean na Croitearachd no a bhios e a' cleachdadh, m.e. stuth TF no còraichean air bathar-bog.

Caiteachas-calpa

Caitheamh air maoin neo-làithreach.

Sruth-airgid

Gluasad airgid-ullaimh tron Choimisean, seach teachd-a-steach is caiteachas air an tàrmachadh.

Fiachanas tuiteamach

Fiachanas a dh'fhaodadh tachairt, a rèir tachartais air choreigin san àm ri teachd. Tha fiachanas tuiteamach ga chlàradh sna clàran-cunntasachd ma tha an tuiteamas coltach agus ma ghabhas sùim an fhiachanais a thomhas air thuairmse gu reusanta.

Maoin làithreach

Maoin a thathar an dùil a bhios mar airgead-ullamh san ath dhà mhìos deug.

Fiachanas làithreach

Fiachanas a thathar an dùil a bhith air a shocrachadh anns an ath dhà mhìos deug.

Easbhaidh

Far a bheil caiteachas nas motha na teachd-a-steach ann an ùine chunntasachd.

Ìsleachadh

Tomhas luach maoin TF a chuireadh gu feum tro bliadhna.

FReM

Leabhar-làimhe mu Aithisgean Ionmhasail a chuireas Roinn an Ionmhais a-mach.

Bunait gnothaich leantainnich

Tha aithrisean ionmhasail gan ullachadh air a' bhunait seo, a' gabhail ris gun cùm Coimisean na Croitearachd air ag obrachadh san ùine air thoiseach fhad is a chithear air adhart.

Tabhartas-mar-Chobhair

Maoin eachadh a gheibhear bho Riaghaltas na h-Alba.

Maoin Dho-bheantainn

Maoin, mar chòir bathar-bog a chleachdadh, ris nach gabh beantainn.

Fiachanas

Fiach air a' Choimisean do dh'eintiteas eile.

Ro-phàighidhean

Sùim a phàighear ro làimh mar chead bathair-bhuig. Ga comharrachadh an toiseach mar mhaoin, tha i na cosgais an uair sin nuair a thathar air sgur de bhuanachd a thoirt aiste.

Ullachadh

Fiachanas far nach eil cinnt mun t-sùim no mun ùine.

Cothromas Phàighearàn-cìse

Maoin a' Choimisein air fad.

Ri phàigheadh ann am malairt

Suimeannan rim pàigheadh ri luchd-solair bathair is sheirbheisean.

Ri fhaighinn ann am malairt

Suimeannan rim pàigheadh bho threas pàrtaidhean.